




## IMAGE EVALUATION TEST TARGET (MT-3)



6"



Photographic  
Sciences  
Corporation

23 WEST MAIN STREET  
WEBSTER, N.Y. 14580  
(716) 872-4503

**CIHM  
Microfiche  
Series  
(Monographs)**

**ICMH  
Collection de  
microfiches  
(monographies)**



**Canadian Institute for Historical Microreproductions / Institut canadien de microreproductions historiques**

**© 1993**

## **Technical and Bibliographic Notes / Notes techniques et bibliographiques**

The Institute has attempted to obtain the best original copy available for filming. Features of this copy which may be bibliographically unique, which may alter any of the images in the reproduction, or which may significantly change the usual method of filming, are checked below.

L'Institut a microfilmé le meilleur exemplaire qu'il lui a été possible de se procurer. Les détails de cet exemplaire qui sont peut-être uniques du point de vue bibliographique, qui peuvent modifier une "image reproduite, ou qui peuvent exiger une modification dans la méthode normale de filmage sont indiqués ci-dessous.

- |  |  |
|--|--|
| <input type="checkbox"/> Coloured covers/<br>Couverture de couleur   | <input type="checkbox"/> Coloured pages/<br>Pages de couleur   |
| <input type="checkbox"/> Covers damaged/<br>Couverture endommagée  | <input type="checkbox"/> Pages damaged/<br>Pages endommagées   |
| <input type="checkbox"/> Covers restored and/or laminated/<br>Couverture restaurée et/ou pelliculée  | <input type="checkbox"/> Pages restored and/or laminated/<br>Pages restaurées et/ou pelliculées                    |
| <input type="checkbox"/> Cover title missing/<br>Le titre de couverture manque   | <input checked="" type="checkbox"/> Pages discoloured, stained or foxed/<br>Pages décolorées, tachetées ou piquées |
| <input type="checkbox"/> Coloured maps/<br>Cartes géographiques en couleur   | <input type="checkbox"/> Pages detached/<br>Pages détachées  |
| <input type="checkbox"/> Coloured ink (i.e. other than blue or black)/<br>Encre de couleur (i.e. autre que bleue ou noire)   | <input checked="" type="checkbox"/> Showthrough/<br>Transparence   |
| <input type="checkbox"/> Coloured plates and/or illustrations/<br>Planches et/ou illustrations en couleur  | <input checked="" type="checkbox"/> Quality of print varies/<br>Qualité inégale de l'impression                    |
| <input checked="" type="checkbox"/> Bound with other material/<br>Relié avec d'autres documents  | <input type="checkbox"/> Continuous pagination/<br>Pagination continue   |
| <input type="checkbox"/> Tight binding may cause shadows or distortion<br>along interior margin/<br><br>La reliure serrée peut causer de l'ombre ou de la<br>distortion le long de la marge intérieure   | <input type="checkbox"/> Includes index(es)/<br>Comprend un (des) index  |
| <input type="checkbox"/> Blank leaves added during restoration may appear<br>within the text. Whenever possible, these have<br>been omitted from filming/<br><br>Il se peut que certaines pages blanches ajoutées<br>lors d'une restauration apparaissent dans le texte,<br>mais, lorsque cela était possible, ces pages n'ont<br>pas été filmées. | Title on header taken from:/<br>Le titre de l'en-tête provient:  |
|  | <input type="checkbox"/> Title page of issue/<br>Page de titre de la livraison                                     |
|  | <input type="checkbox"/> Caption of issue/<br>Titre de départ de la livraison                                      |
|  | <input type="checkbox"/> Masthead/<br>Générique (périodiques) de la livraison                                      |

Additional comments:/  
Commentaires supplémentaires:

There are some creases in the middle of pages. Various pagings.

This item is filmed at the reduction ratio checked below/  
Ce document est filmé au taux de réduction indiqué ci-dessous.

A horizontal ruler scale with markings for 10X, 14X, 18X, 22X, 26X, and 30X. A vertical tick mark is positioned exactly halfway between the 18X and 20X marks.

e qu'il  
de cet  
int de vue  
image  
ication  
iques

The copy filmed here has been reproduced thanks  
to the generosity of:



National Library of Canada

The images appearing here are the best quality  
possible considering the condition and legibility  
of the original copy and in keeping with the  
filming contract specifications.

Original copies in printed paper covers are filmed  
beginning with the front cover and ending on  
the last page with a printed or illustrated impres-  
sion, or the back cover when appropriate. All  
other original copies are filmed beginning on the  
first page with a printed or illustrated impres-  
sion, and ending on the last page with a printed  
or illustrated impression.

The last recorded frame on each microfiche  
shall contain the symbol → (meaning "CON-  
TINUED"), or the symbol ▽ (meaning "END"),  
whichever applies.

Maps, plates, charts, etc., may be filmed at  
different reduction ratios. Those too large to be  
entirely included in one exposure are filmed  
beginning in the upper left hand corner, left to  
right and top to bottom, as many frames as  
required. The following diagrams illustrate the  
method:



L'exemplaire filmé fut reproduit grâce à la  
générosité de:

Bibliothèque nationale du Canada

Les images suivantes ont été reproduites avec le  
plus grand soin, compte tenu de la condition et  
de la netteté de l'exemplaire filmé, et en  
conformité avec les conditions du contrat de  
filmage.

Les exemplaires originaux dont la couverture en  
papier est imprimée sont filmés en commençant  
par le premier plat et en terminant soit par la  
dernière page qui comporte une empreinte  
d'impression ou d'illustration, soit par le second  
plat, selon le cas. Tous les autres exemplaires  
originaux sont filmés en commençant par la  
première page qui comporte une empreinte  
d'impression ou d'illustration et en terminant par  
la dernière page qui comporte une telle  
empreinte.

Un des symboles suivants apparaîtra sur la  
dernière image de chaque microfiche, selon le  
cas: le symbole → signifie "A SUIVRE", le  
symbole ▽ signifie "FIN".

Les cartes, planches, tableaux, etc., peuvent être  
filmés à des taux de réduction différents.  
Lorsque le document est trop grand pour être  
reproduit en un seul cliché, il est filmé à partir  
de l'angle supérieur gauche, de gauche à droite,  
et de haut en bas, en prenant le nombre  
d'images nécessaire. Les diagrammes suivants  
illustrent la méthode.

# DAIN

# SPIORADAIL.

---

LE PARUIG GRANND,

ANN AN STRA-SPEA,

SGIREACHD ABERNEICH.

---

Ps. cxxxliv. 5.—Seinnidh iad coel coe ann an sligibh IOMHAN,  
Eph. v. 19.—Le salmaibh, le oran', 's le la'adh'bh;  
Ps. lxxxix. 1.—'S le beachd air a mhorachd, 'us seinn air a threoir,  
Ps. cxix. 113.—Ni e smusainteanan feolmhor a chlaoidh.—

---

MONTREAL:

PRINTED BY J. STARKE & Co.

1836.

S  
and  
ratio  
to c  
and  
men  
erci  
ano  
and  
Col.  
true  
the  
Ps.  
piou  
geth  
when  
trees  
they  
dant  
W  
God  
will  
world  
Th  
in ag  
who  
self-d  
them  
titute  
men,  
songs  
took  
other  
neglect  
terest  
and b

THE EPISTLE TO THE ROMANS.

THE EPISTLE TO THE ROMANS.

THE EPISTLE TO THE ROMANS.

## P R E F A C E .

Singing is practised by almost every nation under heaven, and it has been found in every age to have a powerful operation upon the mind—to elevate it above trifling things—to comfort it under afflictions and trials—to banish sorrows and cares,—and to strengthen the heart for great achievements. Christians are not only invited to this cheerful exercise, but positively commanded, to teach and admonish one another with psalms, and hymns, and spiritual songs, singing, and making melody to the Lord, with grace in their hearts, Col. iii. 10. And we have seen with our eyes that where true religion is in a prosperous state, there is singing and the voice of gladness in the dwellings of the righteous—Ps. cxviii. 15.; and seldom can a company (particularly pious young people) meet without joining their voices together, to sing the praises of God. On the other hand when the children of Zion, hang their harps upon the willow trees, and cannot sing the songs of Zion, it is one proof that they are too near the Babylon streams, and not drinking abundantly out of the river that makes glad the city of our God.

When the morning-stars sang together, all the sons of God shouted for joy—Job, xxxviii. 7.; and shouting for joy will be a part of the joyful work of the saints in the eternal world.

The Highlands of Scotland have been notable for singing in ages past, and a number of men appeared among them, who had the best of talents for poetry; but alas, true piety, self-denial, and devotedness to God, were little known among them; and then their beautiful talents for poetry were prostituted for the worst of purposes—for the praise of some men, and the disgrace of others; and their vain and profane songs were awfully corrupting the morals of the youth, who took the greatest delight in them. And their brethren in other places who enjoyed the gospel in its purity, for ages neglected the Highlanders, although they were a very interesting race of men, and always found among the bravest and best defenders of our country.

At last like Moses it came into the hearts of some to visit their brethren ; Societies were established ; the Scriptures were circulated ; Preachers were sent forth ; and Gælic Schools were instituted—and now by the blessing of the Lord, it is well known that their labour was not in vain. It was a glorious day for the Highlands, when the Scriptures, the Psalms and Hymns were translated into their native tongue : but hitherto they had no spiritual songs, that they could sing in private, and with their old Highland Airs, till Dugald Buchanan, of Rannach, appeared, a father in Israel. He spent his time and his talents in teaching them to read, preaching the Gospel to them, and composing spiritual songs for their edification and comfort. His Poems have not yet been equalled, and will never be excelled. Many thousand copies of his little book have been sold, but his race was run, before he composed such a variety as would suit Christians in every situation.

About twelve years ago I composed a few Poems ; and by the advice of some friends, published them. As to their merit it is not for me to judge, only they got a wide circulation ; and good judges say, that if they do no good they will do no harm ; and it is well known that in every part of the Highlands they are sung, and a vain song is seldom heard. Three Editions have been sold off ; and for years back they are out of print. Finding still that there is a demand for them, and having several new ones to add to them, we publish the whole in one little volume,

Some have been saying that I published them for my temporal benefit, but I hope I have a higher aim ; and those with whom I was dealing know, that it was very little profit that ever I reaped from the sale of them. That souls may reap the benefit, and the Lord may have the glory, is the desire and prayer of your servant,

PETER GRANT.

## DAN SPIORADAIL.

### GRADH M' FIR-SHACRAIDH.

'Se gradh m' Fhir-Shaoraidh a bhios na cheol domh,  
'S ann air bu choir dhomh, bhi deanamh sgeul;  
Fa n'se thug coir dhomh, le fhuil a dhortadh,  
Air-saorsa ghloirmhoir a chloinne fein :  
'S e sud an t-oran a 'bheir dhomh solas,  
Co fhad 's is beo mi sa chruinne-che ;  
'S'nuair theid mi dhachaidh, a' gleann nan deoir so,  
Se sud mo cheol anns an t-saoghal chein.

Ge d' tha mi taireal a 'measg mo chairdibh,  
Thoabb 's gur ann dhasan a thug mi speis ;  
Mar thubhairt Iob, tha m' Fhear-Sadraidh beo,  
'S tha mis an dochas gu 'm faic mi e ;  
Tha mi n dochas a dol na chomhdail,  
Anns na neoil, 'nuair a thig e fhein ;  
'S ni 'n sealladh mor sin, dbeth aghaidh gloirmhor,  
Na h-uile bron a chuir uam 'us deur.

Tha doimhne 'us aird' ann an gradh an t-Slanuighfhear,  
Nach gabh aireamh, na cuir an ceill :  
Ach chi sinn Moran na bhreith, 's 'na bhas deth,  
'Us chi sinn pairt deth 's na h-uile ceum :  
Chi sinn e tighinn o staid co arda,  
'S gur ann dasan bha aing' lean De—

A' deanamh aoraidh, le an anamaibh crabhaich,  
 'S an aghaidh sgail air le 'n sgiathibh shein.

Ach rinn e mhorachd 's a ghloir sin fhagail,  
 'Us 's ann dh'has e na dhuine truagh ;  
 Bha 'n Ti a b' aird air a bhreith 'san stapul,  
 An t-ait' bu taireal a' measg an t-sluaigh ;  
 Cha 'n ann le morechuis a fhuair e arach,  
 Cha 'n ann le ailghios chaidh thogail suas ;  
 Bu duine craiteach o bhreith gu bhas e,  
 Cha 'n fhac iad aillteachd air bith na gbruaidh.

Bu duine bronach air ioma' doigh e,  
 O 'nuair a thoisich a thurus sgith ;  
 Air son a ghraibh thug iad fuath gu leoир dha,  
 'S bha iad 'ga fhograadh o thir gu tir ;  
 Bha na h-Iudhaich gu dlu an toir air,  
 A chum a leonadh, 's a chuir fo chis ;  
 Fa n' bha dorch'das air an codach,  
 Is gu 'm b'e ghloircan an solus fior.

Cha d' rinn e tair air an dream bha ard dhiu,  
 Ach thug e 'n ait dhoibh, 'us phaigh e cis ;  
 'Us air na sraidibh cha chual iad ard e,  
 'S nuair fhuair e chaineadbh, cha d' chain e ris ;  
 Le meud a ghairdeachas ann ar slainte,  
 Chuir e an naire ann neo-bhrigh ;  
 'S le meud a ghraidih dhuinn ghabh e ar naduir,  
 A chum ar tearnadh o'nt-slochd a b'is !

Anns a cheart naduir 's na pheacaich Adhamh,  
 'Nuir thug e 'm bas air shliochd gu leir,

'S ann rinn an Slan-shear gach ni 'n aird deth,  
 'S an lagh rinn ardach le umhlachd sein ;  
 'S a chum ar tearnadh o chumhachd bais,  
 Leig e bheath bhan, a' deanamh 'n aird na reit' ;  
 'S a chum a bhrath'rean a thoirt ga Pharas'  
 D'fhuilling e 'm bas air a chranna-cheus.

O sibh' a thainig a dh'ionnsuidh shabbair,  
 Fa 'n 'n e bhas rinn ar tarruing dlu ;  
 Seallaidh 'n arda ri sliabh Chalbhari,  
 'S cbi sibh a ghradhl ann an solus ur ;  
 Cha 'n e na sgilean bh'aig Maois 'san fhamaich,  
 'Tha 'n t-Uan-caisg' air chuir a cul ;  
 'S tha 'n Ti ag basach' rinn sabhach Daibhidh,  
 'S a bhi' aig na faidhean am beachd an suil.

Chi sibh 'n caramh tha air an t-Slan'shear,  
 Mar dhinnis Daibhidh gu'm biodh a chuis ;  
 Tha tairbh Bhasan air tional lamb ris,  
 'Us iad 'ga ghathadh 's na h-uile taobh ;  
 Gach neach a dh'eirich, bha deanamh ageul air,  
 Rinn iad an treigsinn, 's an cuir air cul ;  
 'S Uan-De aca'nis 'ga reubadh,  
 'S e 'n deigh cheusaidh, 's 'ga chuir san uir.

Anns an uir chuir iad Righ nan duil,  
 Gun aon duil ri e thighinn beo ;  
 Ach an Leomhan do threibh Iudaidh,  
 'S ann a dhuisg e le cumhachd mor ;  
 Dh'fhasg e 'naimhdean 'us cinn bhruit ae',  
 Air a chul-thaoibh na'n luidhe leointe,  
 Thog e 'n uachd'ranachd air a ghuaillich,  
 'Us chaidh e suas, 's ann dh'ionnsuidh gloir.

## GEALLADH AN T-SLANUI-FHEAR.

Is iongantach co grasmhor,  
 'S tha Slanuigh-fhear nam buadh,  
 Cna'n eil nith ni sta dhoibh,  
 Nach do phairtich e ri shluagh ;  
 Ge d' nach do gheall saibhreas,  
 'Thoirt dhoidh an taobh 'do'n uaigh ;  
 Gheall e sith us aoibhneas dhoibh,  
 'S an oighreachd ata Shuas.

'S e gheall e ann na fhirinn—  
 Do na fireanaibh gu leir,  
 Gur ann trid ioma' trioblaid,  
 Theid iad 'stigh do rioghachd Dhe,  
 Ach annam-sa bithidh sith agaibh,  
 Deir Iosa riu le bheul ;  
 'S ge d' dhean an saoghal tair oirbh,  
 Cha'n fhag mi sibh, 's cha treig.

Bithidh fuath nan uile dhaoine dhuibh,  
 'S cha 'n iongnadh 'ge do bhi ;  
 'Bhrigh gur ni ro lhaón leo sibh—  
 Bhi leantuinn aobhar Chriosd ;  
 Ach 'mheud 's gur mis 'thug saorsa dbuibh,  
 'S nach ann deih 'n t-saoghal sibh ;  
 Ni iad trié 'ur caineadh dh'fheuch—  
 An aicheadh sibh 'ur Righ.

Ach iad-san uil dh'aicheas mi,  
 An lathair a t-sluaigh gu leir ;  
 Cha 'n shaigh iad coir, 's cha'n airidh iad,  
 Air pairt dheth rioghachd Dhe.  
 'Nuair thig mi ris le gairdeachas,  
 Chum slaint' do m' mhuinnir fein,  
 Bithidh mis' an sin 'ga 'n aicheadh-san,  
 An lathair aing'lean Dhe.

Co'r bith dh'iaras fabhar orm,  
 'S nach gradhaich mi ni 's mo—  
 Na athair, 'us mhathair,  
 A chlann, 'us a mhnaoi phosd',  
 Cha'n aidich mis' os aird' e,  
 An lathair Righ na gloir ;  
 Mur tog e chrann-ceusaidh,  
 'S mo leanmuin fein gach lo.

Ach sibhs, a lean gu dilis mi,  
 Le cridhe fior gun gho ;  
 A threig gach ni bha priseal leibh,  
 'S a chuir fo chis an fheoil ;  
 Ma ghluaiseas sibh 'san fhirinn,  
 Bithidh 'ur sith mar abbainn mhor ;  
 'S le buanachd chum na criche dhuibh,  
 Theid sibh do Rioghachd na Gloir.

Na dibiribh 'san fhasach so—  
 Mo ghras a chuir an ceil ;  
 Innsibh anns gach aite, gu' n,  
 Do bhasaich aon Mhac Dhe ;  
 Thugaibh gu saor do chach naibh,  
 An ni thug slaint' dhuibh fein ;

'S ma chreideas iad 's an t-Slanaigh-fhearr,  
Cinnt, rinn e 'n aird an reit.

An aithne nuadh a dh'fhag mi dhuibh,  
Is aill leam cuir an ceil ;  
Gu'n aithnich iad mo chairdean-sa,  
Le meud an graidh d'a cheil ;  
Coi'lionaibh nis mo ghardeachas,  
Gu'm bi sibh ghnath gu reidh ;  
'S bithidh mis ag ullach' aite dhuibh,  
A stigh am Pharas De.

Ge d' tha sibh lag, cha churam duibh,  
'S bhur suil ri Righ na Gloir ;  
'S laidir air 'ur cull-thaobh mi,  
'S mo gradh dhuibh ur gach lo ;  
Na h-uisgeachan cha mucha iad sibh,  
Ge d' dhuisg na tuinn gu mor ;  
'S an teine cha dean ciuradh oirbh,  
Bithidh sibh 'san fhurnais beo.

Ni beagan laithean doruinneach,  
Bhur toirt gu solas buan ;  
Slan le luchd an fhoirneart,  
Tha bhur dochas ri dol suas ;  
Bheir mi trid ghleann nan deoir sibh,  
Mar cheannard seoilt' go m' shluagh  
'S bheir mi thar abhainn Iordan sibh,  
'Ga'r comhlach' aig a bbruach.

'N sin toisichidh neo-bhlasmorachd,  
'S thig slaint o mo ghnuis ;

O !  
Chun  
Ach  
Nach

'S gheibh sibh chum 'ur gairdeachas,  
 Gu brath bhi seinn mo chliu;  
 Bheir mi le m' lamh, gu shabharach,  
 Na deoir a bharr 'ur suil;  
 'S tha leigheas anns an aros sin,  
 Ni slan an eridhe bruit'.

Cha chluinn sibh bron, no eighedh ann,  
 No bas no pein, no caoidh;  
 'S cha 'n iarr sibh solus greine ann,  
 Gu feuchain air gach taobh;  
 Bitnidh 'n Ti 'ta uile-leirsinneach,  
 E fein na sholus dhuibh:  
 'Us ni lath'rachd aoibhinn sibh,  
 'S bitnidh ghradhs' 'n 'ar beul a chaoidh.

Chi sibh an sin an aireamh,  
 Deth na brath'rean a thug buaidh,  
 Air tionail as gach aite ann,  
 O 'h airde-deas 'us tuath;  
 'N uair bheir e stigh d' an aros sin,  
 Na traillean bha co truagh;  
 Nach iongantach co grasmhor,  
 'S a ta Slanuigh-shear nam buadh !!!

### EIFEACHD A'M FUIL AN UAIN.

O ! 's ann tha 'n eifeachd a'm fuil an Uain,  
 Chum ar n' eacearta għlanadh uainn;  
 Ach 's bochd an sgeul a ta'nis ri leughadhb,  
 Nach 'eil speis d'i do reir a luach.

Tha daoine gorach air sheol na dha,  
 Nach aill leo 'n dochas a chuir 'na bhas ;  
 Theid iad an di le bhi dbiobhail eolais,  
 Air 'n shuil chaidh dhortadh a chum air slaint.

'S an dream thug speis da cha dean iad uaill,  
 Fa 'n 's e chaidh cheusadh an ait'a shluaignigh ;  
 Cha 'n ann diu' fein a fhuir iad an reite,  
 Ach leis an eiseacd bha 'm fuil an Uain.

'S e fein da 'n eiginn an cumail suas,  
 'N uair thig deuchainnean iomadh uair ;  
 Tha mheud deth thruaill eachd a ghnath' mu,n enairst  
 dhoibh,  
 'S nach faigh iad buaidh ach le fuil an Uain.

Tha daoine saoghalta'an gaol gach uair,  
 'S ann air na caoraich, a thaobh o'n Uain ;  
 'S tha 'n leomhan beuchdach a ghnath aig soath'rach',  
 Dh' fheuch' co dh'fhaodas e shlugadh suas.

O' fanaibh dlu' chum 's nach toir e buaidh ?  
 Na tugaibh geill da' 'us theid e uaibh ?  
 'S a shaighdean teinnteach ni sibhs mhuchadh,  
 Fa 'n rinn sibh cumhnant le fuil an Uain.

O'bithibh ladair le airmeachd Dhe,  
 'Us creidimb, slainteal agaibh mar sgeth ;  
 'S 'nuair bhios an namhad ag iarraidh fath oirbh,  
 Le cainnt an t-Slanuigh-fhear dunaibh bheul.

'Nuair bhios e seoraidh an bheil sibh sgith,  
 Innsibh dha gu'n do bhasaich Criosd ;  
 'S gu 'm bheil gu leoир ann na shuil chaidh dhortadh,  
 'S gu 'm bidh bhur dochas ann h-quin na crich.

'N sin thig e'n cairdeas, 'us their e ribh,  
 Gur sibhs' an aireamh tha 'm fabhar Dhe,  
 'Us ge do ghluaiseadh sibh nis' mar's aill leibh,  
 Gu'm bidh sibh tearuinnt feadh gach re.

Ach innsibh dha, gur iad cairdean De,  
 Aig am bheil aitheanta, 's ni d'an reir  
 An dream nach aicheadh 'n lathair an t-sluaigh e,  
 'S a leannas 'n t-Uan ge b'e taobh a theid.

'S e cuilbheirt Shatain bhi laidir, treun,  
 Tha fagail cairdean gun ghradh d'a chel ;  
 Feuchaidh se faillingean dhoibh 's na brath'ribh,  
 Dh'fheuchainn 'n tar e an cuir o cheil !

O ! 's ann tha feum air caithris buan ;  
 'S a ghnath bhi 'g eigheach ri Righ nan sluagh  
 Oir cha'n eil ni chumas duint' ri cheil iad,  
 Mar dean an eiseachd tha 'm ful an Uain.

Ach trid an Ti thug an t-sith mu'n cuaire,  
 Cha'n eil ni anns nach faigh iad buaidh ;  
 Co dhiteas, no leigeas sios iad ?  
 'S fear coimhid Israel 'ga 'n cumail suas.

Air feadh na fasaich 's e fein an cull,  
 Oir tha iad dha mar tha cloich a shuil ;  
 'S tha ghealladh grasmhor nach dean e 'm fagail,  
 'Nuair thig am bas gu' n toirt h-uin na h-uir.

Trid ghlinn a bhais bios e ghnath na'n coir,  
 Gus an sabhalair iad sadheoidh ;  
 'S am bi iad tearuinnt o gach namhad,  
 Annas a Chanaan tha lan deth ghloir.

'S 'nuair bhios iad thall o na h-uile truaigh,  
 'S ag cuir an ceil co thug d'hoibh a bhuaidh ;  
 Cha bhi h-aon nach cuir ris sheula'  
 Gur ann bha 'n eifeachd am ful an UAIN.

## BUACHAILLEAN ISRAEIL

'S e thuirt an t-Ard Bhuachail, tha shuas ann gloir,  
 Dh'fhag mi mo chaoraich ann ' saoghal nan deoir ;  
 Cheannuich mise gu daor iad, bha mo ghaol doibh co mor,  
 'S mar bhith gu'n d rinn mi 'n saoradh cha d'fhaod iad  
 bhibeo

Nis gheibh iad an durachd mur diuilt iad dhomh geill,  
 Gheibh iad buachaillean iulmhor a stiuras an treud ;  
 'Ni 'm beath'chadh an comhnuidh le heo aran o neamh,  
 'S dhoibh a theagaisgeas eolas air Orduighean Dhe.

Aithnichidh sibhs na buachillean a fhuar dheth mo ghras,  
 'S e 'n toil-inntien gu buan bhi toirt luaidh air mo bhas,  
 Cha chunnt iad ach suarach gach cruaidh-dal 'us cas,  
 Fa'n tha 'n suil ris duais o na Bhuachail is aird.

Chaidh mo chaoraichs' air chall air na beanntaibh gu leir,  
 'S rinn luchd faire dall moran call air mo threud ;  
 Ach na buachaillean seolta fhuair eolas uam fein,  
 Bheir iad dhachaidh do m' chro iad, le seoladh mo bheul.

'S nuair gheibh iad 'sa chro iad, 's e 'n solas gu lier,  
 Bhi beath'chadh le eolas, gach seors' tha'n san treud ;  
 Cuid le fior bhainne blath, mar tha 'naduir am feum,  
 'Us cuid le biadh laidir, 'nuair dh'phasas iad treun.

Cha bheathaich mo chaoraichs' air plaosgain gun sta,  
 'S ri teagasg mi-naomha cha taobh iad gu brath ;  
 Cha 'n urr' iad a bhi bec, mar bhios moran deth chach,  
 Fo eisdeachd an t-seorsa tha gun eolas air gras.

Cha 'n iarr mo bhuch'leansa buanachd dheth 'n treud,  
 No bhi na'n daoine saibhir oscionn oighreachd Dhe ;  
 Ach le cridheachaibh deonach, dol romp' anns gach ceum,  
 'S ag iarraidh Righ na gloir bhi ga'n seoladh na'm feum.

'Na'n codal 's na'n duisg, 's e 'n curam do ghnath,  
 Bhi neartach' nan gluinean a ta lubadh gu lar ;  
 'S nithean tha bruite bhi ga'n dunadh an aird,  
 Le leighisibh as ur a thig o Ughdar nan gras.

Ach buach'lean gun churam, a leig dhiu' bhi ri feum,  
 'S a sealltuinn mu'n cuairt air son buanachd dhoibh fein,  
 Chuir iad fein agus Satan an aird le cheil,  
 'S ma fhuair iads' an tuarasdal, fhuair eis' an treud.

Tha 'm faidh Esaias dol dan air an cliu,  
 Buachaillean dall, 'us coin bhalbh thuirt e riu ;  
 Coidlidh iad samhach, gun eolas gun iul,  
 'Us tabhannaich cha dean iad air beul na air cull.

Tha 'm faidh Ieremias a ris cuir an ceil,  
 Nach eil buachaillean Israeil dileas do'n treud ;  
 Leigheas iad gu h-aotrom gach aon bha fo creuchd,  
 Le sith thoirt do dhaoine gun naomhachd d'a reir.

Tha 'm faidh Eseciel, d'a reir 's mar bha cach,  
 A dearbhadh a mi-bheusan, le reusan no dha,  
 Gheall iad, le'm breugan, d'an eucoireach slaint,  
 'S a h-aon cha robh pilltinn o inntinn a bhais.

'S 'nuair thainig an Slanuighshear a bhain anns an fheoil,  
 Dhinnis e mu'n deithiinn, E fein agus Pol :  
 Thig iad au eudaidh chaorach gu daoine thoirt leo,  
 Ach 's madaidh-allaidh gharg iad a mharbhas gu leoir.

Bu choir do chinn-iuil bhi ag stiuradh an treud,  
 'S an teagascg bhi ga'n urach, mar dhriuchd air an fheur ;  
 Ach tha'n dream ud gun churam, neo-iulmhor iad fein,  
 'S tha Peadar agas Iude toirt an cliu dhoibh d'a reir.

Is tob'raichean deothach, 'us neoil iad gun uisg',  
 Garbh thonnain beucach nach geill, 's nach gabb fois ;  
 Ruith iad an slighe Chain, gun ghradh mar bha eis,  
 'S tha inuitiun Bhalaime do ghnath dol na'n cois.

Ach buachaillean mo ghaol-sa, tha saothrach' gach la,  
 'S tha beathachadh mo phobuil aig tobair na slaint ;  
 Tha seoladh mo shluagh air na cluaintibh is fearr ;  
 'S nach dean tair air a h-aon air na shaoth'rich mo ghras.

Ge d' gheibh iomadh sarach' o chach anns an fheoil,  
 Bithidh iadsan am Pharas, 's bithidh cach ann am bron ;  
 Theid iad h-uin a bhais, deanamh gairdeachas mor,  
 'S 'nuair thogas iad an cinn, bios iad seinn ann an gloir.

'Nuair thig latha mor a chuairtich, bithidh uamhas air  
 each ;  
 Ach eiridh mo bhuanach'leansa deanamh luathghair.  
 Gheibh iad airson duais, mar chrun uaill ann an la,  
 An dream a bha le'n seol' air a threorach 'gu slaint'.

Ach eiridh na cinn-iuil a bha stiuradh nan dall,  
 Db'sheuch an aidich Righ nan dull iad 'snach cunnit e'n  
 call

Ach ni dealradh a sbuilean an sginrsadh air ball, [nall.  
 Gu teine nach gabb muchadh, gua duil ri tighinn na

an fheoil,

leo,  
gu leoir.

d,  
an sheur;  
iad fein,  
'a reir.

z,  
bh fois;  
a eis,  
s.

gach la,  
aint;  
earr;  
moghras.

fheoil,  
am bron;

mor,  
an gloir.

mhas air

air.  
n la,  
aint.

unnt e'n

l, [nall.  
hinn na

'S 'nuair a thionndas iad, chi iad na firean gu leir,  
'Us chi siad mo chipearean a'libhbrig an treud;  
'S air an deanamh sgiamhach le h-iomhaigh Mhic Dhe,  
Chum dealradh gu siorruidh mar ghrian anns an speur.

## CALBHARI.

'S TRIC mi smuaineach, 's mi m'aonar,  
Gum bheil an saoghal so truagh;  
'S iomadh bron th' ri fhaotainn,  
Air an taobh so do'n uaigh;  
Feumaidh oighreachean neimh,  
A dhol trid dheuchainnean cruidh;  
Ma'n ruig iad an oighreachd,  
'Sam bheil aoibhneas bith-bhuan.

Ach tha aon ni 'ga 'n leonadh,  
Gu'm bheil an comhnuidh 's gach uair.  
Mar bha Lot ann an Sodom,  
A' faicinn doi-bheart an t-sluaign;  
A' faicinn cairdean, 's luchd-eolais,  
Agus moran co truagh;  
'S gur e bhi toileach' na feola,  
An ni sonruicht' tha uath.

Ciod a dhitheas, ciod a dholas,  
Ciod bheir solas an traths?  
Ciod ni sgiamhach an fheoil duinn  
'S e tha moran aig radh;

Cuid le aidhir 's le sugradh,  
 Caithidh 'n nine gun sta ;  
 'S iad a ghnath eo beag curam  
 Ris na bruitean gheibh bas.

'Nuair a chuimbneas mi'n caramh,  
 'S tric a dh'f hag e mi sgith ;  
 'S tric a mhill e mo ghaird'chas,  
 'Nuair a b'fhearr bhiodh mo shith ;  
 Daoine truagh bhi na'n trailean,  
 Aig an namhaid fo chis ;  
 'S fearr leo striochdadadh do shatan,  
 Na bhi na'n cairdean do Chriosd.

Cha 'n eil na'n obair ach trailleachd,  
 'S cha 'n eil ach bas ann na'u duais ;  
 Us iad fo chorruich an Ard-Righ,  
 Fa'ns ann dha's' thug iad suath ;  
 Sliochd ceannairceach Adhaimh,  
 'S bochd an caramh ri luaidh ;  
 Ach tha mheud 'sa f huair tearneadh,  
 Ann am fabhar an Uain.

'Nuair a leubhas mi 'm Biobal,  
 Gheibh mi sgriobht' anns gach ait',  
 Gu'm bheil iad sud, leis an fhirinn,  
 Air an diteadh ma thrath ;  
 Dh'f hag na Scriptuirean shios iad,  
 Mar luchd di-meas air slaint' ;  
 'S mur beirear a ris iad,  
 'S e sud is crich dhoibh—am bas.

A dhuine thruaigh, tha'n staid nadur,  
 'S nach eil a'm fabhar ri Dia ;

Tha thu leantuin nan sgail sin,  
 A chaoidh nach sasuich do mhiann ;  
 'S cha toir lagh nan deich aitheantan,  
 Dhuitse tearnadh, no dion :  
 As eug'ais umhlachd 's gach pairt deth,  
 Cha d'thug e slaint' do neach riamh.

Ach ma 's slaint' tha thu 'g iarraidh,  
 Ruig na braithrean 'ta sgriobht' ;  
 Tair as o Shinai tha fiadhaich,  
 'S teich gu Sliabh Chalbhari ;  
 'N sin cli thu ceartas 'ga riarach',  
 Agus Dia a' deanamh sith ;  
 'S Mac a ghaoil toirt lan dioladh,  
 A chum ar dion o dhol sios.

Chi thu 'n sin air a cheusadh,  
 An t-aon eiric a bh'ann ;  
 'Neach a ghiulan ar eu-ceartan,  
 E fein air a chrann ;  
 Feuchaidh 'lotean, 's a għreuchdain,  
 Gu'n d'thug e speis do na chlann ;  
 'S feuchaidh cumhachd as-eiridh,  
 Gur Eis, E FEIN, a bha ann.

So am Prionns', so 'n Slanui'fhear,  
 So Immanuel fein ;  
 So carraig nan alltain,  
 'San daingneach laidir ri feum ;  
 So an Ti tha toirt slainte,  
 Do shiol Abr'aim gu leir ;  
 'S an dream a dh'ol as a lanachd-s'.  
 Bithidh iad tearuinnt' gach re.

Sibhse tha caithidh bhur storais,  
 A' ruith nan solasain faoin ;  
 Thigibh nis, agus olaibh  
 De 'n uisge bheo tha gu saor ;  
 'S biadh gu firinneach m' fheoilse,  
 Deir Righ na gloir ri daoin' ;  
 'S is abhainn lan deth gach solas,  
 An fhuil chaidh dhortadh a thaobh.

O, sibhse tha ri saothair,  
 Thigibh, 's aomaidh 'ur cluas ;  
 Cha'n eil ni tha o dhaoine,  
 Nach eil gu saor aig an Uan ;  
 Togaibh chuing-san tha aotrom,  
 Agus foghlumaibh uaith ;  
 'S creidsinn anns mar Fhear-saoraidh,  
 Bheir air an t-saoghal so buaidh.

Bheir e buaidh air an fheoil doibh  
 'S togradh gorach chlann daoin ;  
 Air ardan, 's air morchuis,  
 'Us air na solasaibh faoin ;  
 'S ni e 'n inntin a threorach',  
 Chum bhi beo air a ghaol ;  
 Ann an dochas a ghloir-sa,  
 Air'n d'thug e coir dhoibh gu saor.

'Se dochas a ghloir-sa,  
 Chumas beo iad 'sgach cas ;  
 'S gus an d'theid iad thar Iordan,  
 Bithidh an dochas a' fas ;  
 'Nuair bhios dochas an fhirean,  
 Aig toirt sith aig a bhas ;

'S ann bhios dochas a chealg-fhir,  
A dol air falbh uaith mar sgail.

'Nuair thig a chuis gus an deuchainn,  
'S mor a feum bhios air gras,  
Mur bi na fior nithe fein ann,  
Cha bhi feum ann an sgail ;  
Ge d' bhios cealg-fheara mor,  
A' cumail cleoc orra an trath's ;  
Cha d'theid a h-aon-dh'ionusuidh gloir dhiu',  
Tha Iehobhah aig radh.

Cha b'urra' an t-aingidh bhi beo,  
'S an rioghachd ghloirmhoir tha shua ;  
Fa'n bhiodh inntinn co seolmhor,  
Lan morthuis, 'us uaill ;  
Cha b'e gradh bhiodh 'ga threorach',  
'S cha b'urr' e ghloir thoirt d'an Uan ;  
Cha mho thuigeadh e 'n t-oran,  
Tha na cheol doibh 's gach uair.

## GOIGRICH.

O' 's mithich dhuinn gluas'd,  
Agus siubhal gu luath,  
Cha bhi ar laithean ro bhuan fo'n gbrein ;  
'S coigrich sinn. 'us luchd cuairt,  
'G iarraidh an duthaich tha shua,  
Tha ar dachaидh, us duais air neimh.

'S fasach ullartach, thruag,  
 Ann am bheil sinn air chuairt,  
 Cha'n eil fois duinn, na suaimhneas ann ;  
 Ach tha ar suilibh riut fein,  
 Tha air neimhibh nan speur,  
 Thoir oirn' gu'n ruith sinn an reis gu ceann.

'S ann air t-ainm bhis sinn luaidh,  
 'S ma bhios tu leinn bheir sinn buaidh.  
 Ge d' robh an saogh'l 'gar ruag' gu teann ;  
 Dh'aindeoin Pharaoh, 'sa shluagh,  
 Theid sinn thar a mhuir ruadh,  
 'S bheir sinn tuillidh is buaidh aig a cheann.

'S ann a ta sinn 'san uairs',  
 Mar luing air a chuan,  
 A measg nan tonn ata uabhrach, ard,  
 Ach 's treis an Ti sin tha shuas,  
 Na tuiltean droch shluagh,  
 'S tu chaisgeas am fuaim 'nuair 's aill.

'Stu bheir aird ardan an gnuis,  
 Gu tamh ghabhail 'san uir,  
 'S theid an aillteachd air cull gu leir ;  
 Ach do d' phobul bochd, bruit',  
 Bios tu fein air an cull,  
 'S le do ghras ni thu'n stiuradh 's gach ceum.

O, stuir sinn le d' ghras,  
 Gus an ruig sinn an t-ait',  
 Anns am bi sinn gu sabhailt beo ;  
 Far nad bi sinn 'gar luasg',  
 A' dol thar a guth naith',  
 Mar luing far na cuaintibh mor.

Tha ar truaill'achd fhein,  
 A ghnath ruinn ag stribh,  
 'S aig toirt oirne bhi sgith deth 'n fheoil ;  
 'Us luchd aitich ar tir,  
 Nach d'thug gradh dha ar Righ,  
 'S ann tha 'a naimdeas a sior dhol a moid.

'Nain b'ann 'sa bheath' so amhain,  
 A bhiodh ar suil ri do shlaint,  
 Is sinn bu truaighe deth chach gu leir ;  
 Ach ma 's ann thall o na bhlas,  
 A fhuir sinn dochas ni's fearr,  
 'Sinn is sona tha'n traths' fo n' ghreadh.

'S mor ar sonas r'a luaidh,  
 Seach na trailean bochd, truagh,  
 Tha ga d' aicheadh le gluas'd mi-naomh ;  
 'S e sud is cainnt dhoibh gach uair,  
 A Righ na Ghoil imich uainn,  
 Cha'n aill leinn eolas air d' bhuaidhibh naomh.

Ach rinn thu ionnhmas gu leoir,  
 Thasgaidh suas ann an stoir,  
 Do'n dream a ghluaiseas air choir a'd' dheibh ;  
 Dhoibh is fearr sud gu mor,  
 Na bhi toileach' na feol',  
 'S luidh sios ann an bron fa dheoibh,

B'fhearr an roghainn rinn Maois,  
 Air teachd dha-san gu aois,  
 Ghabh e amhgair maraon ri d' shluagh ;  
 Dh'fag e 'n Eiphit 'sa maoin,

Ma'r ri soalsibh faoin,  
 'S chum e shuil air luach-saoth'rach buan.

'S ann trid amhgara mor,  
 Searbh do fhuil 'us do fheoil  
 Chaidh 'n dream tha nis ann 'an Gloir a' scinn ;  
 'S ma gheibh sinn d'an coir,  
 Thoir dhuin foidhidin Ioib,  
 'S an uin' ghoirrid bithidh 'm bron 'nar deigh.

'Nuir a dhuil'geas sinn tair,  
 Aguṣ masladh 's cul-chain',  
 'S ge d' bhagair iad bas bhios cruaidh';  
 Ma bhios e uil' air do sgath-s',  
 Bithidh ar n' aoibhneas a' fas,  
 Air son gu'n d'fhuair sinn an gras so uat.

'S fearr n'an saoghal-s' gu leir,  
 Bhi ann an aonachbd riut fein,  
 Fa'n nach fag thu, s' nach treig thu chaoidh ;  
 'S tu a shaoras do threud,  
 Le do ghaireannaibh treun,  
 'S bheir gach aon diu' dhuit geill mar Righ.

'S fearr aon lath' ann do chuir,  
 A' faighail sgeul air do chliu,  
 Na mile latha ri sugradh baoth ;  
 Tha beath, slaint', agus iul,  
 Ann an dealradh do ghnuis,  
 'Nuair ni thu sealltuin le d' suihlibh blath.

Deonich dhuinne, ann gach cuis,  
 A bhi fantuin ruit dluth,

'S gheibh sinn neart uat as ur gach lo ;  
 'S an uair bhith's peacaich gun iul,  
 A' tilgeadh t-aith' nta air cul,  
 Thoir dhuinn an coimhid le curam mor.

Le briathraibh do bheul,  
 Dean ar stiuradh's gach ceum,  
 Chum air seach 'ran nach d'theid sinn uat ;  
 Ni e call air do threud,  
 'S bheir do naimhdean toi-bheum,  
 Ma 's e 's gu'n sleamhnuich ar ceum'naibh uainn'.

Cum ar n-anamaibh beo,  
 'S ann d'a t-ainm bheir sinn gloir,  
 'S iad do statuin ar ceol 's gach am ;  
 Gus an ruig sinn an gloir,  
 'S am bheil aoibhneas gu leoир,  
 'S cha bhi h-aon deth luchd do-bheart ann.

Na cuimhnich mionaid do chach,  
 Na rinn iad oirn' air do sgath,  
 'S ann rinn am foirneart ac' sta do d' ehlann ;  
 'S a reir saibhreas do ghras,  
 Dean an dusgadh 'na thrath,  
 Tha iad na'n codal air barr nan crann.

Thoir dhoibh teicheadh gu luath,  
 'S na h-uile leth-sgeul chuir uath,  
 Dh'ionnsuidh 'n Ti thug a bhuaidh air a bhas :  
 'S ge d' robb sinn ann san uaigh,  
 Far nach cluinn sinn orr' luaidh,  
 Thoir dhoibh eolas air fuaim na slaint.

## AN DACHAIDH BHUAN

AIR dhom bhi sealltuinn air saoghal truagh.  
 Chi mi caochladh thighinn air dach uair ;  
 Chi mi daoine cuir an cul orm,  
 'Sa dol gu dlu chum Dachaidh Bhuan.

Tha sean 'us og a' dol sios d'an uaigh,  
 Air lag 's air laidir tha'm bas toirt buaidh ;  
 'Nuair thig an-tam dhoibh an saoghail fhagail,  
 Ma's tinn na slan iad, cha tamh iad uair.

Ach 's rabhadh mor sud do cach de'n t-sluagh,  
 'S is mithich dhoms' gun chuir fada uam ;  
 Tha rabhadh ann, bhi deas gu falbh as,  
 Fa'n tha'n tigh talmhaidh gu tighinn a nuas.

Ach 'nuair a chi sinn, le'r sealladh suil,  
 An corp a' pillettinn a' dh'ionnsuidh 'n uir ;  
 Tha 'n t-anam priseal a' dol ris, gus  
 Am faigh e bhinne o Righ nan duil.

'N sin gheibh e duais aig a chathir mhoir,  
 D'a reir mar għluais e 'n tir nam beo ;  
 Theid e air ball 's ann dh'ionnsuidh suaimhneas,  
 Air dheagh theidh fhuadach a dh'ionnsuidh bron.

O ! dhuinne, smuainich air so 'na thrath,  
 Ma's ann deth 'n t-sluagh thu 'ta gun għras ;

Cha'n fhac, 's cha chuala tu ni co uamh'sach,  
Ris an t-sluagh sin a' tighinn 'na lathair.

'N lathair an De bhios na bhreitheamh mor,  
'Nuair a dh'fhoillsichear e 'na ghloir ;  
Bithidh an dream a roghnaich e deanamh eibhneis ;  
'S ni uile threubha na talmhainn bron.

O ! anam, rannsaich nach bi thucli,  
'S ann thig an call ort ma theid thu'n di,  
Caillidh tu'n solas tha'n Righ na gloire,  
'Us air do dhoruinn cha'n fhaic thu crich.

Ach rannsaich curamach ann an tiom,  
Dh'fheuch' am bheil thu air d' bhreith a ris ;  
'S ma tha, cha churam nach dearbh do ghiulan,  
Gur creutair ur thu th'air faotuin sith.

Ach na cuir dochas am briathraibh faoin,  
Ge d' fhaig thu seoladh o cuid de' dhaon' ;  
A labhras moran mu thimchioll troeair,  
'S iad fein gun eolás air nithibh naomh.

A dh'ionnsuidh Bhiobuil ruith gu Iuath,  
Dh'fheuch am firinnich e do ghlua'sd ;  
'S ma their an firinn sin ruit gur firinn thu,  
Bheir e sith dhuit nach d'thoirear uat.

Ach ma's ann clí tháithu, so'an uir,  
Gu tighinn direach dh'ionnsuidh 'n Uain ;  
Dh'ionnsuidh 'n Ti sin thug is las an iobaittis ag ainm  
Leis am bheil sith air a toirt mu'n ouair.

Na smuanich dail a chuir anns a chuis,  
 Tha latha na slaint' ag dol seachad dluth ;  
 'S mar bi thu trath anns an daingneach laidir,  
 'N uair thig am bas ort, bithidh 'n dorus duinnt.

'S bithidh tusa ris ann an doimhneachd truaigh,  
 A' caoidh gu siorruidh 'sna piantaibh cruaidh ;  
 'Slan le solas, tha bron gun chrioch ann,  
 'S thus' a ris aig an Dachaидh Bhuan.

Ach ma's firean thu thug am fuaim,  
 'S d'an d' rinneadh priséal an Ti thug buaidh ;  
 Tha 'g iarruidh immeachd an ceum na firinn,  
 'Us t-aighaidh direach air Sion shuas.

Cha choir dhuit fein a bhi deannamh uaill,  
 Ma tha thu 'g eisdeachd ri guth an Uain ;  
 'S ann thug e fein ort gur chreid thu 'n sgeul air,  
 'S gach ni rinn feum dhuit 's ann uaith' fhuair.

Na h-uile cuis anns am bi ort feum,  
 'S e fantuin dluth ris, fo sgail a sgeith,  
 Bheir ort gu'n giulan thu h-uile cuis diubb,  
 'Nuair bhios do shuil, ris na dh'fhuiling e.

'Nuair bhith's tu a' leubhadh mu Righ na Ghoir,  
 A dh' fhuiling deuchainnean air gach doigh ;  
 Cha'n eil trioblaid, no bron, no eigheachd ann,  
 Ris nach d'fheuch e an laithean fheoil.  
 'S nis ge ard e aig deas-laimh Dhe,  
 Tha shuil a ghnath air a chairdibh fein

Na'n uile theanndachd tha e fo amhghair,  
 'Us tha e teann orr' an am gach feum.

Tha sud da riridh na mhisneach mhoir,  
 Do'n dream tha dileas air taobh a ghloir ;  
 Gur e'n Ti sin tha dhoibh na dhidean,  
 A BHEATH', an FIRINN, agus an ROD.

'Us ge d' tha chairdean an so air chuairt,  
 Bheir e'n aird iad, 's gheibh iad duais ;  
 'Nuair thig am bas theid iad suas gu Pharas,  
 'S bithidh iad gu brath aig an DACHAIDH BHUAN.

### AN DEAGH SHAIGHDEAR.

Is tric a cuinnaic, 's a chi,  
 Mi daoin' an t-saoghal gun sith,  
 Le bhi cugadh, 's a stribh ri cheile ;  
 Ag iaraidh airgiod 'us or,  
 Ag iaraidh onar 'ns gloir,  
 Ge d' theid iad seachd mar neoil nan speuraibh.

Ach 'sann tha'n saiphreas gun di,  
 Aig deagh shaighdearean Ios',  
 Gheibh iad neart anns gach ni mar bhith's feum air ;  
 'S an uair a choisneas iad buaidh,  
 'S mor an sonas, 's an duais,  
 Gheibh iad oighreachd tha shuas 'sna neimhibh.

Ma's ann deth shaighdearean thu,  
 Feuch gu'm foillsich thu chliu,  
 Fa'n tha e fein air do chul, bi treubhach ;  
 'Us theid thu dhachaидh le buaidh,  
 Fo ard bhratach an Uain,  
 Dh'aindeoin feachd agus sluagh na h-Eiphit.

Ga d'robh an Saoghal 'san fheoil,  
 'S moran dhaonair do thoir,  
 Agus Satan toirt ordugh geur dhoibh ;  
 Dh'fheuch am faigh iad thu'n sas,  
 A cleachdadh innleachdain bais,  
 Leagadh lin anns gach ait do d' cheum'naibh.

Ach na gabh eagal gu brath,  
 Tha do Righ air do sgath,  
 Thoir thus urram, 'us gradh, 'us geill dha ;  
 'Us bheir e neart dbuit, 'us treoir,  
 Nach dthig do naimhdean a'd choir,  
 Leis an airmeachd a sheol e fein dbuit.

Ac sea-sa daigean 's gach tiom.  
 Ann an Soisgeul na sith,  
 Agus crios ort dhe'n fhirinn cheudna ;  
 'S gluais gu treibheach, briagh,  
 Ann an eagal 's am fiamh,  
 'S ni e d' bbrioilleach a dhion mar uchd-eididh.

Cum do dhochas gu teann,  
 Ris a ghloir a bhios ann,  
 'S ni sud mar chlogaid do cheann chnudach,  
 Agus creideamh nan naoimh,

Biodh na sgiath dhuit a shaoidh,  
 'S cha dthig saigh'd a'd' thaobh nach much e.

Deagh-lion do chridhe le stoir,  
 Dhe ni is priséal na'n t-ór,  
 Focal firinn Iebhobhah, 's eisd ris ;  
 'San uair bhios Satan ri saothair,  
 Chum do tharruing' a thaobh,  
 Bithidh sud no chlaidheamh da-fhaobhar geur dhuit.

'Nuair bhith's tu armicht' mu'n cuairt,  
 'S ri caithris gach uair,  
 Lean t-ard-cheannard gu buan, 's na treig e ;  
 'San uair a chluinneas tu luaidh.  
 Gu'm bheil a bhratach dol suas,  
 'S mithich dhuits' bhi gluas'd, 's eiridh.

'S bithidh e na chairaid ri d' thaobh,  
 'S i bhratach tharad an gaol,  
 Dean' thus a leantuinn gach taobh a theid e ;  
 'S ge do thuit thu 'sa bhlar,  
 Gheibh thu aiseiridh 's fearr,  
 'S bheir e dhachaidh gu Pharas De thu.

Na gabhs' eagal 'san am,  
 Gur aircéamh bheag dhibh a th'ann,  
 Ann an coimeas ri camp na h-Eiphit ;  
 Ma 'se 's nach brist iad 'ur ranc,  
 Cha'n fhaig iad sibhs, ann am fanc,  
 Ma bhitheas sibh dileas 'an ceann a cheile.

Ma bhitheas sibh dileas 'us dluth,  
 Bheir bhur Righ dhuibh an crun,  
 An uair a chi sibh a ghnuis mar tha e ;  
 'S an uair thig la 'n RE-VIEW,  
 Gheibh sibh onar 'us cliu,  
 Nach dtheid tuillidh air cul gu brath dhuibh.

'Nuair thig Caipcean 'ur slaint',  
 Bithidh sud agaibh na lathair,  
 Gloir, 'us onar, 'us FABHAR siorruidh :  
 'Nuair bhitheas na creutairean baoth,  
 Nach do gheill dha na thrath,  
 Air an ioman gu brath as fhianuis.

Ge d' chuir e sgail air a ghloir,  
 'Nuairaghabbh e fuil agus feoil,  
 Thig e fathasd mas Righ,  
 Le dbeich miltibh dhe naoimh,  
 'S cha bhi rioghachd, no righ, nach geill dha.

### AN TURUS.

'S IOMADH mulad 'us bron,  
 Bha'n cois mo thuruis chum gloir,  
 A fhuair mi milis ri'n ol, 'us seàrbh;  
 Ach 's tu's Ard-Righ na gloir,

A thug nach d'fhailnich mo threoir,  
 Fa'n bha t-fhaajar dhomh mor gu dearbh

Fhuair mi aoibhneas gu leoir,  
 'Us laithean soilleir, gun neoil,  
 Le bhi fantuinn a'd' choir a' gluas'd ;  
 Ach 'se 'm peac thug orm bron,  
 'Us cinchan seasg bhi 'gan deothal,  
 'S iad sud bha seasamh, mar neoil, mu m's chuairt.

Air dhomb sealltuinn san am,  
 Air mo shligbibh 'sa gheleanr,  
 S air na ceumannaibh cam anns na ghluals ;  
 Bheir so eolas dhomh ann,  
 Nach eil do throcairean gann,  
 'S gu 'n chomhnuich thu teann gus an uairs'.

Fhuair thu'n toiseach m'i'm thrail,  
 Aig a pheac', 's aig a bhas,  
 Leanabh feirg', mar bha cach de'n t-sluagh ;  
 Aig mo naimhdibh an sas,  
 Ann an ceangluichibh bais,  
 'S iad ga m' mhealladh gach la' gu truagh.

Ach fa'n ruinich thu, Rhigh,  
 Nach rachainns' an di,  
 Ghlachd thu greim dhiom, 'us mi air a bhruaich ;  
 'S air dhuit sgaoladh an lin,  
 'S ann fhuar mi saors', agus sith,  
 'S thionndaidh m'aghaidh air Sion shuas.

Bu' bheag m'eolas 'san am,  
 Ach 's tu bu chomhnadh dhomh ant,  
 'Ga mo threorach' trid gheann nan deoir  
 'S mur bhith gu'n gheas thu i teann,  
 'Nuair bhithinn leisg agus fann,  
 Cha robh mo shiubhal ach mall 'san rod.

'S e dh'fhag mo shiubhal co mall,  
 'S iomadh leomhan a bh'ann,  
 A' seasamh romham mar bheannteann buan;  
 Ach le do leantuins' gu teann,  
 Chunnaic mis' aig a cheann,  
 Nach b'e 'n leomhan bh'ann; ach an t-UAN.

'Nuair shiubh'linn da cheum,  
 'Us mo shuile riut fein,  
 Bhiodh an t-slighe dhomh rei' dol suas;  
 An sinin bhithinn gu treun,  
 'S bhiodh mo chridhe rium reidh,  
 'Us thair'neadh sud mi ceum'naibh luath.

Thair'neadh sud mi gu ceol,  
 Le bhi 'faicinn do ghloir,  
 'Nuair a sgapadh nan neoil, le 'n gruaim;  
 'S le bhi 'faicinn do ghaoil,  
 A' deanamh taic' dhomh gach taobh,  
 Bha mi 'faicinn 's a'faotuin buaidh.

'S mis a dh'aithnich mu thrath,  
 'S fhuir mi faireach' no dhagh,  
 Gur tu cairaid a b'fhearr a bh'ann,  
 Gach neach 'sna chruic mi ~~me~~ dhuil,

Fhuair mi e mar chuite bhruit,  
 'S togaidh mis' mo shuil chum nam beann.

'S bitidh mi 'g uirnuigh rint fein,  
 Oir tha mo naimhdean ro threun,  
 'S tha iud uile gu leir air mo thoir;  
 Cuid mar leomhain toirt bheuc,  
 'S cuid ri miodal le 'm beul,  
 'S cuid 'g am folach fo sge mo chleoic.

Ach fa'n tha deuchainnean ann,  
 Mar dh'fheuch thu da d' ehlann,  
 Na treig mi gu ceann an roid;  
 Fa'n nach fhaic mi san am,  
 Am bheil mi faisg air a cheann,  
 No 'm bi mi fad ann an gleann nan deoir.

Ma's e thachair a'd' run,  
 Gu'n d'theid mi dhachaidh gu dluth,  
 Dhionnsuidh fois ann an vine ghearr:  
 Cumsa caithriseach mi,  
 Chum 's gu'n imich mi'n sith;  
 'S e bhi maille ri Ios' is fearr.

Ach ma's e so th'ann do run,  
 Gur eiginn fuireach car uin',  
 O, bi fein air a stiur 'ga m' sheoil';  
 'S cha bhi h-aitaireach tonn,  
 Air nach maircaich mo long,  
 'S thig mi thir, 's ann air fonn do ghloir.

Ma tha e feumail dhomh tamb,  
 'Us cuan de dheuchainnibh shnamh,  
 Deonuich palteas dhe d' ghras gun di ;  
 Le Spiorad uirnuigh gun dail,  
 Chum nach teichinn o d' lathair,  
 Mar rinn Ionah 'nuair chaidh e cli.

Na leig ormsa gu brath,  
 Ni bheir oilbheum, no bas,  
 Air neach idir thug gradh dha'n UAN ;  
 No ni bheir misneach do chach,  
 Dol air 'n aighaidh gu dan',  
 Gus an coinnich iad bas 'us uaigh.

'S ma bhios roinnean gun fheum,  
 'Measg na cloinn' is leat fein,  
 'S iad le 'n doille, 's le 'n eud, toirt claoi'dh ;  
 Bacadh aonachd a cheil,  
 Sgapadh caorai'ch do threud,  
 Ris an dubhaint thu fein do naoimh.

Deonuich dhomhs' a bhi reidh,  
 Ri luchd t-eolais gu leir,  
 Ma tha'n dochas a reir do shlaint' ;  
 'S cum mi cialach 's gach ni,  
 Chum 's nach meudaich mi 'n stri,  
 'S e bhi deanamh na sith as fearr.

'S ann o aonachd 'us sith,  
 Gheibh sinn aoibhneas gun di,  
 'S bhios t-eigheachds' a' sior thoirt buaidh ;  
 'S e bhios taitneach, maraon,

‘S e bhios dearbhte do dhaoin’,  
 ‘S a dh’fheuchas do ghaoil do’n t-sluagh.

O, na treig mi ‘sa chuis-s’,  
 Ach dean fein dhomh an t-iul,  
 ‘S cum mi iriosal, ciun, mar bu choir ;  
 ‘S pill mo shuile o shannt,  
 ‘S o gach curam a t’ ann,  
 ‘S tric a chiurr iad do chlann, ‘s a leon.

Fa’n tha curam gun sta,  
 Teannadh dluth rium gach la,  
 Cum mo shuil ris an Ard-Rhigh mhoir ;  
 Bheir air na lile bhi ’fas,  
 Anns a mhachair fo bhath,  
 ‘S cha robh Solamh co aillt’ ann na ghloir.

Chi mi eunlaith nan sliabh,  
 Nach saoth’raich, ‘s nach sniomh,  
 ‘S iad eudaicht’ gu sgiamhach, blath ;  
 ‘S ge d’ nach taisg iad an loin,  
 ‘S nach eil aca tigh-stoir,  
 Gheibh iad pailteas gu leoir o d’ lamh.

Fa’n ‘se do churams’ is fearr,  
 Tarruingh dluth mi le d’ ghradh,  
 ‘S bithidh mi ‘n duil riut gu brath nach treig ;  
 ‘S teichidh curam is cradh,  
 ‘S bheir iad umhlachd dha d’ ghradh,  
 Air dhomh suil thoirt air aird, ‘s a leud.

B'e sud dochas gach aon,  
 A fhuair eolas do ghaoil,  
 'S e bu cheol doibh gradh-saoraidh 'n UAIN ;  
 'S ge d' bha iad beo air a ghaol,  
 'S ge d' dh'ol iad deth taom,  
 'S leoir na th'ann, cha do thraogh iad an cuan.

'S ma bhios m'inntinns ag tamh,  
 Ann an innleachd na slaint,  
 Gus an criochnaich mo la le buaidh ;  
 Theid mo thogail do'n ait,  
 'S am bheil tobair na slaint,  
 O'm bheil na sruthanna blath teachd a nuas.

'S bithidh mo dhachaid 's a ghloir,  
 'S nach d'theid bac' air mo cheol ;  
 Gheibh mi cupan ri ol gu cian,  
 'Sam bi m'fhior-uisge beo,  
 Thig o'n Righ-chaithair mhoir,  
 'S cha d'theid a mheasgadh le bron feadh gach ial.

## GARADH EDEIN.

NACH truagh libhse mar dh'eirich,  
 An GARADH EDEIN do'n t-sluagh ;  
 Le cuilbheartan Shatain,  
 'Mheal Ebh' agus Adhamh,

Chum umhlachd thoirt dhasan,  
 An aghaidh Ard-Righ nan sluagh ;  
 'S thug sud doruinn 's gach ait dhoibh,  
 'S fhuar am bas orra buaidh.

Thug e'n naomhachd, 's an gloir dhiu,  
 Thug 's an eolas, 's an iul ;  
 'S ge d' bu mhoir an cuid solais,  
 Chaill iads' an sin coir air,  
 Bha cheartas an toir orr',  
 'S chaidh a throcair air cul ;  
 'S mar d'thigeadh Slanuigh-fhear gloirmhor,  
 Bu ro bhronach ar duil.

Ach thainig sgeul aoibhinn,  
 A chum nam braighdean bha'n sas ;  
 Ach thainig Iosa, le solas,  
 Chum an saoradh o'n doruinn,  
 'S fa'n sheas e'n coir dhoibh,  
 Chaith Eis' a leonadh na'n ait-s' ;  
 'S tha firinn 'us trocair  
 Air comhlachadh na bhas.

Nach aoibhinn an sgeula  
 Tha ga leubhadh do'n t-sluagh ?  
 Gu'n d'thug Iosa lan-dioladh,  
 A thug do cheartas sar-riarach',  
 'S le firinnteachd shiorruidh,  
 Gu'n d'thug e sithchaint mu'n cuairt ;  
 'S fa'n phaidh e na fiachan,  
 Co ris dh'iaras, feich uainn ?

'S an dream a chreideas ann fhirinn,  
 Bheir e ris iad o'n truaigh ;  
 Bheir e solas 'us sith dhoibh,  
 'S bheir e dochas a ris dhoibh,  
 Ris a ghloir tha neo-chriochnach,  
 Anns an rioghachd tha shuas ;  
 'S bitidh na creatairean naomh sin,  
 Do'n Fhear-shaoraidh mar dhuais.

Sibhse a chreid an sgeul aoibhinn,  
 'S a rinn e saibhir le ghras ;  
 Feuch gu'n gluais sibh gu dileas,  
 Anns gach ceum mar rinn Iosa,  
 Mar is cubhaidh do'n fhirinn,  
 'S do rioghachd a ghras ;  
 Ann an eud, 's ann an naomhachd,  
 Ann an aonachd, 's an gradh.

Na biodh mi-run, no farmad,  
 Na biodh seannachas gun bhright,  
 Na biodh diteadh gun dearbhadh,  
 'S na biodh stri, no eud searbh ann,  
 A' measg nam firean a ta 'g ainmach',  
 Gu'n d'fhuair an anamanna sith ;  
 'S biodh an teo-chridheachd cairdeal,  
 Le gradh brath'real 's gach tiom.

Ge do tha sibh 'san trath-sa,  
 Ann am faisaich bhochd, fhuair ;  
 Air bhur cuartach' le trioblaid,  
 'S am peacadh ag stri ribh,

Ma's e's gu'n gleachd sibh gu dileas,  
 Trid Ios' bheir sibh buaidh ;  
 'S an uair thig e chum slainte,  
 Ni sibh gairdeachas buan.

<sup>111.3</sup>  
 Ni sibh gairdeachas shiorruidh,  
 'N uair thig Ios' an a ghloir ;  
 Bithidh a ghnuis mar a ghrain dhuibh,  
 Mar mhaduin chiun an deigh sianntan,  
 Theid bhur dusgadh 'na iomhaighs',  
 'S bith sgiamhach gu leoir ;  
 As eugais peacaidh, no truaill'eachd,  
 Theid sibh suas ann a chomhl'ail.

'Nuair thig e ris bheir e 'shluagh leis,  
 Dhionnsuidh suaimhneas 'us gloir ;  
 A meud 's a luidh anns an uaigh dhiu',  
 'S an dream a choidil 'sa chuan diu',  
 Bheir e o'n deas 'us o'n tuath iad,  
 'S theid iad suas air na neoil ;  
 'N sin slan le truaill'eachd, 's mi-naomhachd,  
 'N sin slan le saoghals, nan deoir.

'Nuair a shuidheas an Ti ud,  
 Air a Righ-chaithair mhor,  
 'S thig gach creutair 'na fhiannuis,  
 A dh'fhaighail reir 's mar bha 'n gniomh'ra,  
 Thig talamh 's neamh a thoirt fianuis,  
 Gur ceart a riaghlas e'n slogh ;  
 'N uair ni e 'n t-aingidh a dhiteadh,  
 'Sa bheir e'm firean chum gloir.

'N sin gheibh na firinnich fabhar,  
 Ann an lathair an t-sluaigh ;  
 'Nuair their iads', so Slaauigh-fhear  
 'N sin, cha dean eis aon diubhs' aicheadh  
 Their e riu, sibhs, mo bhrath'rean,  
 Sibhs' mo cairdean, 's mo shluagh :  
 Siubhlaidh dhionnsuidh na h-oighreachd,  
 Ann am bheil aoibhneas bhi-buan.

An sin bitidh iads' air an tearnadh,  
 O gach bas, 'us o'n uaigh ;  
 Siubhlaidh iad le luath-ghair,  
 'S iad neo thruaillidh, 's neo-bhasmhor,  
 Theid iad gu luath dhionnsuidh 'n arois,  
 Ann a beil lathaireachd an UAIN :  
 'S bitidh iad a' seinn an sgeul aoibhinn,  
 A shaor na braighdean o'n truaigh.

### ORAN GAOIL.

TOGAIBH , naoimhaidh, luath-ghaire,  
 Deanaibh gairdeachas ur ;  
 Fa'n fhuaire sibh bhi'n fabhar,  
 Ri Ard-Righ nan duil ;  
 Fa'n shaor e o'n bhas sibh,  
 'S o'n traileachd bu mho ;  
 'S gu'n d'rinn e sgiamhach le shlaint sibh,  
 Thugaibh dhasan an cliu.

Na'm b'e gu'm b' urrainn mi cainnt air,  
 Thug e gradh dhuibh bha mor ;  
 Chaith e seachad air Ainglibh,  
 Nuair a chaill iad an gloir ;  
 'S ghabh e greim dc' shiol Abr'aim,  
 Chum 's gu'n tearnt iad leis beo ;  
 'S rinn e sgiamhach le shlaint iad,  
 Fa'n bha ghradh dhoibh co mor.

So an gradh tha gun samhladh,  
 'S nach do rannsaich neach riamh ;  
 Cha b'e cairdean, ach naimhdean,  
 Ann an cainnt 's ann an gniomh ;  
 Cha b'e dre sm a bha araidh  
 Ach na traillean nach b'fhiach ;  
 A rinn e sgiamhach le shlainte,  
 Fa'n bha ghras dhoibh co fial.

Ma's neach thu th'air do naomh'chadh,  
 Faic ghaol tha gun cheann ;  
 'Nuair chaidh fhoilseach 'san t-saoghails',  
 'S t-Fhear-saoraidh a bh'ann ;  
 Mu'n d'fheud e do thearnadh,  
 Fhuair e 'm bas air a chra ;  
 'S fa'n rinn e sgiamhach le shlaint thu,  
 Thoir do ghradh dha 's gach am.

Feuch gu'n lean thu a cheum'na,  
 Mar rinn Enoch 'us Poll ;  
 'S na h-uile h-aon a thug speis dha,  
 Cha b'ann dhoibh fein bha iad beo ;

Cha sgaradh beatha, no bas iad,  
 O Ard-Righ na gloir;  
 'S gu'n d'rinn e sgiamhach le shlaint iad,  
 Fa'n bha ghradh dhoibh co mor.

'S thuirt an te fhuair cinnt air,  
 'S a bha 'ga innseadh gu saor;  
 Sgapaibh ubhlan mu m' thimchioll,  
 Oir tha mi tinn, 's ann le gaol;  
 Tha mo chridhe air failiung,  
 Fa'n bha ghras dhomh co saor;  
 'S gu'n d'rinn e sgiamhach le shlaint mi—  
 Is e mo Shluauigh-fhear caomh.

'S e thuirt nigheana 'n t-saoghails',  
 Ma 's e gaol thug ort buaidh;  
 Innis dhuinne ciod an t-aobhar,  
 Ma'm bheil do ghaol dha co buan;  
 Chunnaic sinn e 'san fhasaich,  
 'S e bu taireal de'n t-sluagh;  
 Cha robh sgiamh ann, no ailteachd,  
 'S ghabh e tamh anns an uaigh.

O ! nigheana gaolach,  
 'S ann na aoduine bha ghloir;  
 'S e dh'fhag sibhse gun speis da,  
 Nach bu leir dhuibh fo n' chleoc;  
 'N uair ghabh e 'nar naduir,  
 Thug sud sgail air a ghloir;  
 Ach chunnaic mis' e na b' sgiamhaich,  
 No ghrian troimh na neoil.

Chunnaic sibhs' e gu taireal,  
 'S e dol gu tamh anns an Uaigh ;  
 Ach chunnaic mis' e ag eiridh,  
 'S ann aig' fein bha bhuaidh ;  
 Chunnait mis, e gu gloirmhor,  
 Air na neoil a dol suas ;  
 'S ann air deas-laimh na morachd,  
 A tha e chomhnuidh gu buan.

'S maisich e na clann-daoine,  
 Ann an naombachd gu mor ;  
 'S ann dha tha ainglean ag aoradh,  
 'S lion e 'n saoghal le ghloir ;  
 Fhuair mi beath' agus sithchaint,  
 Ann am firinn a bheoil ;  
 'S e mo ghradhsa RIGH SHION,  
 'S tha 'n t-slat rioghal no dhorn.

Mus an d'fhag e 'n tir so,  
 Bha e firinneach leam ;  
 'S shuair mi chombhairlean dilis,  
 'S iomadh ni thuirt e rium ;  
 Fhuair mi gheallana priseal,  
 Na'm bithinn dileas gach am ;  
 'S tha mo dhochas sa fhirinn,  
 Is e mo Righ e 's mo cheann.

Thuirt e rium, tha thu 'n saoghail,  
 A bhitheas ri caochladh gach uair ;  
 Feuch nach meall iad do ghaoil uam,  
 'S mis' a shaor thu o'n truaigh ;

'S mis' a cheannuich o'n bhas thu,  
 'S daor a phaigh mi do luach ;  
 'S ma bheir thu umhlachd 'us gradh dhomb,  
 Sud amhain na bheil uam.

Ge do tha mi ga d'fhagail,  
 Anns an fhasach air chuairt ;  
 Tha mi 'g ullachadh ait dhuit,  
 Ann an aros tha shuas ;  
 'S ge d' robh trioblaidean craiteach,  
 'Ga do sharach' car uair,  
 Le ainglibh mo latharachds',  
 Bheir mi tearuinnt' thu suas.

Tha mi 'g innse sud trath dhuit,  
 'S ann is fearr bheir thu buaidh,  
 Gu'm bheil feirg air an *Dragon*,  
 Fa'n ghradhaich thu'n t-UAN ;  
 'S gheibh thu diumb' o do chairdibh,  
 Ach gheibh thu gairdeachas uams' ;  
 'S biths'-s' ri caithris 'us urnuigb,  
 Gus an turling mi 'nuas.

O Shlanuigh-fhear Ghrasmhor !  
 'S tu 's fearr dhomh tha beo ;  
 'S an uair a chuimhnear mi t-fhabhar,  
 Tha m' aobhair gairdeachais mor ;  
 'S cha 'n e idir bhi taireal,  
 Air do sgaths' rinn mo leon ;  
 Ach 's e mo ghiulan mi-rianail,  
 Is tric a mheudaich mo bhrön.

'Se mo pheaca 's m' eas-umhlachd,  
 A dh'fhag briute mi chaoideh ;  
 'S gur ann 'leighis mo chreuchdan,  
 A cheus iad mo Righ ;  
 Chaidh t-fhuil phriseal a 'thaomadh  
 Air son gach aon de' do naoimh ;  
 'S e sud an gaol rinn mo chiuradh,  
 'Us rinn do shuilean mo chlaoideh.

Ach fa'n dh'fheuch thu do gradh dhom,  
 Na fagsa mi a chaoideh ;  
 Gus am faic mi 'na d' ghloir thu,  
 'S cba bhi bron ann, na caoidh ;  
 'S an uair a thig an la' mor sin,  
 'Us saors, ghloirmhor do naoimh,  
 Bithidh mis' a deasach' mo loehran,  
 Gu dol an comdhail mo RIGH.

## TRUAIGH SHIIRRUIDH.

'STRIC a smuainich mi chairdean,  
 Na'n rachadh agam oir dan chuir sios,  
 Gur anu air uamhas an Ard Righ,  
 Agus saibhreas a ghras th'ann an Criosd ;  
 Dh'fheuch an duisgeadh e aireamh,  
 Dhe'n dream tha'n codal aig Satan 'na lin ;  
 Tha 'g eigheach sith agus tearr'nteachd,  
 'S iad an cunuart gach la dhol an di.

Ach tha mi faicinn mu thrath dheth,  
 Mur d'thig cumhachd o'n aird oirn' a nuas ;  
 Gu'm fuirich iad mar tha iad,  
 'S nach bi h-aon diu gu brath air an gluas'd,  
 'Nuair tha neart agus slaint' ac',  
 Cha' n eil cuimhn' ac' air bas, no air truaigh ;  
 'S 'nuair tha na nithibhs' 'ga 'm fagail,  
 'S ann tha'n eridhe do ghnath dol ni's cruidh.

O; dhuinne gun eolas,  
 Tha cuir cul ri Iehobhah, 's ri' reachd ;  
 'N anns an t-saoghal no'n storais'  
 No'n ann aidheir na h-oig' tha do thlachd ;  
 Ma's ann, tha t-inntinnse feolmhor,  
 'S tha thu fathasd an domblas do pheac' ;  
 'S ma thig am bas air an doighs' ort,  
 'S eigin duits' a bhi 'n doruinn gu beeched.

No'n e coslas na diadhachd,  
 Air 'n d' shocraich thu t-iartas gu leir ;  
 A' feuchainn sgail ann am briathraig,  
 'S gun a cumhachd bhi riamh ort de reir ;  
 Mur d'rinn eolas na firinn,  
 Do thoirt a dhionnsuidh fuil phriseal mhic Dhe,  
 Co fhad' 's is leir dhomh am Biobul,  
 'S ann tha do thaisee ri t-fhirinnteachd fein.

'S ma ghoidcas am bas ort,  
 Bheir e sios thu do'n ait' 'sam bheil caoidh ;  
 'S co dhinnis do charamh,  
 Far nach d'thig furtachd gu brath ort, no faoidh ;

Mur d'fhuir thu gairdean co laidir,  
 'S nach dean cumhachd an Ard Righ do chlaoidh ;  
 'S coir thu it smuaineach' na thrath air,  
 'S aobhar uamhas am bas do na daoí.

Smuanich thus' air an truaigh,  
 Tha feitheamh air an t-sluagh tha dol sios,  
 A dhionnsuidh 'n doruinn bhith-bhuan sin,  
 'S doibh tuillidh cha dual tighinn a nios ;  
 Na'm b'e gu'n tuigeadh tu 'n caramh,  
 Thoir leam gun'n eigheadh tu os aird, gun bhi sgith ;  
 Aig radh, fheara, 's a bhraithre,  
 Ciod an doigh air an sabbalar mi ?

Na'm b'e 's gu'n tuigeadh tu trian—  
 Dhe n' tha ri fhulang de phian, 'us de bhrón,  
 Anns an t-slochd tha gun iochdair,  
 Fo chorruich an Dia sin tha mor ;  
 Cumaidh cumhachd neo-chriochnach,  
 Anns na lasraichaibh dian sin thu beo ;  
 Ge d' robb deattach am piantan,  
 'G eiridh suas ann gu siorruidh mar cheo.

Dhionnsuidh an dorchadas shiorruidhs',  
 Cha d'thig solus no grian ann gu brath ;  
 'S cha 'n eil solas ri iarrайдh,  
 Ach guil 'us giasgan air fiaclaibh do ghnath ;  
 Cha bhi aidhir, no ceol ann,  
 'S cha bhi h-aon ann bheir solas do chach ;  
 'S cha bhi duil ann ri trocair,  
 Ach guil, 'us caoidh, agus bron feadh gach al.

Is searbh an deoch tha ri h-ol,  
 Aig an dream a bhasaich gun colas air Dia ;  
 Cuan feirg tha gun trocair,  
 Teine, pronnase, 's stoirm mhor dhiu gun dion ;  
 'Nuair thig na nithe sin comhlath,  
 Bhios na'n tonnana beo feadh gach ial ;  
 Gheibh iad sud mar am *portion*—  
 Lan cup dheth 's gur leoir dhoibh a mhead.

Ge bochd an gearan, 's ge truagh e,  
 Anns a chuan sin nach fuarich ni's mo,  
 Righ nan duil cha ghabh truas dhiubh ;  
 'S e sud gheall E mar dhunis dhoibh o thus ;  
 Thuit luchd nan eridheachan uabhrach,  
 Co an Dia bheir a nuas sinn do'n uir ?  
 An Ti th'air neamh bheir e buaidh orr,  
 'Si ni e 'n ioman, 's am fuadach o ghnuis.

Ma 's iad briathra na firinn,  
 A tha mi nis air cuir sios ann mo dhan ;  
 'S ann tha druigheachd da riridh,  
 Air neach nach seall ann an tiom air son slaint' ;  
 Tha na laithean ro phriseal,  
 Ag caithidh seachad, bheir sios iad gun dail ;  
 'Us chi iads' aig' a chriche,  
 Gu'm bi chuis mar tha'm Biobul ag radh.

Ach a nis, gu co-dhunadh,  
 Bheiream comhairle durachd 's le gradh,  
 Do'n dream tha suireach gun churam,  
 Anns an t-slighe do'n duchas am bas ;

Iad a philltinn gu dluth aist',  
 Dhionnsuidh Ios', o n' se Ughdar na slaint';  
 'S Eis a dh'ol anns chupan,  
 Meud an doruinn nach giulanadh each.

'S an dream a chuireas an duil ann,  
 Agus aig a bheil suil ris chuan slaint';  
 Rinn e'm peacadh a ghuinlan,  
 'S thug e dioladh le umhlachd chum bais,  
 'S air a mbeud 's da'n d'thig dlu dha,  
 Cha chuir e uaithe iad, 's cha dhinnt iad le tair;  
 'S ann 'ni e 'n saoradh o'n doruinn,  
 'S bitidh gach aon diu toir gloir dha gu brath.

## STAID NADUIR.

'S e dhinnis Dia na firinn duinn,  
 Mur beirt' a ris an sluagh,  
 Nach fheud iad dol d'a rioghachdsan,  
 'S tha sud na firinn bhuan;  
 Mur bi iad air an naomhachadh,  
 Cha'n fheud iad a dhol suas,  
 A dh'ionnsuidh an arois sholasaitch,  
 Anns am bheil gloir an UAIN.

'S ma tha mi cuir mo sheula ris,  
 Gur eigin da bhi fior,

'S coir dhomh an coir a leughadh dhaibh,  
 O fhocal De 'ta sgriobht',  
 'Us ge d' dbiult' iad eisdeachd ris,  
 No geill thoirt do'n Righ,  
 Gu cinnteach 's comhar' bronach e,  
 Mur doirt mi mach mo chridh.

'Se chuimhnich ban-righinn Ester dhom,  
 Aon dleasdanas bha fior.  
 Cha'n fheudadh i bhi suaimhneach,  
 'Us an sluagh bhi dol an di ;  
 'S le trosg 's le urnuigh bhuidhaich i,  
 'Us fhuair i run a cridh ;  
 'S cha do sguir i dh'iarraidh fabhar—  
 Gus an d'fhuair iad fainn an Righ.

O ! ma ta, dean trocair oirn',  
 Oir 's bronach coir' nar tir,  
 Tha'n sluagh a dhiobhal eolas—  
 Air Iehobhah, tha na Righ ;  
 'S tha blath na h-inntinn fheolmhor,  
 'G inns' an stoir th'ann an sa chridh',  
 Deth thrachuis air a mhорachdsan,  
 Ge bronach bhi 'ga. inns'.

Tha breugan 'us cul-chaineadh ann,  
 'Us mionnan laidir, mor,  
 'S tha morchuis agus ardan ann,  
 'Us grainealachd gu leoir ;  
 'S tha fanoid air luchd crabhaidh ann—  
 Air teachd gu airde mhор,

'S mhi naoimhaich iad mo shaibaidean,  
O Righ is airde gloir !

Ach sud an ni tha nadurach,  
Do'n aireamh tha mi luaidh,  
Thuit iad aqn an Adhamh,  
'Us tha'm bas air faotuin buaidh ;  
'S cha leum iad thair a garadh ud,  
Rinn Satan chuir mu'n cuairt,  
Mur brist thu le do ghrasaibh air,  
'S O ! thig gun dail a nuas.

O ! cuimhnich, ann do thruacantachd,  
Gu'm bheil an sluagh gun treoir,  
'S iad marbh am peac', 's an euceartaibh,  
Gu leir o lathibh 'n oig' ;  
'S mur gairm thu iad gu h-eifeadach,  
Cha'n eirich iad ni's mo ;  
'S mur cuir thu sein gu gluasd iad,  
Cha dual doibh a thiginn beo.

O ! seall a nuas gu grad oirne,  
Tha sluagh na'n codal trom,  
'S aig bruadair iad bhi ailleasach,  
Air aite sleamhainn, lom ;  
Air bruach a'chuain a bhathas iad,  
Ma dh'fhaillnicheas am bonn,  
'S mur saor thu, Righ nan duil iad,  
Bithidh an dusgadh 'measg nan tonn.

Ach 's caoraich chailte air seochran iad,  
Mar neachbhiodh ann an ceo,

'S fiadh-bheathean na macharach,  
 Gle ocrach air an toir ;  
 'S mur dean an t-Ard Bhuachaill sin,  
 An cuartach' do na chro ;  
 'S e 'm bas an ni is dualaich dhoibh,  
 'S iad a smuanach a bhi beo.

Is mic struidheal da riridh iad,  
 A rinn an ditheach' fein,  
 'S a chaith a' maoin le striopachas,  
 'Us iad air dhiobhail ceill' ;  
 Ach, O ! cuir Thus' gu rannsach' iad,  
 Mu'n ruig iad ceann an reis,  
 'Us o gach seach'ran ceannsaich iad,  
 Gu bhi na'n clann dhuit fein.

Ach 's cnamhan tioram, fann iad,  
 Tha na'n luidh 'n gleann nan deoir,  
 'S an uair bhios neach aig sealtruinn riu,  
 Cha gheall iad a thighinn beo,  
 Ach ma thig an fhaidhdaireachd,  
 Le gras an spioraid bheo,  
 Bithidh farum measg nan cnamhan sin,  
 Thighinn blath le fuil a' feoil,

'S e clann na feirg fo'n diteadh,  
 Their an fhirinn riu gu dearbh ;  
 Tha mallachdan a Bhiobuil oirbh,  
 'S iad sgriobht' le bagradh gharbh,  
 'S i sud an staid tha doruinneach,  
 Bhi malluicht' beo 'us marbh,

'S mur saor Thu' Righ o'n diteadh iad,  
Gu cinnt' bithidh chrich dhoibh searbh.

Ach eis mar dhiarraim trocair dhoibh !  
Mur leoир na chuir mi sios,  
Is naimhdean da do ghloirs' iad,  
Tha cuir t-orduigh'n neo-bhrigh ;  
Cha'n eil an cridh' an toir ort,  
'G iarraidh eolas air do shligh,  
'S mar Shagairt dhoibh cha'n aill leo Thu  
Bhi t-Fhaidh, no do Righ.

Ach so an t-aobhar gairdeachas,  
Gur h-aon ro-ghrasmhор thu,  
'Ni trocair 'nuair 's aill leat—  
Air an aireamh th'ann do run ;  
'S cha leir dhomh h-aon co graineal,  
Nach fhaod gras an tarruing dluth,  
'S bheir eolas air an t-Slanuigh-fhear,  
Dhoibh beath', slaint', 'us iul.

Tha farsaingeachd 'us eifeachd,  
Anns an eiric chaidh thoirt suas,  
A dh'fhosgail dorus reidh—  
Do gach creutair a ta gluas'd ;  
Ge d' bhithheadh iad co aingidh,  
Ris na h-ainglean thuit gu truagh,  
Ma tha naduir dhaoin' aca,  
Tha saors' am ful an UAIN.

Tha ful na h-lobairt reitich sin,  
Aig eigheachd air son sith,

Do gach aon a dh'eisdeas ris,  
 'Sa gheilleas dha mar Righ ;  
 Ge d' bhiodh mile saoghal ann,  
 Cha d'theid a ba-on diu 'n di,  
 Ma bhios iad air am faotuin—  
 Air an aonachadh ri Criod

O ! ma 'ta, gabbh truas dhinn,  
 'S thoir thus' an s'uagh gu geill,  
 'Us ionnlaid ann 'sa chuan sin iad,  
 O'n truailleachdaibh gu leir ;  
 'S bitidh mheud 'sa rinn thu trocair orr',  
 Na h-oran nuadh na'm beul,  
 'S bitidh iad na'n cruitheachd ur dhuit,  
 Bhitheas a' seinn do chliu gach re.

### ORON DO'N T-SAOGHAL.

'SIONGANTACH thu Shaoghal,  
 'S neo-chaochail do ghntis,  
 'S maирg a bheireadh gaol duit,  
 Is caochlaideach thu ;  
 Mheall thu clann 'nab daoine  
 Na'n saothair 'us na'n duil,  
 'S tric a gheall thu solas,  
 Nuair 's bron bh'ann do run.

Mheall thu iad le storas,  
 Is morthuis is cliu,  
 Is anamhiann na feola,  
 An oigridh co dhiu ;  
 'S an dream a fhuair gu leoir dhiot.  
 'S a dh'ol ass'd gu d' chul,  
 Cha do mheudaich thu'n solas,  
 Co mor 'sa bha'n duil.

Ach sgaoil thu do thoilinntinn,  
 Gu m'inntinn a ghlua's;d ;  
 'S mis' a dh'fhaodadh inns',  
 Gu'm bhéil t-innleachdan buan  
 Gheall thu toilinntinn domh,  
 Miltean de dh'uair ;  
 Ach mheall thu gu mor mi,  
 'Us solas cha dh'fhuair

Mur bhi gu'n d'fhuair thu coir orm,  
 O m'oige a nuas,  
 Dh'fhaodainnse bhi eolach.  
 Air solasan buan :  
 Bha'm fior uisge beo,  
 Tighinn le solais mu'n cuairt ;  
 Ach 's beag a fhuair mi ol,  
 Le do dhochas an truagh.

'S fad a rinn thu Shaoghal,  
 Mo shlaodadh mu'n cuairt,  
 Mo chumail o'n Fhear-shaoraidh,  
 'S ghaol fholach uam ;

Na'm faighinnsa de'n ghaol sín,  
 Na shaoradh mi uat,  
 Bhiodh m'inntinn tighinn beo,  
 Air a ghloir sin ta shuas.

Bhiodh m'inntinn 's mo mhian,  
 Air an Dia sin tha beo,  
 'S an oighreachd tha siorruidh,  
 'S a ghrian a tha gun neoil ;  
 'S an tobair o'n d'thig slainte,  
 'Us gairdeachas mor ;  
 'S a ghairdean cha'n fhailing,  
 'S e Ard Righ na gloir.

Na faighinns' tuilleadh fabhair,  
 'Us gras bheireadh buaidh,  
 Bhiodh m'inntinn a thamh,  
 Anns an aros tha shuas ;  
 Ge d' bhithinn anns an fheoil,  
 Bhiodh mo dochas gu buan,  
 Ri aon latha mor,  
 Anns nach comhlaich mi truaigh.

Na'm faighinn tuilleadh naomachd,  
 'Us saorsa o'n UAN,  
 'Us tuilleadh de na ghaol sín,  
 A shaor mi o'n trnaigh ;  
 Thaisginn mo chuid or,  
 'San tigh-stoir sin tha shuas,  
 Far nach goid na meirlich,  
 'S nach enamh e le ruaidh.

Ach tha mi'n duil nach fag thu mi,  
 Ard Righ nan sluagh,  
 Gu'm mothach mi do laithaireachd,  
 'San gras thig a nuas ;  
 Cha mhor a ni m' shaothair,  
 Thig daors' orm 'us gruaim,  
 Mur bi mi air an t-saoghal,  
 A'sior fhaotainn buaidh.

Air sgath 'n ti chaidh cheusadh,  
 Thoir fein domh a bhuaidh ;  
 Ma shaor thu o'n Eiphit,  
 'S-ma reub thu Mbuir Ruadh,  
 Na fag mi 'san fhasaich,  
 Mu'm basaich mi truagh,  
 Ach treorach air laimh mi,  
 Gu tir Chanaain shuas.

Biodh t-fhocal dhom mar lochran,  
 'Gu mo sheoladh 's gach am,  
 'S dean leis a phillar neoil sin,  
 Mo threorach' gu cheann :  
 Bith' uisgeachan beo,  
 Ga m' chomhlach' 's gach gleann,  
 'S bith' mana mar lon dhomh,  
 'S thig solas nach gann.

Ach feuch 's mis' an creutair,  
 Tha'm feum bhi fo dhion,  
 Cha'n ionnan mi 's Iacob,  
 A dh'fheuch bhi co dian ;

Ghleachd e cho laidir,  
 'S gu'n sharaich e shlias'd,  
 'S gu briseadh na faire,  
 Cha d'fhailing e riamh.

Cha d'fheuch mi mo chruadal,  
 Ni's buaidhich na each,  
 Ach 's tus' an t-Ard Bhuachail,  
 'Bheir buaidh anns gach cas ;  
 S or mi o thruaill'eachd,  
 'So bhuairean gach la,  
 'Us saor mi 'san uair,  
 'San d'thig uamhas a bhais.

'Nuair bhios mo chridh' 'gam fhagail,  
 'S mo chairdean dol uam,  
 Air sgath fuil a chumhnaint,  
 'Us umhlachd an UAIN,  
 Bith' Aingle do chuit',  
 Ga mo stiureadh dol suas,  
 Gus am fosgail mo shuile,  
 'San Ierusalem nuadh.

### GAIRDEACHAS AN FHIREAN.

'S ANN a smuainich mi iomadh uair air,  
 Gur bochd an sluagh sud 'tha gun ghras,  
 Gun fhois gun suaimhneas, 's an phasaich thruagh so,  
 'Us iad dol 's an uaigh air na h-uile laimh ;

Tha  
 Uair  
 'S a  
 Tha

Bha  
 A th  
 Chai  
 'S n  
 'S a  
 A ch  
 Aig a  
 Air a

O 's :  
 Air m  
 Cha r  
 Ach c  
 Bu b  
 'S na  
 Tha'n  
 A sei

O a b  
 Anns  
 Togail  
 Tha c  
 'S an  
 Le cri  
 Tha es  
 Aig ul

Tha iad a' smuaineach gu'm faigh iad suaimhneas,  
 Uair no uair mu'n d'thig am bas :  
 'S an uair bhios iad saoilsinn bhi faotainn buaidh air  
 Tha righ nau uamhas ga'n cuir 'nan tamh.

Bha mis' co gorach, 's gu'n shaoil leam moran,  
 A thoirt o'n t-seol ud gu solas Dhe ;  
 Chaith mi mo shaothair air fior naimhdean,  
 'S 'nuair theirig cainnt orm cha d'thug iad geill :  
 'S a nis 's ann thoisicheas mi air oran,  
 A chuir an ordugh gu ceol d'an treud,  
 Aig am bheil solas tha sruth o eolas,  
 Air an fhuil chaidh dhoirt' air a chrann-cheus.

O 's ann tha'n solas aig dream fhuair eolas,  
 Air neach co gloirmhor ri aon Mhac Dhe !  
 Cha nithe feolmhior ri'm bheil an dochas,  
 Ach crun gloir ann an rioghachd neimh :  
 Bu bhochd an storas leo gleann nan deoir so,  
 'S na bheil de' dh'or anns a chruinne-che ;  
 Tha'n cridhe deonach bhi thall thar Iordan,  
 A seinn an orain d'an d'thug iad speis,

O a bhrathraibh nach dean sibh gaird'chas !  
 Anns gach sarach' thig oirbh fo'n ghrein ;  
 Togaibh Hasannah do'n Ti a bhasaich ;  
 Tha chliu air ardach oscionn nan neamh,  
 'S an uair a chuimhnicheas sibh air fhabhair,  
 Le cridhe blath thugaibh dhasan geill ;  
 Tha es' am Pharas mar fhior bhrathair,  
 Aig ullach' ait' dhuibh 'na rioghachd fein.

'S fiosrach mi gu'n d' thig iomadh deuchainn,  
 Nach cord' ri feinealeachid, suil is feoil,  
 Ach chunnaic Iosa gu'n robh sud feumail ;  
 Feuch gu'n leugh sibh mu thimchioll Iob,  
 'S mu thimchioll mhiltean de'n dream thug speis dha,  
 'S gach ear a dh'eirich do'n Abstoil Phol ;  
 'S cha dubhaint e riamh nach robh amhghair eutrom,  
 'Nuair sheall e fein air a chuidthrom gloir.

B'e 'n t-aobhair gaird'chais a' bh'aig na faidhean,  
 Gu'n robh neach araidh gu tighinn 'san fheoil,  
 A bhiodh 'n Shlannughfhear, 'sa bhruthadh satan,  
 A dh'fhuil'geadh bas, 's a bhcireadh aireamh beo ;  
 'S e sud thug gairdeachas mor do dh'Abraham,  
 Iomadh la mu'n d'fhang Iosa gloir ;  
 'Us dh'innis Daibhidh, nach rachadh fhagail,  
 Fo chumhachd bais, 'us b'e sud a cheol.

'San dream fhuair eolas air 'san fhasach,  
 Thug e gairdeachas dhoibh gu leoir ;  
 'Se thuirt a mhathair 'sa eridhe lan deth,  
 "Tha manam 'g ard mholadh t-ainm ro mhor ;  
 'S ge d' bha chairdean a call an gaird'chais,  
 Oir 'nuair bhasaich e rinn iad bron,  
 Ach 'nuair a dh'eirich e, rinn iad aoibhneas,  
 'Us rinn iad sgeul air gu'n robh e beo.

Rinn iad aoibhneas air son gu'm b'fhiu' iad,  
 Bhi air an sgiursadh 's ann air a sgath ;  
 'S gu'n d'thug e cliu dhoibh 'gú ainm a ghiulan,  
 Air feadh nan duchan 's nach eual iad slaint' ;

'S a 'measg nan Iudhach a bha cuir cul ris,  
 'S tric chaidh 'n sgiursadh, 'san cuir gu bas ;  
 Ach thug iadsan umhlachd do Righ nan Duil,  
 'Us bha aoibhneas ur ac' na h-uile la.

'Sa nis a chairde, ma thug sibh grath dha,  
 Deanaibh gairdeachas feadh gach re ;  
 Feuchainbh do'n t-saoghal gu'n d'thug sibh gaol,  
 Do n' chuing tha aotrom 'sna h-uile ceum ;  
 Cha'n ann le faoinealachd spiorad aotrom,  
 Mar bhios na dacine air bheagan ceilidh ;  
 Ach le fior sholas 'a sruth o eolas,  
 Air buaidhean gloirmhor bhur n' Athair neimh.

'S e clann Shion a chuideachd rioghail,  
 Aig am bheil sith ris an Ti a's aird ;  
 'S e Righ nan Righribh, Fear-saoraidd Israel,  
 Is e nach dibir a shluagh gu brath ;  
 Thug e gairdeachas dhoibh 'san fhiriunn,  
 'S rinn e'm firinneach' le a ghras,  
 'S bheir e tearuint' iad as gach trioblaid,  
 'S bithidh e na dhidean dhoibh aig a bhas.

Cha chum am bas iad, 's cha chum an uaigh iad,  
 Thug esan buaidh air na gaisgich threun ;  
 Is amhluidh shaoras e fos a shluagh uatha,  
 Is bheir e suas iad gu rioghachd fein ;  
 Theidiad le buaidh-chair'm dh' ionnsuidhan t-suaimhneis,  
 'S am bheil an t-Uan sin dha'n d'thug iad speis ;  
 Tha mis' a' smuaineach gu'r sona n sluagh sin,  
 A lean an t-Uan ge b'e taobh a theid.

## AONACHD AN SPIORAD.

THA m'inntinn tric a smuaineach' air.  
 'Scha'n fheud mi a' chuir uam,  
 Gur teire a' measg chlann daoine iad,  
 Tha tabhairt gaol do'n Uan ;  
 A Righ na Gloir dean caochla' oirn',  
 'S a'd' naomhachd gabh dhinn truas,  
 Tha chuid a's mo do'n t-saoghal so,  
 Mar chaoraich dol 'san uaigh.

'Se 'n teisteas bheir an shirinn dhuinn,  
 'Sa chi sinn anns gach ait',  
 Gur teire an aireamh dhilis sin,  
 Chaidh shirinneachadh le gras ;  
 Tha iad gun Dia, gan dochas,  
 Deanamh cordadh ris a bhlas ;  
 'San t-sligte leathánn, dhorninneach,  
 Sa'm faigh an fheoil na's aill.

'S e'n t-earail thug an Slanuighear,  
 D'a chairdean, 'us d'a chlann,  
 "Feuch nach dean sibh tarcais air  
 "An aireamh bheag a th'ann ;  
 "Sann air ann son a bhasaich mi,  
 "S iad m' ailleagan 's gach am,  
 'S bith' ainglibh neamh mar gheard orra.  
 Bheir tearuinte iad gu cheann,

'S e dh'fshag an dream ud aithnuichte,  
 'Us beannuichte thar chach,  
 Gu'n robh iad air an sonrachadh,  
 Ann 'cumhnanta nan gras ;  
 'S an Ti thug creideamh, 's dochas dhoibh,  
 'Us eolas air a shlaint',  
 Fhuair iad 'nis an reite, lei  
 An eiseachd bha 'na bhas.

Fhuair iad sealladh uamhasach,  
 Deth thruaighe chlann nan daoin',  
 Am peacadh gin, 's an truail eachd sin,  
 A bhuaadhach air gach aon ;  
 Ach 'nise cha'n eil diteadh dhoibh,  
 Chaidh 'm firinneacha gu saor,  
 'S ann tha iad 'g iarraidh firinnteachd,  
 O'n Ti 'ta uile-naomh.

Bha'n oibre fein neo-fhallan leo,  
 'S an aithreachas cha b'fhearr,  
 Fhuair iad mar luideag shalach e,  
 Nach fallaicheadh a' nair ;  
 Ach cliu do'n Uan, o'n 's airidh e,  
 'S cheannuich iad o'n' bhas,  
 'Sa nis' fo dhion na fola sin,  
 'S ann dh'fshairich iad bhi tear'nt'.

Thuig iad as eug'ais naombachadh,  
 Nach fheudadh neach bhi beo,  
 'S dh'aicheadh iad mi-dhiadh'achd,  
 'Us ana-miann na feol ;

'Us dh'urnuigh am Fear-saoraidh,  
 Air son gach aon de'n t-seors',  
 Gu'm faiceadh clann nan daone,  
 Gu'm bheil an aonachd mor.

Ach 's tric a ghabh mi curam dheth,  
 'Us chiur e mi-'s gach ceum,  
 Nach robh sinn tric ag urnuigh ris,  
 No durachdach d'a reir;  
 Air son roinneanan Reubin,  
 B'e 'n t-aobhair curam e;  
 Bhi faicinn cloinn a chumhnant,  
 Nach giulan̄ iad le cheil'.

Tha cuid diu lag, 's cuid laidir dhiu',  
 A' reir a' ghrais a' fhuaire,  
 'S tha cuid le'm buaidhean nadurra,  
 Na's failinngich 's gach uair;  
 'S tha cuid diu' ceangealt' ri gnathbaichean,  
 'S an deach' an arach' suas,  
 Tha suim do nithibh araidh ac',  
 'S nach urrainn cach bhi gluas'd

Ach ann 'sna nith' so cordidh iad,  
 Tha eolas ac' air slaint',  
 Tha creidimh, gradh, 'us dochas ac',  
 'Ga'n cumail beo tre ghras;  
 Tha naomhachd air a seoladh dhoibh,  
 'S tha 'n umhlachd mor gu bas  
 D'a thoil, mar fhuaire iad eolas air,  
 Ma ordugh, no mar aitha'.

Ach so an ni a dh'orduich e,  
 'Sa sheol e dhoibh bhi gluas'd,  
 Gu'm biodh iad caoimhneil, teo-chridbeach,  
 'Sa cumail beo nan uain ;  
 'S na nithibh air an d'rainig iad,  
 Bhi lamh air lamh dol suas,  
 'S gu 'm foillsicheadh an t-Ard Righ,  
 Gach pairt dheth thoil d'a shluagh.

Ach 's truagh an spiorad-pairtidh sin,  
 A fhuair san al tighinn beo,  
 Tha fuarach gradh nam braithrean sin,  
 Bu choir bhi'n cairdeas mor,  
 B'e sud toil-inntinn shatan,  
 A chairdean bhi 'sa cheo,  
 Mu thimchiotl co an aireamh,  
 Thug gradh do Righ na Gloir.

Is luath a thoisich beagan deth,  
 'S na deisciobluibh 's an Eoin,  
 Ach chronuich am Fear-saoraidh iad,  
 'S cha'n fheudadh sud bhi beo ;  
 'Sa's tric 'chaidh sud a leughadh dhoibh,  
 O bheul an Abstoil Phol,  
 "Gu'm biodh iad a' giulan caomhneil  
 "Le oighreahan na gloir."

Is e so a deir an fhirinn,  
 'S tha e sgriobht' an iomadh ait',  
 " Na tugaibh breith 's na ditidh iad,  
 "S na tilgidh sios le tair,

" Is na bacaibh dhoibh bhi dilis,  
 " Anns 'ni thug iad mar aithn' ;  
 " Ma's ann dheth 'n aireamh phriseal iad,  
 " A cheannuich Ios' le bhas."

Cha bhiadh 'us deoch an riogachd sin,  
 Dhe'm bheil nan naoimh an traths',  
 Ach firinnteachd, agus naomhachd,  
 'S an gaol sin nach d'theid bas  
 Sith, agus aonachd,  
 'Se bheir air daoine fas,  
 Is fearr sud na eolas,  
 'Us gibhtean mor gun ghras.

Is peacadh dhoibh ma gheilleas iad,  
 Do neach fo n' ghrein 'sa chas ;  
 'S ma shiubhlais iad 'sna ceum'naibh sin,  
 Nach tuig iad sein mar aithn'  
 'S e Iosa neach chaidh cheusadh,  
 'S bidh feum air aig a bhas ;  
 'S e buachaile na treud e,  
 'Us geillidh iad dha's.

'S tha 'n earail air a dunadh dhuinn,  
 Le ughdaras ro mhor,  
 'Us tha e tric ag innseadh dhuinn,  
 Cho chinnt' 'sa tha e beo,  
 Gu an tionall e na fhianuis,  
 Gach neach bha riamh sa'n fheoil ;  
 'S gu'm faigh gach neach d'a reir,  
 Mar thug e geill d'a ghloir.

A chlanna bheag 'sa chairdean,  
 Ma ghradhais sibh cheil',  
 Tha nithibh ann san al so,  
 'Ni gairdeachas air neamh ;  
 Ma bhithicas Ephraim 's Iudah,  
 'Nis dluthachadh ri cheil',  
 'S gu'n leum iad air guail'nean,  
 Nan uabreach gu leir.

'S iongantach am fabhair,  
 Fhuair an t-al so 'm bheil sinn fein,  
 Tha moran Sgoilaibh Sabaid,  
 'S gach ait 's iad deanamh feum  
 'S ann nis' tha sluagh an t-saoghail,  
 A sgaoladh focal Dhe,  
 'S iad dol 'ga eadar-theangachadh,  
 'S gach cainnt a tha fo n' ghrein.

Tha 'n soisgeul air a sgaoladh 'nis  
 Le daoine 'sam bheil fiamh,  
 Do pheacaich chruaidh, neo-aithreachail,  
 Tabhairt faireach dhoibh mu'n gniomh ;  
 'S an dream tha caillt', 's folamh dhiu',  
 'Ga'n toir gu baile dion ;  
 Dol thuige 's uaith', tha moran,  
 'S tha eolas dol a' meud.

Ach 's truagh gu'm faigh sinn pairt,  
 Bhios co ard na'm barail fein,  
 Nach creid' gu'n d'thig' o Nasaret,  
 Ni maith, ach faidhean breig :—

'S cuid eile dheth 'm bheil dochas ac',  
 Gu'n d'fhuair iad eolas De,  
 'S nach aidlich gu'm bheil coir aca,  
 Air bord a' Maighstir fein.

O'n tha mi gu co-dhunadh,  
 'Nis tha mi'n duil tre ghras,  
 Gu'm bi mis' an sith-chainnt riu,  
 Ge b'e ni a ni each ;  
 Ma's urrain dhomh bhi'n dochas,  
 Gu'n comhlaich sinn 'n lath'r,  
 'S gu sealbhaich sinn an gloir sin,  
 Air nach d'thig bron gu brath.

'S e gradh agus giulan leo,  
 'Us umhlachd thoirt na'n lath'r,  
 'Se sud a's mo a dhruigheas orr'  
 Na bhi ga'n dunadh 'n ard ;  
 Mar sud tha'n t-Ard Bhuachaille,  
 Ga'n cuartachadh le 'lamh,  
 'S tha truas ann a chom,  
 Ris an dream tha trom le al.

'Nis tha mi'n duil nach tionndaidh sibh,  
 A chainnt so gu mi-sheum,—  
 Cu'n rannsuich sibh gu curamach,  
 'S gu'n urnuigh sibh d'a reir ;—  
 Gu'n iarr sibh thoil a sheoladh dhuibh,  
 'S gu'm fas sibh 'n eolas De,  
 'S gu'n deanadh Righ nar. dul,  
 'Nis n'ar dluthachadh ri cheil'.

'Nis tuigibh chlann nan daone,  
 An aonachd tha mi luaidh ;  
 Cha'n e daone 'n t-saoghal so,  
 'San dream thug gaol do'n Uan—  
 Oir 's eigin da phairtidh bhi  
 Gu brath a' measg an t-sluaigh,  
 Am feadh blios sluagh gun ghras ann,  
 'Us aireamh a thng buaidh.

Tha 'minntinnean cho deallnichte,  
 'S tha 'n talamh o na neamh,  
 Is coir do'n fhior luchd faire,  
 Bhi 'gan sgarachduin o cheil',  
 'S gu'n bhi tabhairt coir dhoibh,  
 Air ordraighean Mhic Dhe,  
 'Us iad gun Dia, gun dochas,  
 'S iad uile beo dhoibh fein.

O ! anam thruaigh gun ghuram, 'nis  
 Nach duisg thu 's teich gu luath,  
 Mu'n d'theid nan neamha dhunadh ort,  
 'S an sin bithidh chuis ro thruagh ;  
 Ge do bhith' tu an aonachd ris  
 'An dream thug gaol do'n Uan,—  
 Ni 'm bas na'r cuir o cheile,  
 Mar bi thu fein dheth shluagh !

Air sgath gach ni tha 'priseal, 'nis  
 Na dibir t-anam fein,  
 Creid 'san Tighearn' Iosa,  
 'S esa' 'm fineamh'n, 's tus' a gheug ;

'S ma shiubhas tu na "naomhachd,  
 'S gu'n toir thu gaol do'n treud,  
 Cha sgar beath' na bas sibh,  
 Gu brath o aon a cheil'.

### GLAODH NA MAIRTAIR AICH.

THA sluagh aig an Ard Righ, a ghradhaich e cinnt',  
 Ris an dubhairt e "u chairdean, a bhrathrean, 'sa  
 chloinn," [linn,  
 'S tha naimhdeas' aig each dhoibh, gu brath anns gach  
 'Schaidh moran chuir gu bas diu', 's am fagail gun chinne.

'S ge d'thug e deoch ri h-ol doibh, do dhoruinean searbh,  
 Lean iad anns gach ceum e, tre dheuchainean garbh;  
 'S tha aon ni 's aill leam, ge d' tha iad air falbh,  
 Gu'n cluinn iad an caramh th'air Gaeltachd na h-Alb'.

'Se 'n sealladh 'chunnaic Eoin diu' mo sholas 'san am,  
 Iad a bhi fo'n altair or, ann an solas nach gann,  
 Na h-anamana gloirmhoir, tha 'm bron-s' aig a cheann,  
 Ge d' chaidham fuil a dhoirteadh, 's am fagail leoint 'sa  
 ghleann.

'Se 'n dream bha deanamh tarcuis air Ard Righ na Ghoir  
 'A dh'fhuathich a chairdean, 'sa dh'fhag iad fo leon ;  
 Bha cumhachd aig an ailghios, 's bha 'n ardan co me...  
 'S nach suilingeadh iad do'n aireamb thug gradh dha bee.

'S ann thoisich on t-ardan so, 'n *Cain* bochd, truagh,  
 'Nuair smuanich e Abel a chuir gu bas co luath;  
 Tha Abel aig eigheach, "nis theid mi 'san uaigh,  
 Rinn *Cain* mo reubadh, 's tha e sein air an ruaig.

'S tha moran do na saidhean, ag radh ruinn o'n uaigh,  
 'S e Iesebel is Ahab, a ghearr as an sluagh,  
 Nach aoradh do Bhaal, 's d'a ghrainealachd thruagh;  
 'S ga d' chaidh Eliah fhagail, tha thamb ann san uaigh."

'S thoir leam gu'n cluinn cluinn mi moran fo leon 's iad  
 a guil,—

"S ann timchioll Ierusalem a bhruchd oirn' an tuil;  
 "Ruth sraidean Ierusalem dluth le 'ar ful [sguir.  
 "S ann aig a bhaile mhór sin, chaidh a dortadh gun

"Na'm faiceadh sibhse 'ar carámh, 'nuair bha iad gar  
 leon,

"Leis gach bas bu phianntich, 's iad dion air n'ar toir,  
 "Cha d'adhlaic' iad riamh sinn, le rian mar bu choir—

"S ann dh'fhag iad air gach sliabh sinn, mar bhiadh do  
 [na h-eoin.]

'S e so glaodh Isaiah, a'm faidh bha treun,—

"Se Ios' an Slanuighear, a bha mi cuir an' ceil,

"Is dh'fhoillsich mi'n fhirinn do Israel fein, [breig.]

"Sann shabh iad mo mhirean mi, 's ghabh iad didean

Thuit Ieremiah 'm faidh,— "do'n t-saoghail tha mi sgith,

"Sann aig braighdeanas Bhabilon, 'sharaich iad mi;—

"Rinn mi fianuis laidir air grainealachd na tir,—

"Is chuir mi'n geill an truaighe do'n uaislean 's do'n

Righ.

Ach 's ann a rinn iad tair an fhaidhdearachd gu leir,—  
“ Is thilg iad mi sa phriosan a b'isle bh'aca fein ;

“ ‘S an uair bheothaich iad an airdan, deanamh tair orm  
le 'm beul.

“ Chlach iad dh'ionnsuidh bhais mi, is lean iad faidhean [breig.

“ S tha Sechariah 'm faidh ag radh ruinn a ris,—

“ A measg sliochd Abraham chaidh mo chuir gu dith ;

“ ‘S ann eadar an teampul ‘s an altair bha mi,

“ ‘Nuair bhual iad gu bas mi, ‘s a thainig mo chrich.”

“ S tha eachdruidh tabh'rt sgeul duinn gu'n deigh cuid  
na chloinn,

Ri linn na Maccabeus, “‘s bochd a dh'eirich dhuinn ;

“ Air son gu'n d'rinn sinn aicheadh, a ni bha graineil  
leinn,

“ ‘S ann chuir iad gu bas sinn, a mhathair ‘sa chloinn.”

“ S e sud rinn sliochd Abraham ri 'n cuid faidhean fein,  
Rinn iad am fail a dhorteadh, ‘sa leonadh gu leir ;—

Ach an Ti ro ghormhor, a chumas coir ri threud,  
Thug esan fail ri ol dhoibh, ‘us doruinnean do reir.

“ Nuair dhuilt iad an olañuighear ‘sa bha iad aig an fhoisid,  
Thainig na Romanaich le ordugh McB Dhe,

Mharbh iad, is chiurr iad, na h-Iudhaich gu leir,

‘S loisg’ iad Ierusalem, na smuid auns na speur.

Bha miltean do'n t-sluagh sin, na'n cruachan 's iad  
marbh,

Na'n luidh air na sraidean, fo chosaibh chaich 's iad [balbh ;

‘S am fuigheal cbaidh fhagail diu', thair as air falbh,

Sgap e feadh nan duchan iad, le sgiursadh bha garbh.

Nuaир dh'fhoilsich Immanuel ann an naduir dhaoine,  
 Bha naoidheanibh Bhetlehem ag' eigheach le gaor;  
 "Dean trocair oiru Ard Righ is gradhaich sinn soar;  
 "S og chuir iud gu bas sinn' fo dha bhliadhna dh'aois."

Chualas caoidhu ann Ramah, tha Rachel ri bron,  
 Air son a cloinne ghaoil, oir cha d'fheud iad bhi beo;  
 Tha'n gaor ann cluasean, 's tha gruaidean fo dheoir,  
 'Us Herod ga'm bualadh, gun truas aig do'n oig.

[duth'eh,  
 "S tha Eoin Baiste an phasaich, toirt aithn' feadh na  
 "Deanaihb 'n t-slighe comhnard, tha Righ na Gloir dlu;  
 "S deanaibh am peac' a threigsinn, oir 's ann' theid  
 sibh mugh,  
 "Oir 's mise 'n teachdair araidh a thuinig roimh ghuais.

"Chomhair'lich mi Herod, is dheisd e rium gu ciuin,  
 "Ach air son Herodias, chuir e mi 'm priosan duinnt,  
 "S 'nuair rinn a chailin dannsa, 'sa mheall i e sa chuis,  
 "Fhuair i n'a b'annsa leath', mo cheann a chuir 'san uir.

"San uair chaidh Ios' a cheusadh, 'sa dheirich e le gloir,  
 Rinn a Mairtaireach Stephen, sgeul air gu leoir;  
 Le focal na firinn, 's le miorbhulean mor,  
 'S le faicinn an Righ, ann an Rioghachd na Gloir.

Ach b'eigin dha'n sgeul ud, a sheuladh le fhuil,  
 "Sann a chlaech iad Stephen, 's e 'g eigheach gun sguir',  
 "Thoir leat mi Righ na Gloire, 's tu fein mo dhoigh s  
 mo bbun"  
 'S thoir maitheanas le trocair, do'n dream tha doiradh  
 m' fhuil.

Goirid 'n deigh Stephen chaidh Seumas chuir 'san uaigh,  
 'S ann le claidheamh Herod, a reub iad e gun truas'  
 Tha'n Eoglais ag eigheach, "chaidh Senmas thoirt uainn,  
 "S tha Peadar ann sa phriosun, a Righ gabh dhinn truas.

Ach Pol, 'bha roimhe searbh dhoibh, tha searmonach'  
 gu dian, [trocair riamh;  
 "S e 'n t-iōngantas ro mhor," dei e, "gu'n d'fhuair mi  
 "Cho-eigнич mi moran, gu toibheum 'thoir do Ios'  
 "S an uair a chlach iad Stephen, bha mise fein 'sa  
 ghniomh.

"S iōngantach gu brath leam, an gras a' thug mi beo,  
 "S e Ios' o Nasaret 'san d'fhuair mi'n t-slainte mhor;  
 "S shearmonaich mi'n t-slainte sin 's gach ait' gu'n  
 ruig an Roimh, [mhor.  
 "S thug Nero, 'n sin, an ceann dhiom, le ainneart ro  
 "S e dubhram ri mo bhrathrean, a dh'fhag mi as mo  
 dheigh,  
 "Tha mise dol ga n'ar fagail, 'se 'n t-ait so ceann mo reis;  
 "Leanaibhs' ris an t-Slannighear 's cha'n fhag e sibh 's  
 cha treig,  
 "S ma's beatha, no ma's bas dhuibh, tha slainte dhuibh  
 air neamh."

Ach nis' chaidh Peadar fhagail, 'n deigh each thoirt uath,  
 'S e comhairlach' a chairdean, "a trairean bithidh  
 stuaim,  
 "Ge d'tha mi dol ga'r fagail, 'san fhasach so air chuairt;  
 "Cha'n fhad' gus an comhlaich, 'sam faic sinn gloir an  
 Uain.

" T

" S

" M

" S

" S

" S

" S

" S

" S

" S

" S

" S

" S

" A

" L

" Lan

" L

" Ga'n

" b

" S

" d

" Tha

" R

" S

" S

"Tha mis' a' tighinn gu aois, 's tha'n saoghal dhom  
 na chradh,  
 "Slan le luchd mo ghaoil, oir cha'n fheud mi tuile tamh ;  
 "Mar dh'fhoillsich am Fear-saoraidh dhomh, thug iad  
 mi 'n taobh nach b'ail,  
 "S cheus iad air a chrann mi, 's mo cheann ris an lar."

'S an fhianuis Antipas, chaidh innseadh le Eoin,  
 Cha b'e bu choir a dhibir, bu dilis e sa choir,  
 'S luchd aideachidh gun ghras, rinn a sharach' sa leon ;  
 Bha synagog aig satan diu', 'san Asia mhor.

'S tha eachdruichean firinneach, ag innseadh gu leoir,  
 'S a's cosmhuil mar thachair ri taisbeanadh Eoin ;  
 A Bhean 'bhi ann san phasach, 'san Dragon air a toir,  
 'Us shainhlaichean Babilon sin, ri Papa sa Roimh.

'Sann tha na naoimh ri'm faotuinn, nis sgaoilteach anns  
 gach ait',  
 A' measg luchd iodal-aoraidh, dhe'm bheil an saoghal  
 lan  
 'Lan dream rinn Criod a shaoradh, 'sa cheannach daor  
 le bhas,  
 Ga'n cosgradh ac' mar chaorich, gun aon neach'deanamh  
 baigh.

'S e their na naoi mh' n trath so, "a bhrathraibh  
 deanaibh bron ;  
 "Tha sinn a' measg na'n Paganaich, tha 'g aicheadh  
 Righ na Ghoir ;  
 "S ann 'their iad 'ar Dia-ne, 'ri iomhaidh leaghte do'n or  
 "S e an t-aoradh tha iad 'g iarraidh, bhi riachadh na feol

- " Ach Iosa ar Slanuighear, 'se dh'aithn e dhuinn bhi  
 naomh,  
 " Sc ha'n fheud sinn esan aicheadh, air son cairdeas an  
 t-saoghail ;  
 " S air son so rinn iad tair oirn', 's tha'm bas tighinn  
 oirn' gach taobh,  
 " S tha iad a nis ga'r bualadh, gun truas ri oig' na aois.  
 " Nach cluinn sibh 'nis a bhrathribh, gach bas a thug  
 iad oirn',  
 " Chuir iad an uaigh nan leomhan sinn, 's bu mhor ar  
 'n aobhar bron,  
 " Nuair bhiodh na leomhain a' beucaich, 's iad 'ga'r  
 reubadh beo,  
 " S ann bhiodh an sluagh gun cheill sin, le cheil e  
 deanamh spors'.  
 " Chaidh Pollicrap a ros dadh le teine mor 'sa ghleann ;  
 " Us Simon mac Cleophas, cheus iad e air crann ;  
 " Dh'fhag iad Iustin-martair bha'n Carthage gun cheann ;  
 " chaidh Ciprian 's Ignatus a chuir gu bas 'san ams'.  
 " So ministearean diadhaidh, 's bha cuid diu' liath le  
 aois ; [naomh]  
 " Bha' measg am brathream cliuteach, air son an giulan  
 " Chaidh iad trid abhainn Iordan, 's le misneach mhor  
 gach taobh,  
 " S tha sinn a nis a foghlum nach robh an dochas faon.  
 " S 'nuair a runaich clann nan daone, nach biodh aon  
 neach beo,  
 " A leanadh 'm Fear-saoraidh, 's iomadh aon chaidh leon ;

- " Thilg iad sinn gun aodach 'sna h-aithean-aoil , s iad beo,  
 " 'S chaidh luaidhe leaghte a thaomadh oirn ', 'sa sgnoladh  
 air ar feol.
- " Bhathiad euid 'sa chuan dhinn, 'measg fuaim nan toun-  
 aibh mor,  
 " 'S chaidh euid gu bas 'sa phriosun a dh'easbhuidh bidh  
 'us doigh ;  
 " Chaidh euid thoirt as a cheile, 'sa reubadh le na meor ;  
 " 'S chaidh moran dhinn a chlachadh, 's chaidh euid a  
 thachdadhl beo.
- " Thilg iad euid gun fhabhar dheth bharr nan creagan  
 mor, [spors] ;  
 " Us shlaod iad euid air shailean, air seadh gach sraid le  
 " Phrmoronn iad euid gun acarachd, 'sann eadar chlacha  
 " 'Us phain iad euid le eigin 'sa ghrate 'us iad 'gan rosd'.
- " Cha mhór gu'n creid an saoghal, gach bas a thaom iad  
 oirn ,  
 " Fad tri cheud bliadhna, bha'n Dragon riabh 'gar leon  
 " Dh'fhuiling sinn ann 'n Asia, 's gach ait'mu'n cuairt  
 do'n Roimh;  
 " 'S dh'fhuiling euid ann 'n Africa, 'san Fhraing chaidh  
 each a leon.
- " Ach 'nis tha'n Ti bha bac' do dhuine pheac' thighinn [beo  
 " Air tionndaidh o na gnathaichean, a b'abhaist bhi 'san  
 Roimh ; [doigh,  
 " Tha Constantine air aicheadh nam paganaich 'san  
 " 'Se 'g aideach' bhi na Chriosduidh, 'us cumhachd Righ  
 'na dhorn.

- " Tha miltean 'nis 'g iarraidh, an deigh 'n Dia ta beo,  
 " Threig iad nithibh diomhain, 's na h-iomhaidhean or ;  
 " S tha'n t-lompaire na dhion doibh, 's e riaghladh nan  
     sloigh ;  
 " S o'n fhuair sinn began feimh, cha robh fuil nan  
     naomh 'ga dort.  
  
 " Ach ge d' fhuair sinn suaimhneas, bu truagh dhuinn  
     o'n la ;  
 " Dh'has sinn co uaibhreach, 'us dh'fhuairich ar gradh,  
 " Chaidh 'n Euglais a truailleadh le mor sluagh gun  
     ghras ;  
 " A bh 'aidich air son buanachd, a ni 's nach d'fhuair iad  
     slaint.  
  
 " Thug sud iomadh caochal, air aghaidh an t-saoghal  
     mhor,  
 " S a bhean bha roimhe naomh, 's ann a chaochail i doigh,  
 " S ann 'rinn i striopachas ris na Righrean mor,  
 " S rinn iad ise beartach, le pailteas an soigh.  
  
 " San uair 'sgeaduich iad an Diadh'achd gu breaghe  
     le or  
 " Thainig daon' mi-dhiadhaidh, 'us lion iad a chro ;  
 " S tha deisciobluibh Chriosd air an lionadh le bron ;  
 " San Euglais gun rian ac' fo riaghladh daoine mor.  
  
 " Ach sheol an Ti is aird sinn gu faidhdaireachd Eoin ;  
 " Se their e rithe 'san ait' sin, Babilon mhór  
 " Bean aig an bheil grainealachd, lan cupan or ;  
 " Thigibh 'mach aisd' mo shluagh, tha i truaillidh gu  
     leor.

"S an uair theich sinn 'mach a Babilon mar dh'aithn'  
edhuinn 'san am,

"O nach d'thug esan a laithaireachd dhoibh, cha b'ait,  
dhuinn fuireach ann,

"Dh'fhuling sinn mar b'abhaist duinn, 's gach ait' na  
thog sinn ceann,

"S e their iad ruinn *Nobhations* nach gabh am Pap  
mar cheann.

"Ach ge d' bha naimhdean Shion a sior chuir gus bas'

"Bha eolas nam firinn tighinn tir anns gach ait' ;

"S bha fianuisean dilis a sior thighinn an aird,

"S bha cuid do na Righrean na'n didean an traths.

"Shearmonaich Paulinus an fhirinn le buaidh,

"Is Claud bh'ann an Turin, bha dusgadh an t-sluaignb,

"Sgaoil Peadar Ualdo, 'us Arnold am fuaim,

"Us threoraich iad moran gu eolas an Uain.

"Ach Duine Pheac' chaidh arach 'us dh'has e gu reidh,

"So ebum gu ceum chaidh ardach' gu bli'u aite Dhé;

"S ann thoisich e air aidmheil gu'm b' Abstol e fein,

"S gu'n leannadh sud a chaoi dh'ris, 'us iuchair  
rioghachd neamh.

"S ann a bhuaidhlaich an t-striopach le innleachdan  
bais,

"Shuidh i air na Righrean, 'us striochd iad dhi mar  
thraigheal,

"Us dh'fhsogail i mar chleachd i dhuinn, geatachean  
a bhais.

"Sa nis cha robh dol as ann, ach seasamh ris gach cas ;

- “ ‘S am fulangas a thainig chaidh ‘n trathsa thar gach  
 cainnt,  
 “ Dh’fhuiling sinn ‘s gach ait’, ach gu h-araidh ann san  
 Fhraing;  
 “ Bha airmailtean laidir gu brath aig an laimh,  
 “ ‘Us maitheanas o’n Phap ac’ a bharr air an sannt.  
 “ Chlac iad na’r euid dheth ‘n t-snoghal, gach aodach  
 ‘ns biadh,  
 “ ‘Us dh’fhag iad sinn faointrath, air aodainn nan sliabh;  
 “ ‘Us baigh cha robh ri fhaotuin o dhaone gun fhiamh,  
 “ S ann a ghearr iad gu bas sinn, a sasachadh a’ miann.  
 “ Bu truagh bhi ann san eisdeachd ‘nuair dh’eireadh iad  
 oirn’; [feol;  
 “ Bhiodh fuaim nan claidhcean geur sin, a reubadh ar  
 “ Na mnathan torach reub iad, ‘us dh’eignich iad na  
 h-oigh’n [leoint].  
 “ ‘Us bhiodh a chlann ‘san ranaich, ‘san parantean  
 “ San dream a theich do’n fhásach, ‘sa thar chum na’m  
 beann, [sin gu ceann;  
 “ Chuir an t-oeras ‘sam fuachd euid dheth ‘n t-sluagh  
 “ Ghlac iad euid ‘san ruaig dhin’, ‘us truas cha bhiodh  
 ann, [gleann.  
 “ ‘Us mhuch iad na fhuair iad, fo bhruachsaibh nan  
 “ Loisg iad ar saothair, ‘s na h-aitean aoraidh blath;  
 “ ‘S chaidh euid dheth ar teachdairean a phlaistearadh  
 le tearr;  
 “ Thog iad euid do’n t-sluagh bha ‘san uaigh iomadh la;  
 “ ‘S le aon teine mor, chaidh ar rosadh gun dail.

“ Ge  
 “ Bha  
 “ Aig  
 “ A f  
 “ Bha  
 “ Fad  
 “ Bha  
 “ Bha  
 “ Ach  
 “ Gu’  
 “ Ge b  
 “ Cha’  
 t-  
 “ Nua  
 “ B’eig  
 “ S te  
 ra  
 “ S bh  
 “ Ge d  
 “ Lean  
 “ B’e  
 “ Thug  
 de  
 “ Bu sh  
 “ Air f  
 d’f

" Ge d' cheaduich e ar sarach, bha fabharean dhuinn  
ann,

" Bha aon ait' araidh, 'san d' arach e 'chlann,

" Aig bun nam beann teann mor sin, eadar an Roimh  
'san Fhraing,

" A fuireach air a chomhnard, 'san cosaibh nam beann.

" Bha sud na aite dion dhuinn, fo riaghladh a gbris;

" Fad ioma' ceud blidhna bha'n diadhachd ann a' fas;

" Bha Euglaisean lionmhor, aig Criod ann san ait' ;

" Bha leantuinn an Uain, 'sa bha buareadh a Phap'.

[sluagh,

" Ach 'nuair runaich an Dia sin, tha riaghladh nan

" Gu'n siubhlagh sinn gu leir, tre dheuchainean cruidh;

" Ge b'e chluinneadh sgeul air mar dh'eirich 'san uairs',

" Cha'n eil ar naigheachd eibhinn ri 'leughadh do'n

t-sluagh,

" 'Nuair thoisich ar naimhdean, air campach' mu'n

" B'eigin dhuinn sau am sin, dhol teann ann san ruaig;

" 'S teicheadh chum nam beanntean, ge d' bha'n geomh-

radh cruidh,

" 'S bha mhathan agus clann ann, 's iad fannachadh le

[cuairt,

" Ge d' bha'n oidhche reot' ann, 'us sneachda mor gu'n di,

" Lean iad air ar toir, gu ar forgair as an tir;

" B'e sud an oidhche bhronach, bu mhoir a chaidh 'n di;

" Thug na mnathan suas an deo ann, 'sa chlann a

deoth'l na eich.

" Bu sheachranach a bha sinn, 'sna fasaichean fuar;

" Air feadh na'm beanntean ard sin 'us fardach cha-

d'fhuair.

“ Rinn an sneachda mor bh'ann, ar treor a thoirt uainn,  
“ S ann choidil sinn comhladb, gu samhach 'san uaigh.

“ S 'nuair theich sgail na h-oidhche, 'sa dh'shoillsich  
an lo,

“ S iomadh aon a dh'eug dhinn, 's bha cuid air eigin beo;

“ Us luidh' ar cuirp gun adhlac, 's ann air na beanntean  
reot,

“ Gus 'n d' rinn sneachd' a gheamhraidh ar 'n adhlac,  
le chleoc.

“ Cha'n eil sud ach pairt, do ar caramh 's gach am;

“ Oir bha ar naimhdean laidir, 's ar cairdean ro ghann;

“ S an dream a bha saoth'rach, a cumail taobbh ruinn  
ann ; [fann.]

“ Cha b'urrainn iad ar saoradh, bha'n gairdeanaibh co

“ Bha Prionnsachean *Germany* dearbht' ann sa chas ;

“ S riun *Crombhell* na dh'faod e, gu'r saoradh o n'bhas;

“ Ach tearnadh cha'n fhaodadh, a h-aon diu' an trathis',

“ S gu'm b'e sud run siorruidh, an Riagh'l-fhear a's aird.

“ Fa dheireadh thainig doruinn, le orducha ar Righ ;

“ Air Babilon mhoir sin, a dhoirt ful nan naoimh ;

“ Bhual e claidheamh a bheoil oirre, 's leon e i 'chaoidh,

“ S cha'n fhaodadh neach a comhnadh, 's bha Moran  
'ga claoiadh.

“ B'e *Luther* agus *Calbhin*, gu h-araidh thug buaidh ;

“ Bu mheahon ann na lamhs' iad, thabhairt danachd  
do'n t-sluagh ;

“ Bhi leughadh nam firinn, 's bhi dils do'n Uan ;

“ Sgaoil iad am Biobal, 's na h-uile tir mu'n cuairt.

- " Mu na cuig-ceud-deug, sin a bhliadhna tha ri luaidh,  
 " San d'eirich na daòne, thug saorsa mu'n cuairt;  
 " B'e sud a mhadainn phriseal, bha ghrian a direadh  
     suas; [sluagh.  
 " Theich an dorchadas mor sin, bha comhdach gach  
     [ait'  
 " Nis sgaoil an naigheachd eibhinn, gu reidh feadh gach  
 " S bha fianaisean treubhach 'ga sheuladh le'm bas;  
 " Bha Alb' agus Eirinn, gu leir fo na Phap;  
 " S e nis mar leomhan beuchach, an deigh 'reub aig each.  
  
 " B'e *Hamilton* an ceud fhear, thug sgeul air do dh' Alb';  
 " Shearmonaich e'n fhirinn, air feadh nan criochan  
     garbh;  
 " Ach dhun iad e 'sa phriosun, o n' bha fhirinn searbh,  
 " S loisg iad a ris e, le mi-run 's le fearg; [bhais;  
 " Ach cuir e siol neo thruaillidh, thug buaidh 'n deigh  
 " Us moran deth na h-uaislean, bu chruaidh leo 'chas;  
 " S thuig moran do'n t-sluagh, gu'n robh buaidh 'sna  
     bha e radh, [saint'.  
 " S gu'n d'rinn e shuil a dhortadh, 's e 'n dochas ri  
  
 " Ach bhrosnaich a bhas, cuid deth chairdean gu eud;  
 " S bha EOIN KNOX gu h-araidh, na dhuine laidir treunn;  
 " Na dhuine deasbhriathrach, 's e dian na spiorad fein;  
 " S bha buaidh leis 'sgach ni, o'n 'se 'n fhirinn chuir  
     e'n ceilí.  
  
 " Dh'innis e 's gach ait', gu'm b'e 'm Pap duine pheac',  
 " S nach robh ach iodhalaoradh, 'sna nithe faoin a  
     bbac';

“ Innleachdan shatan, ‘s aith’ntean dhaoine bochd,  
“ ‘S iad siubhal ann ‘sa cheo, a bh ‘ga’n treorach d’on  
t-slochd.

“ Ach ‘s tric chuir iad am fang e, bha ‘naimhdean co [treun;  
“ Ach dh’aindeoin Baurigh Mari, ‘sa naimhdean gu leir;  
“ Fhuair e bas ann an sith, ‘s chuir e’n fhirinn an ceil;  
“ ‘S thug e ‘m Pap gu bhi iosal, ‘sna criochaibh so fein. [an Fhraing,

“ ‘S aun ri ‘linn a thainig fuaim naigheachd chruaidh as  
“ Deich mile fichead sluaigh, bhi’n aon uair gun cheann;  
“ Do’n dream a bha buadhach, ‘sa lean an t-Uan ‘sgach  
am, [graineil ann.  
“ ‘S cha shiubhladh neach na straidean, bha’m ful co

“ ‘S an Alb’ ge d’ bha’n fhirinn, a direadh, ‘sa fas;  
“ ‘S iomadh duine dilis chaidh dhiteadh gu bas;  
“ An ainmach’ cha’n fhaod sinn, gach aon diu’ an  
trath; ; [‘g each.  
“ Ach cheannuich iad gu daor dhuinn, an t-saorsa tha

“ Air scaffoildean ard’, ‘s ann a bhasaich a chlann,  
“ Ga’n gearradh leis na tuadhean, ‘s ga’m buaiadh ‘sa  
cheann.

“ Ach choinnich iad am bas, deanamh gairdeachas ann;  
“ Am fianuis an t-sluaign sin, thug fuath dhoibh ‘s gach  
meas. [am.

“ Timchioll Duneidinn, tha sgeul ‘san taobh deas,  
“ Air iomadh duine treun, nach do gheill ‘s nach deach as,  
“ Chaidh chumail fada beo, deanamh an doruinn na’s  
meas.  
“ Ann an seirichean iaruinn, gam pianadh le teas.

" Dh' shbosgail iad pairt diu' 's chaidh 'n cridhe blath  
thoirt asd',

" S an cridhe sin a chaineadh; le daone laidir crosd';

" Chaidh cuid dheth 'n corpsa' luachmhor, a cheangal  
suas air puist,

" Cuir eagal air an t-sluagh sin, nach d'thug buaidh air  
an ole.

" Sa nis a chàirdibh gradhach, tha 'm fasach nan deoir;

" Cha'n ann a gearan tha sinn air Ard Righ na Gloir;

" Ach 'g innseadh ar caramh, do'n aireamh tha beo;

" A chum gu'm biodh iad laidir, ge d' bhith' an sarach'

mor.

" Nis slan leis gach trioblaid, gach mi-ghean 'us bron;

" Tha fois agus sith, ann an Rioghachd na gloir;

" Ge d' bhasich sinn dibli, tha sinn d'a riridh beo,

" S leig sinn 'nis air di-chuimhn' gach ni thainig oirn'.

" Chaidh ar lotean a shlanach, 'us plaisir a chuir ruinn;

" De dh'fhuil an Uain a bhasaich, thoirt slainte d'ar  
cloinn

" Cha'n fhaic sinn tuille cradh, 's cha bhi'm bas ri 'r

" S cha'n abair an lucidh aiteachaidh, 'tha sinn gu tinn.'

" S e 'n t-Uan ar Fear-saoraidh, 's cha churam dhuinn  
ann,

" Thug e beatha 'us iul duinn, 's chuir e crun' air ar  
ceann,

" S bitheadh slainte agus gloir dha, na oran da chlann,

" Feadh linnibh na sierruidheachd, gun chrioch, na gun  
cheann."

## LA A BHREITHEANNAIS.

EISD anam neo-bhasmhor,  
 Tha ni araidh ri chluinutinn ;  
 Ma 'se 's nach creid thu na thra 'e,  
 Bheir am bas ann do chuimhn' e.  
 'S e sin, gu'n coinnich thu'n t-Ard Righ,  
 Ann a lathair toirt cunntas ;  
 'S cha'n fheud thu choinneamh sin aicheadh,  
 Ge d' cbuir thu'n trath-s' a'm beag suim e.

Tha aon la air ordugh',  
 Ann sa'n comhlaich clann-daona ;  
 Ann sa'n coinnich sliochd Adhamh,  
 'S gach neach a dh'aitich an saoghal :  
 'S an dream a chreid ann a shlainte,  
 Bheir a ghras aiseag sagr dhoibh,  
 'San dream a's mo rinn tair air,  
 Teich' o lathair, cha'n fheud iad.

O anam gu churam,  
 'Nis duisg agus smuainich,  
 'Nuair thig Leomhan treubh Iudah,  
 'N dthig thu dlu' dha gun uamhas ?  
 Am feud do chridhe bhi laidir,  
 Na do lamh a bhi buadhach,  
 'Nuair a chi thu 'na ghloir e,  
 'S an h-aing'libh gloirmhor mu'n cuairt da ?

Faic an Ti rinn thu threigsinn,  
 'Sa bha thu ceusadh gach lath';—  
 Faic e tighinn 'sna speura,  
 Mar Righ treun air a chathair;  
 Chi thu nise 'na ghloir e,  
 Tighinn a seomar na'm flaitheas,  
 'Us milltibh dh'aing'libh fo ordugh,  
 'S iad air mhorachd a feitheamh.

Cluinn an trompaid 'ga scideadh,  
 'S fuaim nan speur a dol thairis;  
 Tha na mairbh 'nis toirt geil da,  
 'S iad ag eiridh o'n talamh;  
 'Nis dh'fhosgail na h-uaighean,  
 'S bhruchd an sluagh asd' gu h-ealamh,  
 'S thug e 'm follais an sluagh sin,  
 A bh'ann 'sna cuaintean am folach.

Cha'n fhaic thu sealladh cho mor ris,  
 O'n thoisich a chrutheachd;  
 Tha'n sluagh cho tiugh ris na locuist,  
 Air bharr an fheoir, 's iad a cruinneach';  
 Chi thu bochdean an t-sluagh ann,  
 'S daon' uайлse na cruinne,  
 'S iad air measgadh le cheile,  
 'S eallach fein air gach duine.

Tha mile tain'each aig eigheach,  
 'S an sluagh gu leir tha ri faire,  
 'Us leis an fhuaim th'ann sna speura',  
 Chrith gach creutair air thalamh :—

Tha'n cuan 'sna tonnan aig beucaich,  
 'S tha bonn nan sleibhteann air carach',  
 'S tha cridhe dhaone ga'n treigseinn,—  
 Ach c'ait an d'theid iad ga'm folach ?

Chrath e cumhachd nan speura,  
 Dhorch' a gheirein, 'us a ghealach ;  
 'S tha puist na tal'mhainn air geileadh,  
 'S thuit na reultean gu h-ealamh ;  
 Tha obair naduir gu leir ann,  
 Dol as a cheile le cabhaig,  
 'S chan' fhuirich ni ach an sluagh sin,  
 Nach fhaod gluasad na carach'.

Ach anam, ma fhuair thu,  
 Fuil an Uain ga do shaoradh,  
 Na biodh do chridhe ga d'fhaillin,  
 Cluinntim caramh an t-saoghail ;  
 An Ti 'sna chuir thu do dhochas,  
 'Se sud a ghloir thar ga taomadh,  
 'Se sud na tuiltean a chual thu,  
 Thig air an t-sluagh nach dthug gaol da.

Ma tha thn creidsinn na firinn,  
 'S fuil na h-iobairt ga d' naomhach' ;  
 Ma tha thu 'g aicheadh mi-dhiadhachd,  
 'S ana-mianna' an t-saoghail ;  
 Ma gabh thu tlachd ann' aitheantaibh,  
 'S cuing an t-Slanuighearr eutrom ;  
 Slan leat tha thu tearuint',  
 'S an Ti is airde ga do shaoradh,



Cluinn guth an Fhir-shaoraidh,  
 Faic a ghairdean gu h-ealemh  
 'Tional dhachaidh nan daone,  
 Rinn e shaoradh o'n talamh ;  
 O'n is creutairean naomh iad,  
 Thug an gaol da gun mhealladh,  
 Blaer e suas ind gu Pharras,  
 'S chaoidh cha fhaillnich a ghealladh.

Thig e'n sin mar Fhear Posda,  
 'S theid na h-oighean 'na choinneamh ;  
 'S iad uile deasach' na lochrain,  
 Ach cha'n eil moran diu' ullamh ;  
 Tha iomadh aon a chuir dochas  
 Ann an lochranaibh folamh,  
 Air son gu'n d'ith, 'us gu'n d'ol iad  
 Aig a bhord air an talamh,


Ach bneir e suas leis na h-ailleagain,  
 'S bith' each dheth sin folamh ;  
 'S their e ris os aird' riu,  
 " So an aireamh rinn faire,  
 " Lean iad mise gu dilis,  
 " An' staid iosal air thalamh,  
 " 'S tha mi nis' dol ga'n ardach',  
 " 'S mo dheas-lamh dhoibh mar ghealladh.

"'So an dream a thug buaidh,  
 " Le fuli an Uain rinn an saoradh,  
 " Thug iad umhlachd dha m'aitheante,  
 " Dhaindeoin caineadh an t-saoghal;






## IMAGE EVALUATION TEST TARGET (MT-3)



6"



Photographic  
Sciences  
Corporation

23 WEST MAIN STREET  
WEBSTER, N.Y. 14580  
(716) 872-4503

0  
1.6  
1.8  
2.0  
2.2  
2.5

1.0  
1.1  
1.2

“ Ge d' chaidh cuid chuir gu bas diu' ;  
 “ 'S tric an sarach' le daone,  
 “ Cha do smuainich iad m'aicheadh ;—  
 “ 'Se sud an aircamh thug gaol domh.

“ Fhuair mi biadh agus aodach  
 “ O na daone thug speis domh ;  
 “ 'S 'nuair a bha mi gun slainte  
 “ Fhuair mi cairdeach gu leir iad ;  
 “ 'San uair a bha mi sa phriosun,  
 “ Rinn iad gach ni dhomh bha feumail,  
 “ 'S cha'n eil mi nis dol ga'n aicheadh,  
 “ 'S gur ann na'n ait' chaidh mo cheusadh.

“ A shluaign bheanuichte m'athair-sa !  
 “ Thigibh fathast 'us eisdibh,  
 “ Suidhibh sios air a chathair,  
 “ Tha ni gratheil ri 'reiteach,  
 “ Eadar mise 'san sluagh sin,  
 “ Rinn mo bhualadh 's mo reubadh,  
 “ Riu'n mo shaitart fo'n casan,  
 “ 'Sa rinn gu maslach mo cheusadh.”

An sin caoch'laidh a ghuais,  
 'S thig ordugh dlu chum an tionail ;  
 'S theid luchd an uilc thoirt dlu dba,  
 As gach duthaich 'us fine ;  
 Theid gach cealgoir rusgadh  
 'S theid na cuiltean a shireadh,  
 'Us theid gach coguis a dbusgadh,  
 'S bith' iomadh suil ann ri silleadh.

Theid na leab'h-raichean fhosgladb,  
 'Us thig a choguis thoirt fianuis :  
 'San uair dh'fhosglas e'm Biobal  
 Ni sud an diteadh gu siorruidh ;  
 "Sluagh mallaicht' rinn tair orn,  
 "Teich gu brath iad o m' fhanuis,  
 "Cba dthug iad umhlachd do m'aitheante,  
 "Us cha do ghradhaich iad riamh mi.

"Chuir iad cu! ri mo shlainte,  
 "Us rinn iad taircuis air m' shirinn,  
 "S bha cuid diu' briseadh na Sabaid,  
 "S cuid a caineadh nam firean ;  
 "Bba cuid ri mionnain 's ri breugain,  
 "S a tlachd gu leir ann a' mi-run,  
 "S ge d' bha cuid na bheir cleoc dhiu'.  
 "Eha'n tolc an comhnuidh os 'n iosal.

"Sibhse nis tha gu freagairt,  
 "Air son teagascg na firinn,  
 "Fhuair tombas do dh'eolas  
 "Air nithibh mor a Bhiobail ;  
 "Ach an sligh' a pheacaидh,  
 "S ann a chleachd sibh 'bhi 'g imeachd,  
 "S chuir sud moran air seachran  
 "A leantuin cleachdadadh nan sinnseir !

"Tionailibh chum mo chli iad,  
 "Sud a chrionach gun toradh,  
 "Cba robh ach sgail aig na daone,  
 "S tha iad eutrom 'sa chudthrom ;

“ Camaidh ceartas an eas iad  
 “ Gus am paidh iad na th'orra,  
 “ 'S tilgidh 'mach iad a m'fhanuis,  
 “ Gu teine-siorruidh mo chorruich.”

'S cruaidh an cridh' air nach druigh e,  
 Liuthad suil bbios gun aighear,  
 'S iad a ranaich 'sa burach—  
 'S a cuir an cul ris na flaitheas ;  
 'S iad ga'n tionaill aig satan,  
 'S an darna bas orra a feitheamh,  
 'S ge do dh'eigh iad air trocair,  
 Cha'n eil dochas ri faighail.

“ Slan le Dia, slan le dochas ; ”  
 (Tha iad bronach aig eigeach)  
 “ Slan le rioghachd na gloire,  
 “ Dh'ionnsuidh solas cha dttheid sinn ;  
 “ Slan le cairdean 's luchd eolais,  
 “ A fhuair trocair 's rinn feum dheth :—  
 “ Theid sinne sios le sruth Iordan,  
 “ Do shlochd mor na du'-eigin.”

Is bochd an sealladh an sluagh ud,  
 Air am fuadach o lath'reachd ;  
 Air am glacadh le uamhas,  
 'S aobhar truas mar a tha iad ;  
 Cha'n fhac' thu sealladh co bronach  
 Cho fad 's bu bheo thu 'san fhatach,  
 'S iad dol a chaith' na siorruidheachd,  
 Ann am piantaidh do-aireamh.

Ach nis shiubhail na daon' ud,  
 'S chaidh an gaor as ar cluasean ;  
 'Us chaidh an slochd orra dhunadh,  
 'S cha'n eil duil ann e fuasg'ladh ;  
 Ach a chuideachd a dh'fhasg iad,  
 Ann am fabhar an Uain sin,  
 Chuir iad an eghaidh air Pharras,  
 Faic a phairtidh dol suas leo !

Faic an aighear 'san solas,  
 A scinn nan oran tha taitueach !  
 'S cluinn farum nan ainglibh,  
 Le Bean-na-Bainse dol dachaidd !  
 Bheir iad steach i do'n t-seomar,  
 Sa'm bheil a ghloirsan ri fhaicsinn,  
 'S maирg nach bitheadh dhe'n aireamh,  
 Gheibhdh gras gu bbi'n t'ic' rithe !

### GLOIR AN UAN.

'THA Sion a seinn co binn 'sa 's urrainn,  
 Toir mile urram do'n Uan,  
 'Sa seinn air a' ghaol nach caochail tuilleadh ;  
 'Se shaor i buileach o'n truaigh ;  
 Halleluiah gu buan aig sluagh nam flaitheas,  
 Tha cuartach' caithir an Righ ;  
 'S na leanas an t-Uan de'n t-sluagh air thalamh  
 'So 'm fuaim ni tairis an cridh'.

'S airidh Mac Dhe air geill a's urram,  
 'S e fein a dh'fhuiling am bas ;  
 'S e chunnaic ar feum 's ar n-eigin uile,  
 'S leis fein bu duilich ar eas ;  
 'S ann ghiulan e fein gu leir na buillean,  
 O'n d' eirich dhuinne bhi slan,  
 'S tha 'lotan 'ea chreuchdan 'g eigheach uile,  
 Gach creutair urram thoir dha.

B'iongantach saor do ghaol o'n toiseach,  
 Do dhaoine bochd a bha cailt' ;  
 'Nuair a thainig thu 'nuas le fuaim an t-Soisgeil,  
 'S gun aon neach cosnadh do ghradh ;  
 Bha sinne gun Dia, 's gun dion, 's gun dachaidh,  
 Gun rian, no fasgaidh o'n fheirg ;  
 'S a mhalluchd gu buan 'g ar ruagadh dhachaidh,  
 Gu cuan do lasraichean dearg,

Ach cheanuich an t-Uan a shluagh o'n tuiteam,  
 A's fhuair e iuchair a bhais ;  
 'S tha slaint' a shluagh gu buan 'na chridhe,  
 'S cha dual dhoibh rithis bhi'n sas ;  
 Air Calbhari dh'ol e 'n doruinn uile,  
 A's dhoirt e fhuil air an lar :  
 'S a naimhdean bha mor 's ann leon e uil' iad,  
 'S gu glormhor bhuinig e 'm blar.

Tha ful air ma'n cuairt, 'sa ghruaидh lan fallas,  
 Sud fhuair e 'n amair na feirg,  
 Ach 's gile bhian na gbrian, 'sa gheallach,  
 Tha iomhaidh geal agus dearg ;

'S ged luidh' e 'san uaigh, thug buaidh le cabbag,  
 'S chaidh suas le caithream gu gloir ;  
 A'e shuidh e gu buan mar Uan 'sa chathair,  
 'S tha sluagh nam flaitheas 'na choir.

'S e ghaol a bha siorruidh riaraich sinne,  
 A'e Dia bhi leinne 'san fheoil ;  
 A'e cupan a ghaol bhi taomadh thairis,  
 'S e saor dh' ar n-anam ri ol ;  
 Tha buaidh ann a ghradh a dh' arainh cloinne.  
 Ni 's fearr na bainn' agus fion ;  
 'S an t-anam 'bhios truagh 'ga ruag' 's e solamh,  
 'S e 'n t-Uan so baile na dion.

Tha iocshlaint 'na bhas, 's tha slaint' 'na ghealladh,  
 'S fo sgail' tha comunn ri Dia ;  
 'S tha feartan gu fas o ghras ag sruthadh  
 Bheir bas air cumhachd gach miann ;  
 Tha abhnuichean solais glormhor fallain,  
 Tighinn beo o charraig nan al ;  
 So 'm fior uisgo beo chuireas ceol 's gach anam,  
 A dh'olas glan e'mar tha.

'S e m' fhireantachd saor, 's mo naomhachd għlan  
 M' Fhearr-saoruidh, 's carraig mo shlaint' ;  
 'S e m' altair, a's m'ioibairt-sith, a's mo charaid,  
 Mo Righ, mo Shagairt, a's m' Fhaidh ;  
 'S air bhunait chinnt', cloch-chinn na h-oisceann,  
 'S e 'n Ti a choisinn mo għradh ;  
 'S 'n uair thig e ris bidh mi ris cosmhui,  
 Ge diblidh bochd mi an trathse'.

'S ged laidh mi 'san uir, theid mo dhusgadh ris,  
 Thoir cliu do Thighearn na gloir;  
 'S 'n uair theicheans gach duil roimh ghnuis a bhreith-

theamh,

Tha mo dhuil ri tighinn na choir;  
 Thig cuirt leis a nuas do shluagh nam flaitheas,  
 'S bidh an t-Uan air cathair na gloir,  
 A's tionaillidh 'n sluagh, 's theid an uaigh a chrathadh  
 Le fuaim an latha bhios mor.

Bithidh cumhachd nan speur, bidh nan neimh 'san talamb  
 Gu leir dol thairis le toirm;  
 'S theid a daimhhean gu leir o'n trend a sgaradh,  
 Nach do gheill air thalamh d'a ghairm;  
 Feuchaibh, dideanaibh breig rinn gu leir am mealladh,  
 Theid breug a's faileas air cul;  
 'S bidh iad 'g arnuigh gu treun ris na sleibhte carach  
 'S gu leir am folach o ghnuis.

Tha guth aig co treun 's gu'n reub e 'n eridhe,  
 'S gu'n eirich crith anns gach feoil;  
 'S their e imichibh uam ris an t-sluagh a ris,  
 Nach d'fhuair e'n slighe na coir;  
 Deanaibh 'n tilgidh gun dail eadar lamh a's chasan,  
 Gu brath far nach faio iad a ghrian;  
 Sud an seal a bhios cruaidh 'se mo thruaighe ris,  
 An sluagh a bhios gun dion.

Ach 's sonadh gu brath an aireamh bheannuicht,  
 O'n bhas chaidh cheannach le Criod,  
 Ceiridh cumhachd a gbris na lathair gun smal iad,  
 'S gu brath cha'n fhannaich an cridh;

Ni e 'n crunadh le gloir, 's robachan geula,

Ni 'n comhdach thairis gu'n sail;

'S cha chuimhnich iad brón, bidh 'n doruian thairis

'S bidh 'n solas maireann 'na lath'r.

'S iongnadh leam fuachd a's cruas mo chridhe,

Gach uair a bhithreas mi cainnt';

Ma'n ghaol a thug busaid air sluagh a's cinnich,

'S nach cuallas idir a shamh'l;

Ni air a miann le ainglibh beachdach',

'S nach aingidh seachran mo chridh',

Nach gabhadh e tamh gu brath na chuideachd,

Ma tha mi tuigsinn a bhrigh.

O'n thig thin gun dail, thoir gras gu freagairt,

'S thoir fas air creidimh is gradh,

'S gu caithris a's urnuigh lub mo chridhe,

'S bidh mo dhuil ri d' thighinn gach trath;

'S tha chruthieachd an duil ri urach' leatса,

'S an suil gu beachd ris an la,

'S an saor thu do shluagh o'n uaigh 's o'n seachran,

O thruaill'enachd, peac', agus bais.

Ach 's beag a chaidh luaidh dheth bhuaidhean taitneach,

Measg sluagh 's tu 's maisich na each;

'S tu 's maisich na ghrian, 's tu miann nan cinneach,

'S do bhriathran sileadh le gras;

'S tu fineanhuin nan geug, 's tu reult na madain,

'S tu ghein a sgapadh na neoil;

'S air seachran cha d'theid do threud ro fhada,

'S tu sein a tagradh an coir.

'S tu meangan cliuteach, ur, dh'fhas fallain,  
 'S tu lub' gu talamh o ghloir ;  
 'S an toradh a ghiulan thu ma shireas,  
     Gheibh Iudhaich 's Cinnich dheth coir ;  
 Tha t-nimm mar an driuchd 's ni's cubhraidh na'n oladh,  
 'S o d' ghuais thig solus a's grais,  
 'S tha briathran do bheul mar cheir na meala,  
     Toir sgeul d'ar n-anam air slaint'.

'S tu Leighich nan gras ni slan na lotan,  
     Tha graneil, goirt, agus ciurt',  
 'S tu nathair 'san fhasaich 's aird' chaidh thogail,  
     Thoir slaint' do'n phobull bha brutht' ;  
 'S tu Prionnsa na Sith, chuireas crioch air cágadh,  
     'S an rioghachd thog thu le d' ghras,  
 'S tu bratach nam buadh ni 'n sluagh a thionail,  
     Dha'n dual do leanail gu brath.

'S tu fein an ceann-iuil ni'n stiureadh dhachaidh,  
     A duth'chain' fada gu tuath ;  
 'S bidh do ghras dhoibh as ur mar dhriuchd na maidaiun  
     Toir urach' neart dhoibh gach uair ;  
 'S tu leomhann treubh Iudah, 's flur nan gaisgeach,  
     'S tu dhuisg a mach as an uaigh :  
 'S bidh naimhdean do ghloir na'n stol fo d'chasaibh,  
     'S do mhorachd marcachd le buaidh.

'S fear tagraidh thu, ann an cuirt nam flaitheas,  
     Ro dhluth do chathair nan gras,  
 'S tu aingeal a chumhnant, 's tuis 'ga mhasgadh,  
     Ni 'n urnuigh taitneach na lìthair ;

'S tu suim do gach samhl', 's tu ceann na h-Eagluis  
 'S gach am ni freagairt na h-ait';  
 'S an Sagairt, 'san iobairt, chriochnaich annad,  
 'S tu brigh a's anam gach sgail.

'S tu suim agus brigh a Bhiobail uile,  
 'A sgriobhadh dhuinne le Dia,  
 'S tu beath' gach feoil, 's tu gloir na cruith eachd,  
 'S tu 's oirdheirc chunnaic sinn riabh,  
 'S tu grian agus gloir, 's tu ceol nam flaitheas,  
 'S tu dortadh maitheas gach taobl,  
 'S ged robh siorruidheachd ann gun cheanu air dhuinne,  
 Cha rannsaich uile do ghaol.

O sibhse thug speis dha treigibh 'm peacadh,  
 'S gach ceum do sheachran an t-sluaigh,  
 A's leanaibh e fein le ceumaibh seasmhach,  
 Toir geill d'a reachdan gach uair,  
 O bithibhse naomh, 's thugaibh gaol 'nar cridhe,  
 Dba fein, d'a shligh', 's d'a shluagh;  
 A's scinnibh an traths' le gras air an t-slige,  
 'S ni 's fearr 'n uair bhios sibh shuas.

### AN GEATADH CUMHANN.

'Se naigheachd bhrönach a ta ri luaidh,  
 A's tha e sgriobhthe le firinn bhuan,

Gur beag tha beo, 's gu 'm b'eil sligh' na doruinn,  
 'S aun air a domhlach' le moran sluaigh.

'Se 'm peac thug bas oirnn dh'fhang sinn mall,  
 'Se mhill sliochd Adhamh, 'sa dh'fhang iad dall;  
 B'e mortair treun e, a mharbh gu leir sinn,  
 Thug malluchd Dhe oirnn 's na h-uile call.

Ach Uan De rinn e 'n reite a ris;  
 'S b'e 'n sgeul ro eibhinn gu'n d'eigh e sith,  
 Le shuil a dhortadh, a's sheoil a reubadh,  
 Chaidh lot' sa cheusadh air Calbhari.

'S tha dorus trocair air fhosgladh saor,  
 'S gach neach gheibh colas air meud a ghaol,  
 Cuiridh iad an dochas 'na ainm ro-ghlormhor,  
 'S cha'n shuic iad doruinn gu saoghal nan saogh'

Anam ma's ail leat bhi 'n sonas buan,  
 Gabh ris an t-saint' so 'e thoir gradh dba 'n Uan,  
 Rach 'stigh gun dail, 's ann air geat' nan gras so,  
 Ma'n d'thig am bas ort, 's gu 'm bi thu truagh.

Oir 's mor do dhit' air na h-uile doigh,  
 Ma ni thu di-meas air slaint' eo mor,  
 Bidh peanas dubait' do'n dream chuir cul ris,  
 'S a lot as ur e 'sa bha 'ga leon.

Ach mo 's aon thu bheir gaol da sein,  
 'S air sligh' na naomhachd gu 'n lean thu cheum,  
 Sonadh gu brath thu, 's cha chiurr am bas thu,  
 A's gheibh thu lathareachd 's gu brath cba treig.

## AM BIOBAL.

EISDIODH rioms' ars' Biobal,  
 'S gheibh sibh colas air firinn bhios buan,  
 'S ann aig na naoimh bhios mi priseal,  
 Ach bheir mi comhairlean dilis do'n t-sluagh,  
 'S e 'n Spiorad Naomh riun an fhirinn,  
 Air mo chridhe 'sgriobhadh gach uair ;  
 A's cha 'n ath'raich mi dheth,  
 Ged theicheadh muir, agus tir, agus euan.

Tha na h-Abstoil 'sa na faidhean,  
 'S na h-uile firean a ghradhaith an t-Uan ;  
 A cuir an seula gu brath ris,  
 'Sa darbhadh uile gu'n d'thainig mi nuas  
 'S gur mi lochran an t-saoghal,  
 'S mi bheir eolas do dhaoin' air an truaigh,  
 'S tha mi foillseach' Fear-saoruaidh,  
 Dha na braighdean tha 'n daorsa ro chruidh.

Ma 'se 's nach dorcdh iad mo chomhradh  
 Le briathrean gun eolas, gun sfeum,  
 'S mise a dh'innseas an doruinn,  
 Do gach neach nach d'shuair eolas Mhic Dhe ;  
 Tha iad uile thaoblh naduir  
 Fo na mhalluchd, 's am bas tighinn 'na dbeigh ;  
 'S gu 'm b'oil corruiach an Ard-Righ  
 Air gach neach tha gun ghras fo na ghréin.

'S mar beirear a ris d' iad,

'S mar d'thoir eolas air Iosa iad beo,

Bidh iad gu siorruidh fo'n diteadh,

'S theid an dunadh a Rioghachd na Gloir;

\* Ma 'se 's nach creid iad an fhirinn,

'S mar bi 'n aithreachas fior air gach doigh,

Cha bhasaich iad mar am firean,

'S ann a luidheas iad sios ann am bron.

Ach an dream a gheibh eolas,

'S tha creidsinn gach doruinn a t'ann,

'S tha nis ag eigheach, dean trocair,

Air neo bidh sinn an doruinn gun cheann;

Ni mi direach an seoladh

Dh'ionnsuidh 'n iobairt as glormhor a th'ann,

'S cha 'n fhailing bunait an dochais,

Ma 'se 'n fhuil a chaidh dhoirt' air a chrann.

Ann an gnuis an Fhearr-shaoruidh,

Chi iad trocair, a's gaol ann, a's gras,

'S bidh mis' a feuchainn a ghaol dhoibh,

Gus am faic iad co saor 'sa tha slaint',

'S their mi, olaidh gu saor dheth,

'Se 'n t-uisce beo th'ann 'bheir daoine o'n bas:

Sibhse tha tartmhòr, na caom'naibh,

Tha cuan mor ann 's cha traogh e gu brath.

San dream a chuireas an dochas,

Anns 'na geallanaibh mor bheir mi dha,

Gheibh e sith, agus trocair,

Gheibh e sonas, a's solas, a's gras;

Gheibh e bas ann an dochas,  
 Ris an ais-eirigh ghormhor as fearr;  
 'S gheibh e oighreachd 'sa ghloir sin,  
 Far nach coinnich e bron ann gu brath.

Ach tha mi 'g innseadh gu saor dhoibh,  
 Chum 's nach meallear na daoine le sgail,  
 Gu 'm b'eil comhar' ri fhaotuinn,  
 Air gach neach air 'n do shaort mo ghras,  
 O'n nach eil iad gun truaill'eachd,  
 Bidh iad dealluicht' air uairibh am pairt;  
 Ach bidh iad naomha 'na 'n gluasad,  
 Bidh iad iriosal, stuaima, thar chach.

Tha iad 'g aicheadh mi-dhiadhachd,  
 'S thug iad fuath dha bhi riarrach' na feoil,  
 'S tha 'n co-chomunn an uaig'neas  
 Ris an Athair tha shuas ann an gloir.  
 'S iongantas fo na ghrein sud,  
 Mar tha iad gradhach a cheile co mor,  
 'Sa chum an'man a shaoradh.  
 Gu'n dean iad cosd' agus saothair gu leoir.

'S iad geugan torrach an fhionnrios,  
 A's cha bhi iad mar chrianach gun bhlast,  
 'S o'n cha 'n suidheach' 'sa 'n fhin'uin,  
 Bidh iad sultmhor 's gu siorruidh a fas  
 Ni iad aoradh d'a riridh,  
 Ann an spiorad, 's am firinn tre' ghras,  
 'S bidh iad treibhdireach dileas  
 Anne an aidmheil a ni iad na lath'r.

Ach luchd breug, a's cul-chainidh,  
 Misg, a's mionnan, a's ardan, a's strigh,  
 Sanntach, neo-ghlan, mi-narach,  
 A's luchd-aidich' gun ghras a tha cli ;  
 'San dream tha bristeadh na Sabaid,  
 'S iad le 'n aingeachd a fasach' na tir,  
 Tha mis' ag innseadh dhoibh tritheil,  
 Nach eil cuid ac', no pairt ann an Criod.

Nis, gabhaidh foghlum a chairdean,  
 'S mis' fear-teagaig is fearr tha fo'a ghein,  
 Cha 'n eil duine gua fhailing,  
 'S cha bhi 'n leabhar ni's fearr na iad fein ;  
 Ach 's mis' leabhar an Ard-Righ,  
 'S nach mearachd, no failing, no breug,  
 Soilleir mar chriostal tha m' fhirinn,  
 Ruith mar bhainne bho Righ-chathair Dhe.

'S mi tobair an eolais,  
 'S an dream theid domhain 'sa dh'olas gun dith,  
 'S a bhios a creidsinn 'san dochas  
 Gu'n dean an Spiorad an seoladh 's gach ni ;  
 Ni mi ni's tuigseach re 'm beo iad,  
 Na nan seanairean mor anns an tir,  
 Ma bhios iad 'g urnuigh 'sa leughadh,  
 Tric a smuanach' 's gur leir dhoibh mo bhrigh'.

Rinn mi fianuis 'san t-saoghal,  
 O'n la thug Maois mi o'n uaigh ;  
 Ach 's tric a chuir iad gu faoin mi,  
 'S tric a sheachain iad m' fhaobhair bba cruaidh,

'S tric a chuir iad gu bas mi,  
 Ann an Sodom 's am Babilon thruagh,  
 'S tric a luidh annus na sraidean.  
 Fo na cosan bu taireil de 'n t-sluagh.

Ach tha mi nis orr a 'g eiridh,  
 'S chi mo naimhdean gu leir mi dol suas,  
 'S tha mo chairdean fas treubhach,  
 'S a' cnir an guailnibh ri cheill 'san uairs',  
 Tha aon aingeal ro threin,  
 Ruith leam mar iolar nan speuraibh ag luath's  
 'S tha Aingeal eile ag eigheach,  
 Thuit Babilon bhreun ann san uaigh.

'S theid mi gu iomal an tshaoghal,  
 Deanamh sgeul air Fear-saoruidh na'm buadh,  
 'S ni mi bhratach a sgaoladh,  
 Chum 's gu'n tionaill na daoine ma'n cuairt ;  
 Labhraidih mis' anns gach canuin,  
 'S ann air slighe na slaint' blios mi huaidh ;  
 'S theid na Cinnich a shlanach',  
 'S bheir iad cliu agus gradh 's ann do'n Uan.

'S iomadh neach bha gun gochas,  
 'S iad air seachran gun eolas air sith,  
 Rinn mi 'shoillseach' 'sa sheoladh,  
 Dh'ionnsaidh oighreachd a's gloir ta gun chrich ;  
 'S iomadh cridhe bha bronach,  
 Rinn mi subhach le colas air Criod ;  
 'S rinn mi glic am fear gorrach,  
 'S rinn mi cairdean de mhoran bha strigh.

'S iomadh duine bha aingidh,  
 Lan ardan a's gamhlas 's mi-run,  
 Rinn mi gheilleadh 'sa cheannsach',  
 'S dh'has iad iriosal, gradhach, a's ciuin ;  
 'S iomadh duine bha fiadhaich,  
 'S a cuir an aghaidh na diadh'achd gu chul.  
 Dha n' d'sheuch mis 'am Fear-saoruidh,  
 'S thug iad geill da, a's gaol agus cliu.

'S iomadh fear-aidich' a's P' arasach,  
 Bha daonnan 'g an ardudchadh fein ;  
 Dha 'n d'sheuch mi truaill'eachd an naduir,  
 Gus am fac iad an grainealachd fein,  
 Gus an d'eigh iad a bhrathrean,  
 Am b'cil doigh ann air tearnadh dhuinn fein,  
 'Sa 'n uair a dh'sheuch mi dhoibh Slanuighear'.  
 Thug iad urram a's gradh dha, a's geill.

'S an dream thug gradh do Iehobhab,  
 'S mi bu sholus 's bu lochran d'an ceum ;  
 'Se mo statuin bu cheol dhoibh,  
 Anns gach cas a toir solas dhoibh fein ;  
 Ni mi 'n stiuireadh 'san treorach',  
 Gus an ruig iad an gloir, 's nach bi feum  
 Air grian, no coinneal, no lochran,  
 'S cha dorch' an la le neoil feadhach re.

## GEARAN NAN GAEL.

'S an t-seann seanachas, bha Gaeil ainmeil  
 'Measg dhaoine b'ainmig an leithid ann,  
 'Se gaisg' a's cruadal, a's creach' air uairibh,  
 'S bha 'm fuil eo uabhrach toir buaidh dhoibh ann,  
 Gun tuigs' gun chial ac', ma thimchiol siorruidheachd,  
 'S cha chual iad diadh'achd bhi idir ann ;  
 Ach baist' a's posadh a's suidh aig orduigh'n,  
 B'e sud an dochas a bha na'n ceann ;

Ach cliu gu sonruicht' do Righ na Gloire,  
 Tha caochladh mor air tighinn oirnn san am,  
 Tha solus glormhor tighinn tre' na cheo oirnn,  
 'S tha 'n t-uisge beo air dol feadh nan gleann ;  
 'S tha 'n dream bha gorrach nis 'g iarraidh eolas,  
 'Se 'n eigh an co'nайдh nach dthig sibh nall,  
 A theagascg eolas do *Chaledonia*,  
 Nach b'i sinn doruinneach aig a cheann.

Sibhse shuar gras gabhaibh truas 'na thrath dhinn,  
 Ma'n d'thig am bas oirni 's nach bi sinn ann ;  
 Thigibh 's feuchaibh dhuinn rathad tearnaidh,  
 Gun eolas tha sinn, 's gun ghras 'san am ;  
 'San luchd-teagascg blath sin, a dhieanadh stadh dhuinn,  
 Air feadh na Gaeltachd tha iad ro ghann,  
 'S cha tuig sinn Beurla 's cha lengh sinn Gaelic,  
 'Se 'in peac' 'sam bas rinn ar fagail fann.

Sibhse fhuar talann, a's gibht, 'a's grasan,  
 Labhraibh gu dan ruinn gun bli 'nar tosd,  
 A's sibhse tha saibhir tha feum an trath 'air,  
 Nis comhnaibh cach, a's na cunntaibh 'n cosd;  
 'S gach neach fhuar gras bithibh 'g urnuigh ghnatb,  
 Ris an Ti as airde gun tamh, gun chlos,  
 Luchd-oibre araidh chuir seadh na Gaelteagh'd,  
 Am seadh 'sa ta sinn aig stol a chos.

B'eo ar cleachd' o'r n-oige bhi aotrom gorrach,  
 Gun neach a scoladh dhuiinn sligh ni's fearr;  
 Bhiodh tionaill mor auns na tighlenn-ceol dhina,  
 Bhiodh seinn air oran, bhiodh spors' a's gair,  
 Bhiodh cuid le bosc deanamh mionnan mor ann,  
 'S an t-Ainm ro oirdheire 'ga luidh le tair,  
 'S bhiodh misg a's neoghlan 's na tighean oada,—  
 'Sud sligh' na doruinn d'an crioch am bas.

'San t-Sabaid ghloirmhor ba choir a naombagh',  
 'S tric chaithe sinn faoin i bho cheann gu ceann;  
 Le cainnt ro dhiomhan ma thimchioll Fianntaibh,  
 'S gach gnothaich tiomail a bhiodh 'n ar ceann,  
 Air enuic 's air sleibhteán, 's na tighean ceilidh,  
 Bhiodh sinn le cheile a tionaill ann;  
 Ach eba b'e 'm Biobal a bhiodh 'ga leughadh,  
 Ach faoin ageul, air nach, d'thigeadh ceant.

'S ag uair na h-urnuigh bidh 'n sluagh fhuair iul air,  
 A tionaill dluth dh'iomnsaibh cathair nan gras,  
 'S bhiodh iobairt churaidh, o chridhe briut' ann,  
 'S Aingeal a chumhnant 'ga cuir 'na lathair;

Ach sluagh gun cheram, rachadh 's na cailtean,  
 Mar theid na bruidean a ghabhail tamh,  
 Gun leugh', guu urnuigh, gun scinn air eliu dha,  
 'S b'e sud an duchas bha measg nan Gaeil.

Bhiodh eagal mor orra rio' na *bocaidhean*,  
 'S iad faicinn moran diu nach biodh ann ;  
 Bhiodh gisreag' 's Orrachan, 's seachnadh chomhlaicbean.  
 'S Moran seolaidhean ann na'n ceann ;  
 Bhiodh aca Sighichean auns gach sith'ain,  
 A bheireadh siot leo mnathan a's clann,  
 'S bhiodh cuid a' briadair 'san sluagh 'ga mbhineach,  
 'S gun ghuth air Biobal bhi idir ann.

Nach truagh ri innseadh gu 'm biodh na milltean,  
 Do dh'an'man priseal co anabarr dall,  
 'S gu'n dtheid iad direach 'n aghaidh na firinn,  
 'S nach creid iad ni dheth a bhi gu'n call ;  
 Sibhse tha cuir Biobail 's luchd teagaing firinneach,  
 Dh'ionnsaidh *Innseanuach* fada thall,  
 Nach cuir sibh pairt diu' 's gach eilean Gae'lach,  
 Oir 's truagh gu brath dhuinn ma bhios sinn mall.

O'n dh'fhuiling Iosa, 's gu'n deach' a cheusadh,  
 'S gu'n dthuirt e fein gu 'm b'e sud a mhiann,  
 Gu'm biodh an shirinn 'ga cuir an ceil  
 Dha na h-uile creutair tha fo na ghrian ;  
 Nis', na biodh Biobail an lamh gach creutair,  
 Tba toil gu leugh' ann nach robh ann riamh ;  
 'S na'm biodh an shirinn 'ga cuir an ceil duinn,  
 Theid sinn 'ga h-eisdeachd ge'b' ann air sliabh.

'S ma gheibh sinn eolas air an Aon ghilormhor,  
Rinn fhuil a dhortadh air Calbhari;

Cuiridh sinniar dochas 'na iobairt mhór-san,

'S bheir esan coir dhuinn air slaint' gun dith;

Ni e 'ur treorach' o shligh' na doruinn,

'S ar eos a sheoladh air sligh' na sith;

'S focal Iehobhah bidh dhuinn 'na lochran,

'S 'cha 'n-e na scolachan tha gun bhrigh.

A Righ nan Sluagha 'se a's fearr 'san uair so,

'Bhi sealltuinn suas rint a' d'fionad tamh;

'S mar eisd an sluaghruinn; a Righ gabh truas dhinn,

'S ar gearan truagh thigeadh iann do lath'r;

O'n tha thu beo, a's gur toil leat trocair,

Thoir dhuinne eolas 's ann air do ghras;

Ach cia mar labhradh sinn air an doigh sin,

'S ann air domhorachd a rinn sinn tair.

Ach e'ait' an d'theid sinn, no co ni fousm dhuin,

Cha'n cil fo 'n ghrein n'each a ni dhuittin stadh,

Ach Uan De o'n 'se phaidh an eiric,

Le mend an eifeachd a bha 'na bhas;

'S ma gheibh sinn sgeul air 's gu'n dean sinn feum dheth,

'S gu'n dean thu eisdeachd ruinn air a sgath,

Bidh sinn so dhion, 's theid sinn as o phiantaibh,

'A seinn gu siorruidh air cliq do ghras.

## COMHAIRLE DO'N OIGE.

BHEIRINN comhairl' do 'n oigridh,  
 'S tha mi 'n dochas, 's an duil,  
 Gu'n dthig an gras a bheir beo iad,  
 'S gu'm faigh iad eolas a's iul ;  
 Gu'n dthoir iad gradh do Iehobhah,  
 Gu'n dthoir iad gloir dba a's eliu,  
 Nuair nach cluinn iad mo chomhradh,  
 'S a bhios mi chomhnuidh 'san uir.

'Nis eisidh an traths' rium,  
 Sibhse a chairdean tha og,  
 'S mis' gu cinteach 'us, brathair,  
 Chaidh tre gach pairt dheth 'ur seol ;  
 Oir ged a bha mi ri urnuigh,  
 'S tric fo churam o 'm oig',  
 'S ann do 'n pheac' bha mi 'geilleadh,  
 A's cha do cheus mi an fheoil.

Ach mo dhuil 'san Fhear-shaoruidh,  
 O'n bha ghaol co ro mhor,  
 Gu'n deach' a mhathadh gu saor dhomh,  
 'S gu 'm bheil m' Fhear-saoruidh nis' beo ;  
 Grian a's sgiath e gach la dhomb,  
 'S ann fo sgail bhios mi beo,  
 O 's ann tha bheatha na shabhair,  
 'S gealladh arайдh do 'n oig'.

Mheud 'sa dh'iaras mi tritheil,  
 'Sa bheir gradh dhomh na'n oig',  
 Bheir mi gaol dhoibh nach fhailing,  
 Bheir mi gras dhoibh a's gloir ;  
 Bheir mi sonas gach la dhoibh,  
 'S ni mi 'n arach ri 'm beo ;  
 'S gheibh iad cinnéach mo lath'rachd,  
 Dol tre fhasach nan deoir.

Bidh mo ghairdean ma'n cuairt dhoibh,  
 'S bheir iad buaidh anns gach ceum,  
 'S cha dthoir namhad 'choidleibh uam iad,  
 Tha mo ghuailníbh co treun,  
 Ni iad m'fhuirinn 's mo bhuaidhean,  
 Measg an t-sluaigh chuir an ceil.  
 'S bidh mo shuilean gu buan orr  
 'S iad na h-uain air an treud.

O chlann ! na deanaibh tair air,  
 O'n 'se 'm bhas bhi cuir eul  
 Ri Fear-saoruidh co grasmhor,  
 'S gur e Ard Righ nan duil ;  
 Dhoirt a shuil chum 'ur tearnadhb,  
 'S thug am bas e do 'n nír,  
 'S mo 'se a's gu 'n creid sibh 'na thrath ann,  
 Bidh sibh gu brath seinn a chliu.

O ! nach leugh sibh a chomradh,  
 'S bheir e bron air fur cridh,  
 Mar chaidh 'totadh 'sa leonadh,  
 'S shuil a dhortadh gun dith ;

Tha gach namhad an toir air,  
 'S fuil, a's feoil, ris a strigh,  
 Ged' nach d'rinn e riamh fairneart,—  
 Righ na trocair a's na eith.

Faicibh, chairdean 'ga threigsinn,  
 'Sa naimhdean treun tha ro dhian,  
 'Sa 'nuair bha 'm buachail 'ga cheusadh,  
 Sgap an treud air gach sliabh;  
 Faicibh anam 'ga reubadh,  
 Le claidhe geur ceartais De,  
 'S ann 'san uair sin a dh'eigh e,  
 O na treig mi mo Thraith !

Nach eil 'ur eridheachan oga,  
 Nis an toir air a ghaol,  
 'S gu'n robh e fein co ro dheonach,  
 'S gu 'm beil a throcairean saor;  
 Bheir e saibhreas gu leoir dhuibh,  
 'S iomadh solas faraon;  
 'S bheir e oighreachd ann gloir dhuibh  
 'S fearr gu mòr dhuibh na'n saogh'l.

Chlann a gh oI thugaibh geill da,  
 'S leanaibh cheuman gu dluth,  
 'S deanaibh 'm peacadh a threigsinn,  
 'Se sud a cheus e air tus;  
 O'u a phaidh e 'ur n-eiric,  
 Thugaibh geill dha a's cliu;  
 'S cruaidh 'ur eridhe mo theid sibh  
 'Ga cheusadh as ur.

'S ma theid sibhse chuir dail ann,  
 Ribidh each sibh 'na'n lin,  
 'S bidh na miannaibh fas laidir,  
 'Nuar theid an arach' le tiom ;  
 'S iomadh innleachd th'aig Satan,  
 'S tha sruth ar nadur a ruith sios,  
 A's ged mheall iad an traths' sibh,  
 Bheir iad am bas aig a chrioch.

'S mor buannachd na h-oige  
 A gheibh eolas air fein ;  
 Bidh tuilleadh tim agus treoir ac',  
 Gu oibrigh mor chuir an ecill ;  
 Bheir sud gu onoir ro mhór iad ;  
 'S bidh tuilleadh gloir dhoibh air neimh ;  
 'S air feadh an la ni iad solas  
 Ann an trocairean De.

Dh'iarr Joseph a's Maois e,  
 'S thug iad gaol do an oig',  
 'S b'fhearr leo masladh 'n Fhir-shaoruidh,  
 Na bhi na'n daoine ro mhór ;  
 B'fhearr leo coir 'san Fhear-shaoruidh  
 A's ann a ghaols' a bhi beo,  
 Na na solasan faoine,  
 Bh'ann an saoghal nan deoir.

Dh'iarr ... Daibhidh gu luath e,  
 'S e 'na n-éagadh ri treud,  
 'S gu Sean an t-áinn e luaidh air,  
 'S chuir e bhuaidhean an ceile ;

'S an ni thug subhachas mor dha,  
 Chuir e'n oran dhuinn sein,  
 'S iomadh cridhe ro bhrönach,  
 Dha'n dthug iad solas 'na dheigh.

Ged bha Solamh air arach  
 Ann aillgrios gu leoir,  
 'S e 'm Fear-saoruidh a b'flearr leis,  
 'S thug e gradh dha 'na oig';  
 Tha Ghna-shocail ro shéumail,  
 Anns gach ceum dh'ionnsaigh gloir;  
 'S ann na chainnt thia mor eiseachd,  
 A stiuireadh ceuman 'na h-oig.

Bha Ieremiah a's Samuel  
 'N am faidhean gle og,  
 'S air son bli leanntuin na firinn  
 Fhuair iad trioblaidean mor;  
 'S an aghaidh aingidbeuchd na tire  
 Thug iad firinn gu leoir,  
 'S bhiodh iad 'g urningh os iosal,  
 'S tric ri mi-ghean a's bron.  
 B' og Iosiah 'g a iarraidh,  
 Ochd bliadhma do dh'ois,  
 'S ged bu Righ e 'bha riaghlaigh,  
 Bha e diadhaidh maraon;  
 'Nuair a leugh e an fhirinn,  
 Bha chridhe dileas a's maoth,  
 'S thug e aingidbeuchd na tire  
 Gu bhi fo chis air gach taobh,

'S ehi sibh Timoti ris,  
 Bha 'n creidimh fior ann bho eig' ;  
 Sheol a mhathair dha 'n fhirinn,  
 A's bha e dileas re bheo ;  
 A's ged bha Ios' air a cheusadb,  
 Thug esan speis da bba mor,  
 Bha e leantuinn a cheuman,  
 A's bba e feumail do Phol.

O chlann ! cuiribhs' ur dochas  
 Anns an trocair tha saor,  
 'S leanaibh 'n eiseimplie ghlormhor,  
 Th' aig an t-seors' thug dha gaol ;  
 Ged their cach gu bheil sibh gorrach,  
 'S gur trath gu leoир dhuibh bhi naomh,  
 Gur bochd bhi siubhal co bronach,  
 Gus an toisich an aois.

Ach 's fearr dhuibhse bhi ciallach,  
 'S a bhi fo dbion ann an tim,  
 No bhi 'n cunnart nam piantaibh,  
 'S a dhol gu siortuidh an dith ;  
 'S fearr siubhal 'na fhubbhair,  
 'S a dhol gu bas ann an sith,  
 Na na h-uabhasan gabhaidh,  
 Bhios coinneach' cach aig a chrich.  
 'S fearr codal mar fhirean,  
 'S dusgadh ris 'e a bhi deo ;  
 Na bhi basach' fo 'n ditendh,  
 'S ciridh ris ann am brón.

'S fearr duagadh 'na iomhaidh,  
 'S a bhi mar ghrian ann an gloir,  
 Na bhi fulang gu siorruidh  
 Anns na piantaibh ro mhór.

Slan leibh nis' a chairdean  
 'S O ! gun dail, bithibh naomh,  
 Ged a dhfhuilingeas sibh taircuis,  
 Air a sgnà bho chlann-dao'n,  
 Cinn' ni siorruidheachd an ard' sibh,  
 Ann am Pharas a ghaoil,  
 'S cha bhi bron, 's cha bhi bas ann,  
 'S gheibh sibh lath'rachd gu saor.

### ORAN DON AOIS.

Air dhomh bhi smuanach' air m' ionndran,  
 Thachair seann-duine liath orm,  
 'S thug mise urram do 'n aois,  
 'S bha es' co faoilidh sa dh'iarraion ;  
 Ach 'se mheudaich mo bhrón,  
 Gur e seann storie dh iarr e,  
 'S ged bha neart uil' air fhagail,  
 Cha robh eail aig" do 'n diadhachd.

'Se so na smuainteán a dh'eirich,  
 Mo thruaighe leir ! mar a ta thu,

'S truagh nach d'fhuair thu bho t-oige  
 Fior eolas air slainte ;  
 Na'n d'fhuair 'se bheireadh dhuit solas.  
 Naigheachd ghloirmhor ma'n t-Slanuighean  
 'S bhidh tu scoladhl mo cheuman,  
 Le comhairl' fheumail a b'fheard' mi.

Bu shona dhuit ann a t-oige  
 Na'n d'fhuair thu coir 's an Fhear-shaoruidh,  
 'S gu'n chaith' thu neart agus treoir,  
 A chum á ghloir-san a sgaoladh,  
 Bhidh tu 'na diugh mar bu choir dhuit,  
 A' tighinu beo air a ghaol-san ;  
 Agus bhiodh toradh a's blath ort,  
 Ged a thainig an aois ort.

Bhiodh tu foillseach' a ghloir-san  
 Do'n al og a tha 'g eiridh ;  
 'S do cheann liath 'n ehrun gloir dhuit,  
 O'n bhiodh eolas Mhic Dhe ann ;  
 Bhiodh tu 'g iarraidh an Ard Righ,  
 'S bhiodh a lath'rachd 's gach ceum leat ;  
 'S o'n 'se d' chairid a b'fhearr e,  
 Bhiodh tu 'g arach' na treud aig.

Bhiodh sith, a's sonas, a's dochas  
 Dol an codhail a bhais ann ;  
 'S thigeadh ainglibh o'n gloir,  
 A chum do threorach' gu Pharas ;  
 An sin bhiodh t-aoibhneas eo mor,  
 'S nach eil neach beo a ni aireamh,

‘S cha dthigeadh aois ort na leonadh,  
Ach siorruidh beo ann a lathaireachd.

Ach ‘s ann a tha thu a’d’ chrianach,  
‘S do cheann liath dhuit ‘na naire ;  
‘Se ‘g innseadh nam ficheadan bliadhna  
Chaith thu gun Dia anns an fhasaich,  
Chaith thu madainn na h-oige.  
Ri cluiche, spors’, agus gairich ;  
‘S ged thug an latha do threoir uat,  
Tha thus’ co feolmhor ‘sa bha thu.

‘S o’n a thainig an aois ort,  
‘Se nithe ‘n t-saoghal bu’ Dha dhuit ;  
Bha thu ‘g an ruith mar a dhfhaod thu,  
‘S cha d’ rinn a h-aon diu’ do riarrach’ ;  
Tha thu ‘n diugh air do sharuch’,  
‘S cha dean cach mar is miann leat,  
Tha thu t-eallach do d’ chairdean,  
‘S do dhroch nadur ‘g an pianadh.

Ach ‘se sgeul is ro chraitich  
Gu’m b’eil am bas ort a tighinn :  
‘S gu ‘n toir thu cunntas mar bha thu,  
Ann an lathair a Bhreitheamh ;  
Bheir thu cunntas ma d’ għluasad,  
Do chainnt, a’s smuaintean do chridhe,  
‘S iomadh trocair bha luachmhor,  
‘S gach gairm a fuair thu gu tighinn.

An sin chi thu le searbhais  
An carn feirg bha thu tional,

'S an t-eallach trom nach gabb giulan,  
 Bheir sios gu dluth thu gu peange;  
 'S biodh sad a meudach' do dhoruinn,  
 An t-al og bhi 'g a d' leantrinn,  
 'S le t-eiseimpleir 's do sheoladh,  
 Gu'n d' rinn thu 'n treorachd.' aa mhorachd.

Ach tha trocair ann fathasd,  
 Am feadh 's tha la na slainte ann,  
 Tha sonas siorrhuidh ri shaotuinn,  
 Ceart co saor 'sa ni grase;  
 O'n chaidh an obair a chriochnach,  
 Ni na milltean a thearnadh,  
 'Sa thionndai'eas moran o'n seachran,  
 Do na peacaich is graineil,

Ma 'se 's gu'n creid thu an shirinn,  
 Bheir an iobairt ud beo thu,  
 'S bheir e fireantachd bhuan duit,  
 A's athnuadbaichidh t-oige,  
 Theid a ghaol feadh do bhuaidhean,  
 'S ni thu uaill an a mhorachd,  
 'S bidh ful an Uain duit co priseal,  
 'S gur e do shith e 's do dhochas.

'S ged tha 'm peacach ceud bliadbha,  
 Gach latha riabh fo na mballuchd,  
 Ma philleas e gu bhi diadhaidh,  
 Ma 'n aon-uair-deug gheibh e beannachd,  
 Fhuar an gaduich saor throcair,  
 'Nuair bha'n deo ann gu fannach',

'S chi sibh ris a mac stroghail,  
Fhuair e trocair gun cheannach'.

Ach ma theid thus 'a chuir dail ann,  
'S gu 'm b'eil am bas co ro dhluth dhuit,  
Theaga gu 'n duisg thu a march,  
A's la nan gras air do chulthaobh;  
Chainn thu 'n la a bha soillseach,  
'S tha sgail na h-oidhech' air do sbuilean,  
Chainn thu 'm foghar, 'san samhradh,  
'S tha stoirm a gheamhraidh tighinn dluath ort.

'S mor tha choslas a bhais,  
Air taghaidh, 's dhail'nich do dheudach ;  
Tha chraobh Almon fo bhlath,  
'S na daoine laidir a' geilleadh ;  
Dh'fhaill'nich nigheanaibh 'chiul,  
A's cha 'n eil surd ort 'g an gleusadh,  
Tha crith do lamhan 's do cheann,  
A's dh'fas thu mall ann do cheum'nan.

O 's mithich dhuit duesgadh,  
Ma 's an dun ort na flaitheas,  
Tha cudhrom t-anam ri fhaotuinn,  
Air snathain caol 'se air caithe,  
'S doilich leam mar a tha thu,  
' an dara bas ort feitheamh,  
Ma 'se 's nach bi thu fo dhion,  
Mu 'n dtheid a ghrain ort a luisthe.

## BAS AN FHIREEAN.

'S THOIR leam gur sona 'n aireamh,  
 Tha fagail gleann nan deoir,  
 'S tha dol gu luath do 'n aros  
 Tha uile lan do ghloir ;  
 Far nach claoiadh am bas,  
 'S nach dthig namhad air an toir,  
 'S nach cuimhnich iad mar bha iad,  
 'Gan sarach' anns an fheoil.

O'n se 'n t-Uan thug speis dhoibh,  
 Cha treig e iad gu brath ;  
 'S gun cheannaich e dha fein iad,  
 Bha 'n eifeachd sin 'na bhas ;  
 Bu toilicht' phaidh e n' eiric,  
 'S e fein a thoir na'n ait',  
 'Se ful na h-iobairt-reitich,  
 Ni feum dhoibh ann's gach cas.

Rinn e o'n lagh an tearnadh,  
 'a 'm fiachan phaidh gu leir,  
 'Sa naimhdean chuir fo shailean ;  
 Bhà ghairdean ladir treun,  
 A's dhoirt e spiorad gras orra,  
 'Nuair chaidh ardach fein :  
 A's dh'ath'raich sud an nadur,  
 Gu'n dthug iad dhasan speis.

O'n chreid iad ann a fhirinn,  
 Bha 'n inntiinn dol na dheigh,  
 A's fhuar iad e ni's priseal,  
 Na ni 'sa chruinne-che;  
 B'e 'n cliu san onor ard sud,  
 Gu'n dthug iad dhasan speis ;  
 'S gu'n mhiannaichiad gu' brath,  
 Bhi 's an iaite 's am biadh e fein.

'S math dhoibh nis gu'n dfhuair iad  
 Co luath dol as an oil,  
 'S a dhol a stigh do'n t-shuaimbheas,  
 Far nach bi luaidh air bron ;  
 Bidh iad gun smal gun truaill'eachd,  
 Ma 'n cuairt do'n Chathair mhór ;  
 'S bidh h-uile neach thug buaidh ann,  
 'S an t-Uan 'na uile ghoir,

Cha toir corp a pheacaidh  
 Air seachran iad ni's mo,  
 'S cha bhi iad mar a chealachd iad,  
 A' gleachdadh ris an sheoil ;  
 A's saigh'dean teinnteach Shatan  
 Gu brath cha tig 'nan coir ;  
 'S cha'n fhaigh mi-chreidimh ait' ann,  
 Le lath'rachd Righ na gloir.

Nan smuaintean olc a's diomhain,  
 Bha riamh 'g an cuir fo leon,  
 'S na h-aignidhean mi-rianail  
 Nach striochdadadh dha na choir ;

Gach latha bochd a's cianail,  
 Le 'n grian bhi dol 's na neoil,  
 Theich sud mar sgail na h-oidhche,  
 A's shoillsich orr' an lo.

Cha ghearan an luchd-aitieh',  
 Air tinn, no bas, no truaigh' ;  
 Tha craobh na beatha fas,  
 Ann a meadhon Pharais shuas ;  
 'S tha 'duilleagan co aluinn,  
 'S gu'n slanuich iad an sluagh,  
 'S tha toradh seadh gach la oirr',  
 'S fo sgail tha sonas huam,

'S tric bha iad laisd' le solas,  
 An gleann nan deoir so fein,  
 Ach 's tric a thigeadh neoil air,  
 'S bliodh iad fo bhrön 'na dheigh  
 Ach nis tha la mor ac',  
 'S an solasan cha treig,  
 'S iad seinn ni's binne mar mhora,  
 Na smearach 'measg nan geug'.

'S ann nis tha 'n sonas huam ac',  
 'S iad snamh an cuan a ghaoil ;  
 'S iad faicinn gloir an Uain sin,  
 'G an cuartach' air gach taobb ;  
 Cha 'n fhaca suil, 's cha chualas,  
 'S cha deach' a luaidh le daoin',  
 Gach sonus thaisg e suas dhoibh,  
 'S gu'n d'huaire iad e gu saor.

'S tric bha 'n sonas ard,  
 'S an co'-chomunn blath le cheil,  
 'Nuair thionaileadh na braithrean,  
 'S iad scinn air grasan Dc ;  
 Ach sgap' iad ris do 'n fhasach,  
 'S rinn sud an cradh gu geur,  
 'S is stric a sgair am bas iad  
 O chaidreamh bhlath a cheil.

Ach 's math dhoibh 'n la dhfhang iad  
 An fhasach as an deigh,  
 'S an dfhuair iad dol do'n aros  
 Anns am bheil lath'rachd Dhe ;  
 Far am bheil na cairdean,  
 Nach sgair gu brath o cheil ;  
 'S an gaol air nach dthig fuarach',  
 Co buan ri cathair Dhe.

'S tric a mhill e 'n suaimhneas,  
 'S a dhfhang e 'n gruaigh fo dbeoir,  
 Bbi chomhnuidh measg an t-sluaigne sin,  
 Bha gluasad reir na feol',  
 'G am faieinn ruith gun smuainteach',  
 Gu luath a dh'ionnsuidh bron,  
 Air son gu'n chuir iad suarrach  
 An t-Uan le uile ghloia.

Ach sonu' 'n dream a dhfhang iad,  
 'S a theich gu Pharas De ;  
 Cha 'n fhaie iad neach toirt tair dh,  
 No bristeadh aitheantean fein,

'S e th' ann an dream a bhuaadhach,  
 'S a leanan t-Uan 's gach ceum,  
 A's thiormaich e bho, 'n uair sin,  
 O 'n gruaidh na h-uile deur.

Cha bhi 'n dream fhuair gras  
 Deanamh tair air aon a cheil',  
 Cha bhi roinn, no pairtidh ann,  
 No neach gun ghradh d'a cheil',  
 Tha seachranaidh na fasaich  
 Air fhagail as an deigh;  
 A's cha bhi Pol na Barnabas  
 A sarach' aon a cheil'.

Sibhsee rinn ar fagail,  
 'S a chuir am bas 'nar deigh,  
 Cha'n eagal leibh gu brath nis  
 Gu'n caill sibh fabhair Dhe;  
 Cha bhi buaireadh Shatan,  
 No failion annaibh fein,  
 A's cha dthig Righ nan uamhas  
 'N ar smuaintibh feadb gach re.

Fhuair sibh crun a's oighreachd,  
 'S tha 'r n-aoibhneas paitl gu leoir,  
 'S gu cinnteach tha sibh saibhir,  
 Mar oighreachan na gloir;  
 Tba ghrian an conaидh soillseach,  
 'S cha dthig an oidhche 'nar coir,  
 Se 'n t-Uan ar caraid gradhach,  
 'S le lath'reachd bitidh sibh beo.

Rinn e ar sgeadach' rioghaile  
 Le fireantachd a ghrais ;  
 'S cha dthig sibh dh'ionnsuidh diteadh,  
 Cha 'r firinneach' le bhas ;  
 A's dhfhang sud e co priseal  
 'S nach bi sibh egith gu brath,  
 Toirt moladh agus cliu dha,  
 Le oran ur gach al.

Ged dhfhang sibh sinne bronach,  
 An gleann nan deoir 'nar deigh,  
 Cha'n ann mar dhream gun dochas,  
 Nach comhlaich sinn a cheil ;  
 Tha sibhse an diugh co tsgiamhach  
 'S co geal ri grian nan speur,  
 'S 'n uair bhios an obair criochnaicht',  
 Bithidh sinne triall 'nar deigh.

## RIGH NAN UAMHAS.-BAS AN AINGIDH.

FHIR theagaisg, cluinn e, 's gabh suim d'a reir,  
 Tog suas mar thrompaid do ghuth, a's eigh  
 Ri sluagh gun eolas, tha nis a domhlach'  
 Air sligh' na doruinn, 's gach feoil mar fheur.

Na caombainn le truas iad, thoir fuaim gun dail,  
 'S leig ris an truaigh' an la nan gras,  
 Ged tha iad uasal, 's an iuntinn uabhrach,  
 'Se 'n t-aobhair truais iad 'n uair thig am bas.

Tha 'n duine truagh dol 'nan uaignigh gun dail,  
 Thig Righ nan uamhas 'ga chuir an eas;  
 Ni tinn a' bhualadh 's bidh 'n eigh chruidh aig,  
 An saol sibh shluaigneach e so am bas.

Tha piantaidh cruidh air toirt uam mo chail,  
 Tha crith is uamhann air tighinn 'mo dhail,  
 Tha toirm 'mo chluasan, is m sheoil air suarach',  
 An saol sibh shluaigneach nach e so am bas?

Tha nis mo shuilean air tionaill sglear,  
 'S nis tha 'n saoghal dhomh faoin gu leoir,  
 Mo thruaighe-leir! gu'n dthug mis mo speisidha,  
 'S nach dean e feum dhomh 's mi 'n eiginu mhoir.

Mo neart 'gam fhagail 's mi falbh gu dluth,  
 Mo chridhe failinn a's mi gun lus,  
 'S mar gleidh sibh seoladh a chumas beo mi,  
 'S 'n t-siorruidheachd mhor a tha 'm beachd mo shuil.

'S ann orm tha 'n t-uamhas reimh uair a bhais,  
 'S mo dhochas truagh teicheadh uam mar agail;  
 Cha 'n eil mi 'n ordugh gu ghol thoirt codhail,  
 Do 'n bhreitheamh mhor bheir gach feoil 'na lath'r.

Ach tha mo dhochas a trocair De,  
 Cha robh mi 'm phoitear no deanamh bhreug,  
 Mo ghniomh 's mo chomhradh ni 's fearr na moran'  
 'S cha deanainn foirneart air neach fo 'n gheirean.

Mbaith mis mi fein do gach creutair beo,  
 'S mi truasail deirceach ri neach fo leon,

A's ged a bhuaidhich am peac' air uairibh,  
 Trid laige is buair' ach cha b'ann de' m' dheoja.

Thilg iad gle og mi air trocair Dhe,  
 A's lean a throcair mi anns gach ceum,  
 A's dhith a's dhol mi 's ann aig a bhord-san,  
 'S le dichioll mor bha mi deanamh 'n reit.

Ach tha mis gun suaimhneas an deigh gach ni,  
 'S nach seol sibh shluaign mi, Ciod e tha dhith ;  
 Tha choguis bheo sa toirt uam mo dhochas,  
 'S tha eagal doruinn toirt uam mo shith.

Tha mo chridhe 'g innseadh nach bi mi beo,  
 'S gu 'n drinn mi di-meas air slaint' co mor,  
 Nach do chreid mi 'n fhirinn 'ma thimchioll Iosa,  
 'S nach robh e priscail dhom riamh 'san fheoil.

'S mi 'n tanam truagh nis d' an dual am bas,  
 Cha deach' m' ath-nuadhach' an la nan gras  
 Ged thuirt an fhirinn gum bheil gach firean,  
 Air a bhreith ris ann an la na slaint.

Do aitbeanaibh naomh-san cha dthug mi geill,  
 'S do shligh' na naomhachd cha dthug mi speis ;  
 'S cha d'fheuch mi cairdeas, no gradh, no firinn,  
 Do 'n dream bha dileas 'ga leantuin fein.

Aon tart no iarrtas cha robh mo chom,  
 'S ann dhomh-s 'bha'n diadbachd na h-eallach trom,  
 'S mo chridh' sas anns an ni rinn m' fhailinn,  
 'Se sud rinn m' shagail an diugh co lom.

Tha saighdean geur a' dol tromham dluth,  
 Ach, O ! an t-siorruidheachd tha'm beachd mo shuil,  
 Nam faighinn dail 's thigh'nn a ris gu slainte,  
 Gu cinnteach dhfhasainn a'm' chreutair ur.

Nach bi sibh 'g urnuigh 's gum bheil mi beo,  
 Ri Rígh nan Duil o'n tha throcair mor ;  
 Ach tha mi failiann, slan leibh a chairdean,  
 Tha mis gu brath gu bhi ann am bron.

Nis dhorch' mo shuilean le sgail a bhais,  
 Nis chi mi 'ebuis mar a bha e radh,  
 Tha teine mor ann, 'san sluagh 'g an rosdadh,  
 Gun suil ri trocair air feadh gach al.

Ma 's duine beo thu nach cluinn thu 'n eigh,  
 Nach creid thu 'n fhírinn a's dean d'a reir,  
 Air neo gu cinnteach cha dttheid do thearnadh,  
 'So sud am bas gus an dthig thu fein.

mo shuil,

## CARAID 'IS DLUTHAIDH NA BRATHAIR.

NACH mithich dhomh bhi toiseach  
 'S a cantuinu oran ur,  
 Mu 'n Ti rinn shuil a' dhortadh  
 'S a' ghloir bha 'n a ghnuis :  
 'S e 'n caraid e a b' flear dhomh  
 Na each 's na h-uile euis  
 'S e 's dluthaidh lean na brathair,  
 'S e ladair air mo chul.

Ach cia mar ni mi cainnt air  
 'S gun samhladh dha fo'n ghréin ;  
 'S nach d' fhuaire me teangaidh Ainglibh  
 Is lasair ghraidh d' a reir :  
 'S na 'n d' fhuaire cia bhithinn sgì  
 Dbeth bhi sir 'g a chuir an geil ;  
 'S a 'g innseadh a' measg na'm firean  
 Gach ni rinne dhomh fein.

A sh' lanuigh'ear ro ghloirmhor ;  
 Mo threoir ge'd bha mi mall,  
 Bu tu fear-stiuraidh m' oige  
 Gu m' threorach anns gach ball ;  
 'S na 'n d' fhag u mi 's an uair sin  
 Bu truagh dhomh bhos ñe thall,  
 'S mi cluich' air bruach ain-eibhinn  
 'S nach bu leir dhomh an call.

Cha d' shuair mi combairle *Parann*,  
 Is brath'rean cha robh ann,  
 No neach ghabh curam tra dhiom,  
 Chaith m' fhagail anns a' gheann :  
 'S ge d' bha mi measg mo chairdean  
 Cha babhaist doibh bhi cainnt  
 Air ni 'n taobh thall do 'n bhas  
 Dheanadh sta dhomh aig a cheann.

Ach bha do spiorad stri riuum  
 'S bha diteadh annam fein ;  
 'S chuir sud mi dh' ionnsuidh Phiobail,  
 A dheanamh sith is reit :  
 Chuir sud mi dh' urnuigh 'n uaingneas  
 'S mi buachaillieachd na treid  
 'S bhiodh m' inntinn tighinn fo bhuadhras  
 Is uamhassan ro gheir.

Ach thuitinn 's a mhi-churam,  
 Is mhuchainn Spiorad Dhe ;  
 'S mar neul na madainn shuileadh  
 Gach dusgadh bh' annam fein :  
 'N uair thachrainn ris an t-sluagh  
 Bhiodh cuir suarach nitheadh Dhe :  
 Labhrainn agus ghluaisinn,  
 Do reir an gluasad fein.

'N sin theicheadh Maois 's an Faidhean,  
 'S gach Brathair fada uam ;  
 'S iad call 'n duil gu brath dhiom  
 'S mi diultadh gras an Uain :

Ach eliu gu 'n robh gu brath dhuit  
 A shlanuir na 'm buadh !  
 Lean thu anns gach ait mi,  
 Gu m' thearnadh as gach truaigh.

Lot do shaighdean gear mi  
 Is dh' eigh mi air son sith;  
 'S dh' fheuch thu dhomh mar geillinn  
 Gu 'm eigin doll anì di :  
 Thuig mi gu 'm b' fhaoin mo dhochas,  
 'S gu 'n robh mo sheolan cli,  
 'S gu 'n robh mi 'n cunnard mor  
 A bhi 'n doruin gun chrich.

'N sin bheirinn geill gun dail  
 Do na h-aitheannteann anns gach ni:  
 Streapainn beinn Sinai,  
 Ga b' ard i, airson sith  
 'S thosaich mi co ladair  
 Ri peac' is bas ri stri  
 Mar neach an cunnard bathadh,  
 'S e snamh gu bhi air tir.

Ach bha 'm peac' a buadhach,  
 Is suaimhneas cha robh iann ;  
 Is bha na tonnan uabhrach  
 Gu luath doll thar' mo cheann  
 'S bha Satan 'g a mo bhuaireadh  
 Gu teicheadh uat san am,  
 Aig radh gu 'n robh mi gorach  
 Is nach robh dochas ann.

Bhiodh e fiaradh a Phiochuill

'S e feuchainn millteam sluaigh,  
Is euid dhin na 'n luchd idionaitch  
Gun suim do ni dheth 'n t-sort :  
Is thuirt e 'n egrios thu 'n sluagh sin  
Gun truas ri sean na og ;  
'S gu 'r pharasaich ro ualhrach  
Luchd aidiach fuar fo cheleochd.

Ach thaipig thu ga 'm chomhnadh

'N uair dh' fhualbh mo throir 's mo bhuaidh  
Is chaisg thu 'n sin sort ud  
Bha 'n toir air m' anam truagh :  
Is dh' sfeuch thu Dhe do ghloir  
Na thug solas dhomhl car uair :  
Chaidh 'n dream bha ga mo sharach  
A bbathadh 's a mhniur ruagh.

Sheinn mi 'n sin le solas

'S e oran Mhaois 's 'n Uain,  
Mar neach a bhiodh a chomhnnidh  
'S a ghloir a ta bi-bluan :  
Gun chuiimhu' air truailleadh naduir  
No tart na fasaich chruaidh ;  
Oir bha ino chomhnnidh 'n trath sin  
Fo sgail an Ti thug buaidh.

Ach thug thu mi do 'n fhasaich,

Gu sluic is aros gharbh ;  
'S bha dris is droigheann fas ann  
'S bha uisge Mara searbh :

Is dh'fhuardach gradh mo chairdean,  
 'S bha each ruim ann am fearg,  
 O n' thug mi geil dha t-aitheantibh  
 'S ri 'n gnathan nach dearbh.

'N sin dh' fhoillsich thu do ghloir dhomh,  
 'S bha mais gu leer a' d' ghuinis ;  
 'S 'n uair thuirt thu mairseadh beo,  
 'S ann rinn m' aaam solas ur :  
 O n' rinn thu d' fhuil a dhortadh,  
 Mo neart 's mo dhochas thu,  
 Mo shith 's mo dhaighineach laidir,  
 Mo shlainte 's mo cheann iul.

Thuirt thu 's leor mo ghras dhuit,  
 Bi laidir 's bheir e buaidh ;  
 'S cha dit' aon neach gu-brath tha  
 'S gu 'n phaidh mi tuilleadh 's luach :  
 Ghleachd mi ris a bhas  
 Gu 'd thearnadh o gach truaigh ;  
 Is tagraidh mi do chuisseadh,  
 Ann an cuirt 'n aia flaitheas shuas.

Leansa mi gach uair,  
 Agus gluais an slighe Dhe ;  
 'S cuir t-eallach air mo ghuailean  
 Oir tha iad buadhach trein :  
 'S ge d' bhi thu sgi s' an phasaich  
 Bi neart 's an lath do reir ;  
 'S bi d' thaic ri fear do ghraidh,  
 Is cha 'n fhag mi thu 's cha treig.

'S 'n uair rinn mi 'n seachran aicheadh  
 'S na gnathean gun fheum,  
 Dh' fhuardich gradh mo chairdean,  
 Is clann mo mhathair threig ;  
 Is bhiodh na naoimh toirt tair dhomh,  
 'N uair dh' fhaillneadh mo cheum ;  
 Ach gheamhannsa do lathaирeachd,  
 'S tu b' fhear na iad gu leir.

Nis togam m' Ebeneesar,  
 Is seinneam fein do chliu ;  
 Oir gu 's an uair so fein,  
 Cha do threig thu mi co-dhiu :  
 'S c' arsan nach biodh mo dhochas  
 A' d' ghealladh mor 's gach cuiς ?  
 Gu 'n toir thu mi thar lordan,  
 'S gu 'm faigh mi gloir is cliu.

Na 'n deanadh tu mo threigsinn,  
 'S nach biodh tu fein rium bla  
 Co dhuinnsidh theid mi ?  
 Oir tha 'n 'eil feum an each :  
 Ch 'n 'eil ni fo 'n ghrein  
 Ris nach d' fheuch mi arson slaint' ;  
 Ach 's Leighichean gun fheum iad  
 'S dhomh fein cha d' riun ied sta.

Dh' fheuch mi ri slighe na doruinn,  
 Is cha robb solas innt' ;  
 'S ri da mhaighstir comhladh,  
 Is bha mo dhochas fann ;

'S ri slighe na fein-shireantachd,  
 Is cha robh sith dhoimh innit :  
 Bha binne bais 'mo chluasan,  
 G' am ruaig 's g' am ruidh gu teann.

Ach 's grian 's a sgiath do lathaиреаchd,  
 Is bleir thu gras is gloir ;  
 'S na gheabhbhi ann a d' fhabhar  
 Bheir thu dhoibh slainte mhor :  
 'N uair bha thu ann an sith ruim  
 'S e thuit mi gun gho,  
 Gu 'r tu is tearmann dileas,  
 'S mo chuid an tir na 'm beo.

Mo charaid thu ! na sag mi,  
 ,S an fhasaich stuir mo cheum ;  
 Thoir neart a reir an la dhomh,  
 Na fagsa mi 's na treig :  
 'S a 'n uair ni tinn mo bhualadh,  
 'S nach dean an sluagh dhomh feum ;  
 Dean thus' mo leabadh suaimhnach,  
 A' cluinnit luaidh ort sein.

'S 'n uair bhitheas an saoghal sgith dhiom,  
 'S gun ni ri dheanamh ruim,  
 Bhiodh 'am bas na theachdair sith dhomh  
 Gu m' thoirt air tir a nunn ;  
 Theid mi a sealladh chaitich,  
 Is mo ghuth gu brath cha chluinn ;  
 Ach bheir do ghairdean laidir  
 Mi tearuinnt thar na tuim.

'N uair thionaileas mo chairdean  
 'S an uaigh gu m' charamh sios,  
 Biodh an uaigh na leabadh thamh dhomh,  
 Gus an lath an tig thus ris :  
 Bi dluth throigh gleann a bhais dhomh,  
 'S a ghaoil na fag-sa mi.  
 Gus am faic mi ann do ghloir thu,  
 Fad sioruigheachd mhor gun chrich.

Dean trocair air mo chairdean  
 A dh' fhagas mi a 'm dheidh ;  
 'S biodh mo chuid uan 'g an arach  
 Fo dhuthar sgail do sgeth :  
 Tog fein luchd teagaitsg blath dhoimh,  
 'Ni 'n comhnuidh sta do 'n treid,  
 'S bi ni 's dluthaidh dhoibh na brathair  
 Air seadh an laith fo 'n ghrain.

## TOBAIR NA 'N UISGEACHAN BEC.

'S e mhiadaich truaigh chlann daona  
 Gu 'm beil iad faoin ann am barail,  
 'S iad 'g iarruidh 'n sonais 's an t-saoghal,  
 Far nach d' fhaod iad bhi maireann :  
 Thanaig mallachd do rireadh  
 Air gach ni th' air an talamh,  
 'S cha 'n'eil sonas ri fhoatainn  
 Anns na faochagan falamh.

Co bi thuigeadh mo stori,  
 Tha cuid dheth bronach ri aithris;  
 Chaidh mo mhéalladh gle oga,  
 'S air slighe na doruinn mo tharain.  
 'S rinn toilinn tinean feolmhor,  
 Tric mo threorach 's mo mhéalladh,  
 Mach o thebar mo sholais  
 Ge d' bha e 'n comhnuidh cur tharais.

Bhuail pathadh gle og mi  
 Arson solasan peacach;  
 'S cha robh tobar dheth 'n t-seort sin  
 As nach d' ol mi dol seachad:  
 'S cha d' rinn iad mo riarrach,  
 O n' bha m' iartas co farsuing;  
 'S ann bha iadsan co neo-dhianach  
 'S gu 'n do mhiadaich iad tart-dhomh.

Ach dh' fhosgail tobair na slaint' dhomh  
 Anns an phasaich bha tartmhòr;  
 Bhuail e charraig is thanaig  
 Deoch rinn sta dhomh air m' astar:  
 'S ann a tobar tigh Dhaibhidh  
 A thug do ghras dhomh a nasguidh;  
 Na riaraich m' anam neo-bhasmhòr  
 'S a chaoidh gu brath cha bhi tart air.

Dh' fheuch thu aingeachd mo chridh' dhomh,  
 Bha o 's 'n iosal am falach,  
 'S cha toireadh m' oibrichean sith dhomh,  
 Bha gach ni dhiu co salach:

Ach 'se uisgeachan Shiloh  
 Fuil na h-iobairt thug barachd ;  
 'S ann an sud a tha 'n eifeachd  
 Chum mo chreachdan a għlanadha.

Ann a miadhan gach trioblaid  
 'N uair bhitheann sgith le mo thuras,  
 Fhuair mi deoch as an fhior-uisc,  
 Chuir air di-chuimhn' iad uile :  
 Bhiodh do gheallachan firinnach  
 Ro phriseal dhomh uile ;  
 'S bhitheamh cuimhneach air an tiom,  
 Anns nach bi mighean no mulad

Bhitheann cuimhneach cho suaimhneach  
 'S a tha 'n sluagh sìn cha dhachaidh,  
 'S a tha 'n diu ag ol as a chuan ;  
 'S cha leag an t-Uan chaoidh tart orr :  
 Cha bhi 'n gruaidhean fo dheoir.  
 Is bas no bron cha tig faigg dhoibh  
 Ri taobh na'n uisgeachan beo sin,  
 'S iad uile 'g ol as gu farsuing.

Bha mo chreachdan cho graineil,  
 'S truailleachd naduir co salach ;  
 'S cha robh mi siubhal mar bail leum  
 Le corp a bhais bhi callach :  
 Ach bhitheann cuimhneach an la sin  
 Anns an tair mi dhol thairis,  
 Gu bhi sealbhach do lathareachd  
 Anns an aite nach bith small air,

Bhiodh luchd aidich gun ghras ann,  
 Bhiodh luchd tarchuis is fanaid,  
 Toirt iomadh builleadh bha sarach  
 Roinn do 'n ardan a bh' annam's ;  
 Ach 'se captein mo shlainte  
 A lean le gairdeachas m' anam,  
 Arson gu 'm b' fhiu mi bhi tarail  
 Air a sgatha' air an talamh.

Trid bais is trioblaidean geuradh  
 Chaidh e fein air an toiseach ;  
 'S a mhiad 's a lean ann a cheuman  
 Thug sud gu deuchainnean goirt iad ;  
 Ach is sonadh 'n diu 'na lathair iad  
 'S glan a shlanaich e 'n lotan ;  
 Cha tig luchd angaidheach gu 'n sarach  
 No sgeul gu brath chuireas spot orra.

Bhithinn sona air uairean  
 Measg do shluaign air an talamh ;  
 Ach 's tric a dhealachil an uaigh sinn,  
 'S a rinn n'ur truailleachd n'ur sgaradh ;  
 Ach gheabhairinn beagan de shuaimhneas  
 Le bhi smuaineach mü 'n-lath  
 Anns an cruinnich an t-Uan iad,  
 Gu leir ma 'n cuairt do 'n righ chathir.

'N a gheabhairinn do lathareachd  
 Bhithinn ra le lan fhios air ;  
 Gur sona 'n sluagh a thug gradh dhuit,  
 'S nach robh thu 'd fhasaich do Israel.

Shaoilinn gu 'm faicinn do ghloir thu  
 Air na neoil tighinn ga 'm shiosruch,  
 'S bhithinn tolchit' gu leor  
 A dhol do chathail le misneach.

Ach bha mo shoithench eò deothach  
 Gu 'n tuisge beo uid a chumail ;  
 Cha mbaireadh sud aich ear *moment*,  
 'S bhitheadh an fheoil 'g iarruidh suireach  
 Ach 'n uair theid mi thair Iordan,  
 Cha bhi bron ann no mulad ;  
 'S bith' mi faicinn do ghloir,  
 'S mo ghríon gun ucoibh chaoidh tuilleadh.

Ach 's aobhar mulaid ri sinseanach.  
 Na thia de shluagh air a' mealladh,  
 Chaith an saothair 's am buaighean  
 Gun fhois na snaimhneas air thalamh ;  
 'S iad duilteadh 'u fhior uisge bheo so,  
 'S am bheil solas gun ghainneadh,  
 Chum an uircéasbhuidh riarrach,  
 Tha mil, is fian, agus batinne.

Leam us sonadh an aireann  
 Fhuur gras gu bhi tarruing,  
 Sith us sonas gach la,  
 A tobair slainte nach be folaimh,  
 Theid iad gu talamh Chanaan,  
 'S biodh 'n tobair lam-sa cnuir thairis,  
 'S iad ag ol do 'n abhainn tha alminn,  
 Si ruidh air straitdaibh nà cathairach.

## ORAN NA MISSIONARIES.

THA 'n soisgeul buadhach air sluagh gun ghras,  
 S'a 'n dream nach cual na n cleann don bhas,  
 Tha iad an comhnaidh gun Dia sgu 'n dochas  
 A dhi' bhail eolas air sligh na slainnt.

Nach aobhair bron leibh na sloigh to marbh,  
 'S iad cuir an dochas an iodhail balbh,  
 Ach co a theid a thoir sgeul ma 'n uan dhoibh,  
 Thair muir us cuantean us radhad garbh.

Cluinn na h-ogainich dh' fhas co treun,  
 Aig radh le solas se sinn a theid,  
 Mo shaolas sibhse gun thuar sinn grasan,  
 Us gibht us talannt a ni dhoibh feum.

Tha 'n spiorad stri riunn 's cha bhi sinn mall,  
 Fagail nar tir is gach ni atann,  
 Thoir sgeul ma 'n fhirinn do dh' annamh priseal.  
 Tha feadh na 'u innseachan fada thall.

Buaidh gu brath leibh air muir sair tir,  
 Theid mic na 'm faidhean le sgeul na sith,  
 Suibhlaidh gu dlu' biodh nar casan 's giamhach,  
 Gus an eirich grian air na duchan shios.

Bi sinn ag urnaigh on tha si 'm feum,  
 Righ na 'n duil a bhi leibh sgach ceum,  
 'S bheir sinn dhui foghlam sgach comhnadh dh'fhaodas,  
 A chum bhi saorach sna duchan cein.

Tha nis an long togail suas nan seol,  
 Gun toir thair chuannteann us tonnaidh mor,

'S iad air an traigh gabhail ceud do 'n cairdean,  
Nach fhaic gu brath iad an tir na 'm beo.

Slan leibh a chairdean sa luchd nar gaol,  
Theid sinn do dh Africa sgach ait 'm beil daon,  
'S iubhlaidh sinn China ga mor an tir e,  
'S air feadh na 'n innseachan 's feadh an t-saoghail.

Na bithidh bronach 's na deaneamh caoidh,  
Tha 'n obair gloirmhoir solas na naoimh,  
'S gad thig am bas na gad rach nar bathadh,  
Bi sinne tearruinnt le Righ na 'n Righ.

Ach smor an smuanach nar truailleachd fein,  
Sa dol measg sluagh snach bheil eagal De,  
'S mo threigeas Dia sinn bi sinn gun dian,  
A measg sluagh co fiadhaich ri eon na 'n speur.

Se 'n sluagh a thearnadh th'againn mar chrioch,  
'S mo bhios a' ghras leinn cha d'theid sinn cli,  
'S tha sinn an duil 'gu 'm bi es na dhian duinn,  
O 'r se tha riaghlaodh air muir s'air tir.

Earbaidh gu leir sinn ri Righ na sith,  
'S bheir sinne sgeul dhui n'uar theid sinn tir,  
'S bi 'n sgeul ro ghloirmhor air sluagh tighinn beo ann,  
A chuireas solas air feadh nar cridhe.

'S theid sinn gu fasaich taobh thall a chuain,  
A dhionsaideh Africa s'gheabh sionn sluagh,  
A ruitheas ruisgt feadh na 'n coilltean dlu sin,  
Gun neach toir iul doi air sonas buan.

'S ri taobh na 'n abhnaicheann ni sinn tamh,  
'S le moran gradh thig iad faisg do lamh,

‘S cuiridh sinn an geil dhoi sligh na firinn,  
 ‘S bidhidh iad co siobhailt ri aon do chach.

‘S nuar gheabh iad eolas air gloir an UAIN,  
 Bi gradh gu leor ac dha fein sda sh’luagh,  
 Biodh naomhachd fas ac bi mais us blas ac,  
 A chuireadh nair air luchd aidaich fuar,

Sna bhios na ’n traillean dui aig an t’luagh,  
 ‘S iad tric gan sarach gun iochd gun truas,  
 Ni ’n cridhe gairdeachas anns an t-lanuighear,  
 ‘S nuar thig am bas gheabh iad sonas buan.

‘S theid sinn gu innseanaich du gu leor,  
 ‘S bi teas na grein a toir uainn nar treor,  
 Far am beil an sluagh their gu n’ d’fhuar iad tearnadh,  
 Mo theid am bathadh sa ’n abhainn mhor.

Far am beil na banntraichean gan gu leor,  
 Le bhi ga’n adhlac sga ’n losgadh beo,  
 Fagaidh iad clann gun bhi gabhail truas diu,  
 ‘S cha ’n fhaic sibh ’n gruaidean a’chaoidh fo dheor.

Theid sinn le sgeul doi o Righ nan dul,  
 Ma ’n ti chaidh cheusaidh sa luidh sa ’n uir,  
 ‘S bheir gaol mhic Dhe iad gu ’n cleachda threigsinn,  
 Us bidh gach te dhiu na creutair ur.

Us do dh’ Arabia sinne theid,  
 Feadh iomad duthaich ’s Ierusalem fein,  
 ‘S tha sluagh gun aireamh air feadh nan aiteanns,  
 Toir geil mar babhaist do ’n fhaidh bhreig.

Chuir Mahomed cloc air le iomadh breug,  
 ‘S le ’m fuil a’dhort thug e ’n sluagh gu geil,

A gealltainn solas areir na feol doi,  
Sa 'n t-sioruighachd mhor far am be e fein.

Ach gheabh iad eolas air aon mhac Dhe,  
Rinn fhuil a dhort' air an son gu leir,  
Se 's am fear-saoraidh 's mo bheir iad gaol da,  
Ni fhuilsan naomh iad sa 'n t-saoghals fein.

'S theid sinn gu conrad Orrissa, 'n tait,  
Sa m bi miltean sluagh tiomchail Juggernaut,  
'S iad gun a chial fo ne cuiblaidh striochda,  
'S cuidthrom na h iomhaidh ga 'n cuir gu bas.

Se sud an dochas se sud an dian,  
'S be 'n sealladh bronach an sluagh gun chial,  
Bi cuid leth-beo ann sna con sna heon ann,  
A githadh am feol h-uile la sa bhliadh.

Theid sinn thoir luaidh dhoi cho truagh 's tha 'n cleachd  
'S gu 'n glan fuil Ios o na huile peac,  
Brattach an uan curaidh sinn suas i,  
Us tionnaillaidh 'n sluagh bhios a gluasd na reachd.

'S theid sinn gu tuath chum na 'n cuanntteann reot,  
Sa dhionnsaidh beannsteann an t sneachdaidh mhor,  
Sair feadh na 'm bean gheabh sinn sluagh nach gan ann,  
'S cha d'thainnaig samhradh thug dhiu an cloc.

Tha cridhe fuar ac gun triuas ri ni,  
Leir-sgrios us triuagh gach uar gun sith,  
Se 'n cleachd mar babhaist bhi measg na 'n Gaetheil,  
An neach tha laidir cuir cach fo chis.

Slan leibh a'chairdean theid sinn gu luath,  
Thoir sgeul air slainnt dhoi'sair gradh an Uain,

Eiridh grian na 'n gras us fo sgia bi slainnte,  
 'S bith cridhe bla ac sna h-aitean fuar.

Us zu sliochd Abraham theid an sgeul,  
 Gu caoraich chailteadh tigh Israel,  
 On rinn iad tairchuis air Ios o Nazaret,  
 Scap' sud sgach ait iad fo choraich Dhe.

Tha iad taireil 's thug each dhoi fuath,  
 Ach tha 'n t' Ard-Righ ga 'n cumail suas,  
 'S iad dol lionair nuar theid am pianadh,  
 'S cha do niallsg iad riamh ann a'measg an t-luaigh.

Lean iad na sgailean 's tha 'n duil gach uair,  
 Gu'n d'thig Meseiah 's gu 'd thoir e buaidh,  
 Ach innsaidh sinn dhoi' gur e a thainaig,  
 'S gur e a bhasaich an' ait a t-shluaign.

Creidibh iad fein gur' e sud an Ti  
 Ma na sgríobh na faidhean us Daibhaidh 'n Righ,  
 'S bi mais gu leor ann s'bi gloir thair chach ann,  
 'Nuar thig na sgailean a bhár an cridhe.

Gach cinneach lubaidh us bheir dha geil,  
 'Us thig na h-Iudhaich gu 'n duthaich fein,  
 'S ga h-bhios beo chi iad laithean gloirmhor,  
 Nuar sgaolcas eolas 's gach ait fo n' ghrein.

Ma thug an t-Ard-Righ a mhac o ghoilir,  
 Gu 'uir a bhais agus fhuil a dhort,  
 Co i a mhathair a dhíultadh dhasan,  
 A mac ab allán bha riamh 'san sheol.

Faic na' suil nis ga 'n togail suas,  
 'S iad uile 'g urnaigh ri taoibh a chuan,

'Sa 'n cairdean bronach 's iad nis toir pog dhoi,  
Us nial na 'n deor air na h-uile gruaidh.

Tha na mathraighean radh le bron,  
Slan gu brath leibh an tir nam beo,  
Tha 'n cride faisg 's iad ga 'n gramach ladir,  
Ris a bhroilleach bhla rinn an arach og.

'Sa phiutlear ghradhach cha 'n fhear a doi,  
Air son a brathair si faisg nan dorn,  
'Si falbh air lamh leis us eis ga fagail,  
'Sa cridhe failling le gradh 's le bron.

Thug an t-Athair gaol dhoibh 's cha 'n fhaod iad tamh,  
'Sgar e o cheil iad e fein le lamb,  
'S gad tha e trein a cumail air fein,  
Tha chridh reubadh eo mor ri cach.

'S tha 'n dream thug gradh dhoibh air son an t-Uan,  
Toir sealladh bla Orr a dol h-uin a chuain,  
'Sa 'n dream gu h-araidh bha 'n coman bla riu,  
Tha iad ro charaiteach bhi tionndadh uath.

Ach dh'fhalbh iad dlu'nis le suirt gu feum,  
'S tha cach ag urnaigh ea 'n suil na 'n deidh,  
A Righ na'n Fluagh bios a dhoibh mar bhuanachail,  
'S gleidh thus na h-Uain ud gach taobh a theid.

### AN TAIT BH'AIG EOIN.

SE nighinn Shion 's fear dheth, si fhuar am fabhar mor,  
Bhi tighinn a nuas o'n fhasaich, us fear a graidh na coir,

Cha 'n iarrains tuilleidh fabhair na gras an tir na 'm beo,  
 Ach luidh air uchd an t-Slanuighear, an tait' ann 'san  
 robh Eoin.

Bhiodh am broilleach bla sin ga 'm arach 's bhithinn beo,  
 Le neart na 'n briathrean grasmhor rin iaraidh bh'fhear  
 nan t-or.

Bhiodh manam air a shasach le pairt do 'n aran bheo,  
 'Nuar gheabhbhainn bhi fo sgailsan an tait ann san robh  
 Eoin.

Cha b'eagail leam an tra sin gach namhad th'air mo thoir,  
 'S gu 'm be do' ghaoirdean grasmhor mo neart 'smo  
 shlaint, 's mo threor,

Cha sgradh beath na bas mi gu brath o ghaol eo mor,  
 Bha cordain graidh co laidir, san ait ann san robh Eoin,

Cha chuimhnaichinn an tra sin air sarach gleann nan  
 deor,

'Us trioblaidean na fasaich cha bhiodh an dras' co beo,  
 Se 'n gaol nach gabhadh aichadh, a bhiodh an dras ga  
 'm leon,

Air son nach robh mi airidh air an ait a bha aig Eoin.

'Nuar thaisicheadh mo nadur le nair 'us roinn do bhrón.  
 Airson gu 'n robh mi granail an ard o laithean 'm oig,  
 'S ann bhiodh a lamh gu grasmhor a tiormach 'n ard  
 nan deor.

'S aig radh 's leor moghras dhuit 's gu 'n d'fhuar u'n  
 tait bhaig Eoin.

Dhinnseann da le firinn gach ni bhiodh ga mo leon,  
 Us dhortainn mach mo chridhe dha, us bhiodh mo shith  
 romhor,

Us theirinn fear mo ghraidih ris gu brath a'mharas beo,  
 Na duisgidh e gus an ail leis sgur d'fhuar mi 'n tait  
 bhaig Eoin.

'S nuar dh'fhailingeas mo bhuidhean, 'smi dol thoir  
 suas an deo,  
 Cha dean Righ na 'n uamhas, mo sgaradh uat 's thu beo,  
 Nuar bhios mo chride failling smi fagail glean nan deor,  
 Bo mhath an leabaidh bhais sud bhi ann sa nait bh'aig  
 Eoin.

'S mo dhuisgeas mi na iamhaidh, fo dbian sa 'n lath' mhor,  
 Se fein na sgail 's na ghrian dhorr b, 's mi riaruichte gu  
 leor,  
 Chlaithinns ann san t-sioraidheachd, 's cha 'n, iaraidhean  
 tuillaidh gloir,  
 Ach suidhe sios fo sgail son an t-ait an sa 'n robb Eoin.

### AN T-AONN NI FEUMAIL.

Se gradh an t-saoghal is gaol na feola,  
 An Iodhail-Aoraidh chaidh thaobh le moran,  
 Se dh'fhas iad faon ma 'n fhear-saoraidh g'loirmhor,  
 'S thug dhionnsaidh bhais iad gun Dia 's gun dochas.

Ach roinich Mairi an t-aonn ni feumail,  
 Bhios feedh na sioruidhachd a'deanamh feum dhi,  
 Nuar sgair am bas o gach ni fon ghlrein i,  
 Bha cuibhrean buan aic sa 'n uan chaidh cheusadh.

Bha Mairi 's Martha sa 'm brathair Lazarus,  
 Na 'n truir bha ionmhainn le Ios o Nazaret,

Bha iad maraon a toirt caidridh bla dha,  
 'S bha 'n eridhe taomadh le gaol 's le gradh dha.

Bha Mairi deonach bhi 'n conaidh g'eisdeachd,  
 Nam briathran grasmhor bha bla o bheilsean,  
 Shuidh i fo sgailsan us dh'fhas i eibhinn,  
 Us chaill i cail do gach ni fon ghréin so.

Se bha i g'eisdeachd o bheul fear-saoraidh,  
 Ma 'n aonn ni feumail 's cha leir do dhaon e,  
 Us chail i cuimhn air gu 'n robh i 'n saoghal,  
 Sa 'm feum a mbuinnitir bhi 'n conaidh saorach.

Se so ~~ko~~ chomhradh dhi ris an t-saoghal,  
 Cha 'n flear do sholasan dhomh na plaoisgean,  
 Tha manam solasach ann na ghaolsan,  
 Us 's maisich dhomh e na clann na 'n daona.

Na duisgibh 'n tras E, tha 'ghradh gam' lionadh,  
 'S e 'm fasghabh bla E a stoirm 's a shiontan,  
 'S 'n tuirge bee E, 'auair 'bhios mi cianail,  
 'S nuair athig an toir orm, 's e'm bail dion E.

'A Mhartha, Mhartha, nach eisd u bhriathrean,  
 O 'n 's flear na 'n tor iad ri bhi ga 'n ioraidh,  
 Nach sonadh 'n tait bhi gu brath na fhianais,  
 Sealbhach alathairachd trid al na siorruidhachd.

Ach 'cheiraich Martha us chuir i seol air,  
 Gach ni bba feumail bha speis co mor dbaibh,  
 Us bba i stri ris gach ni bhi 'n ordudh,  
 Us uaillsean Israel aig a bhord aic.

Ach chaill i temper us dh'fhas i feinail,  
 'S thuirt ri fear sacraidh mo thug u speis dhomh,

Nach d thoir ū ordaidh do Mhairi eiridh,  
 'S bhi deaneamh comhadh us moran feum air.

O Mhartha, Mhartha, se thuirt e fein ri,  
 Tha iom' aid ni gad chuir troimh-cheile,  
 Ach feuchnach dibir u 'n taon ni feumail,  
 Dh'fhag Mairi siochail on si bha 'g eisdeachd.

'Se 'n t-anam ailegan airaidh chreutair,  
 ' mo bhios e tearuinnt se t-aon ni feumail,  
 'Sa 'n dream a dh'fhagas e fo naneibhainn,  
 Bith bron 's bith bas ac' gu br: th na dheidh sin.

Thanaig am bas air na h-uile chreutair,  
 'S tha truaigh fas anns na h-uile ceum dhoibh,  
 Ach nis tha slainnt anns an Ti chaidh cheusadh,  
 Co saor sa stail leibh do 'n dream a dh'eisdeas.

Se 'n taon ni feumail bhi saighail eolas,  
 Air Uan De Phaidh an eirig mhor sin,  
 Le chorp ga reubadh us fhuil ga dortadh,  
 'San sbaor e shluagh o gach truaigh us doruinn.

So 'n taonn ni feu nail nach treig gu brath iad,  
 Ni maith 's gach ceum dhoibh 's theid trid a bhais leo,  
 Bhios feedh na sioruighachd na tobair slainnt' dhoi,  
 Toir sonas buan doibh nach cualas aichadh.

### BEATHA AN DUINE.

THA guth Iehovah 'g radh Eigh !  
 Tha gach feol mar am feur.

Sinn uille suithail le ceumanaibh luath,  
 Mar neach ag innseadh a sgeul,  
 Tha nar tiom fo na ghréin,  
 Tha sud toir cunnnt dhuinn gur feur an sluagh.

Bio se so mhadainn fo bhla.

‘Sa nis mar lilie aig fas ;  
 Na mar na rosan us ailde snuadb,  
 Ach shearg an duillegg gun dail ;  
 ‘S dh’fhalbh a mhaise dheth mo thrath,  
 ‘S gann gun d’fhuirach a bhla car uair.

Tha sinn mar fhaileas co dhiu,  
 Gun ni ach sealladh na suil  
 Gabhail seachad mar smuid theid suas ;  
 Thleid sinn thaireis gun dail  
 Mar fhaon fhaileas an sgail,  
 An diu air thalamh ‘sa marach ‘s an uaigh.

Tha sinn air turais si sgi  
 Car oidheche fuirach ‘s an tir,  
 San tigh mhor ‘s nach eil sith na doigh :  
 ‘S aig bris na faireadh a ris,  
 Tha sinn a fagail gach ni  
 ‘S cha ‘n fhaic iad tuillaidh sinn an tir nam beo.

Tha sinn aig eiridh on uir,  
 Thoirt aon sealladh le ‘r suil  
 Air sluagh tha siuthal gu dlu ‘s na roid :  
 ‘S ‘n uair gheabh sinn sealladh do na ghlenn,  
 ‘S na h-uile diamhanas a th’ann ;  
 Tha sinn a falach nar ceann fo ‘n fhoid.

Tha ‘nar beath air a roinn,  
 Mar aisling na h-oidhche ;

Tric fo thrioblaid us roinn do shith :  
 Ach 's beag an ceum a ta ann,  
 'S bith nar reis aig a ceann,  
 Feuch, 's bruadar a thann 's gach ni.

Dh'fhalbh Methusla fein,  
 Ruidh e dlu anns an reis,  
 Dh'fhalbh a neart agus gheil e do'n uaigh :  
 'S dh'fhalbh na linnean gu leir,  
 'S an dream a b'ainmail fo'n ghrein,  
 'S thà sinn dol air an deidh gy luath.

'S ma fhuair iad eolas air gras  
 Thug dhoi dochas na'm bas,  
 Tha iad sonadh gu brath ann an sith ;  
 Ach ma 'se thachair na ait  
 Nach robh aca ach sgail,  
 Cha chuir iad ceart nis na dh'fhag iad cli.

O manam be sgi !  
 Dheth gach faileas is ni  
 Tha u facinn ann ann an tir na'm beo ;  
 'S taisg t-ionmhæ san tir  
 'Sa'm beil sonas gun chrich,  
 Dean do chuibhrinn do Righ na gloir,

Dean do roigheann gach uair  
 Dheth bhi leanantuinn an Uain,  
 Anns gach ceum anns na għluais e fein ;  
 'Se Fear-saoraidh na'm buaidh,  
 Thoir do ghaol da gach uair  
 'S biodh do dhridhe dol suas na dheidh.

Bios e dhuit na bhaile dian  
 O gach *storm* agus sian ;

'S ni e do sgeadach gu sgiamhach ur;  
 'S do chionnta salach gu leir  
 Ni e'm falach e fein  
 O radhrac ro gheur a scul.

Ma 's neach u 's am beil cial,  
 Na bi 's sorach do mhionn  
 Air ni nach dean dian dhuit thall;  
 Ciod an tairbh ann duit fein  
 Ged fhaidh u'n saoghal gu leir  
 Ma bhios t-anam 's tu fein air an call.

Thus tha og ann do lath  
 Gabhsa colas air gras,  
 Mu'm bi do chridhe an sas ann sa 'n t-saogalh:  
 Gabhsa tlachd na thra  
 Ma 'san tig ort am bas,  
 Na ma 'n caill u do chail leis an aois.

'S thus oganaich threin,  
 Na dean uail asad fein;  
 Lean an t-Uan agus geill na thra:  
 Tha 'm bas a sior tighinn ma 'n cuar  
 'S gad dhean us stri bheir es buaidh,  
 'S bheir e sios u do 'n uaigh mar chach.

Na ma 's maideann u thar  
 Bhi ni 's boidhche na each  
 Cha 'n eil do mhaise ach mar bhla an fheoir:  
 Gabhsa tlachd ann an Dia,  
 'S gheab u mais agus sgiamh,  
 Gu bhi soillseach mar ghrian ann an gloir.

'S ma thug an aois dhiot do-threoir,  
 Na idir an-shocair mhór  
 Is ma 's ail leit bhi og a ris,  
 Teich gun dail dhionnsaigh 'n Uain,  
 'S bheir e gras dhuit bheir buaidh,  
 Gad a bhà u air a bhruaich dol-sios.

'S ma tha u seachranach truagh,  
 Gun chuid gun cairdean ach fuar,  
 'S gun mheall na sgailean u uair no dha;  
 Thoir do ghaol nis gu mor  
 Do 'n Fhearr-saoraidh tha beo,  
 'S bios tu saibhair gu leor aig a bhas.

'S gad robh do ghraidhnachas mor  
 Leonair, saibhras, us gloir,  
 Cha 'n eil annad ach feoil fo bhla;  
 'S mar bheil t-Fhear saoraidh se beo  
 Smar e neimh do thigh stor,  
 Bios tu falamh gu leor aig a bhas.

### AN FHOIS SHIORUIDH.

NACH sonadh suaimhnach an sluagh a dh'fhag sinn,  
 Theich as gach truaigh 's chaith suas gu Pharas;  
 Lean iad an t-Uan 's iad air echart 's an fhasaich  
 Is dh'fhag sud suaimhnach aig uair a bhais iad.

Se 'n fhuil chaidh dhortadh thug coir tre ghras dhoibh  
 Air beo-dhochas nach deach a narach;  
 Thug ful an Uain tuilleadh 's buaidh na'm bas dhoibh,  
 'S gad fhuar an uaigh iad b'e 'n leabaidh thamh i.

'Nuar chuir iad cul ris gach duil son ghrein so,  
 Dh'fhosgail an suil an an duthaich neamhaidh,  
 Seinn Helleluiah, sa chlinne 'm beil san,  
 'S tha saoghal ur dhoi nis an eiridh.

Tha fois o'n t-saoghal a chorp a bhais ac,  
 'O chionnt 'so dhaorsa 's agus trailleal,  
 'S o ain-mhiannaidh mi-rianail laidir,  
 'S o smuijannteann diamhan bha riamh ga 'n serach :

Ach feartaiddh ghaoil dh'fhosgail geat na 'n gras dhoibh  
 'S cha deach mi-naomhachd a stigh ri 'n sailean ;  
 'Se 'n fuil thug saorsa dhoibh rinn glan a' naduir,  
 'S tha fois bi-bhuan ac on truailleachd ghraineil.

Bha Satan an toir or 's bba saigbdean geur aig,  
 'S droch shluagh air ordaidh gu bhi ga 'n teumadh ;  
 'S tric chrith am feoil 'n uar a bhiodh e beucaich,  
 'S bhiodh tuillteann mor a dol air an deigh leis.

Ach thug iad buaidh, 's chaidh iad suas gu Pharas,  
 'S tha comhnaidh bhuan ac 's an daighneach laidir ;  
 'S cha tig droch shluagh ann na buaradh Shatain,  
 Tha fois us suaimhneas gu buan 's gu brath ac.

Mi-chreideamh laidir, cion-cail, 's mi-churam  
 Theich sud mar sgail, nis 's tha sealladh suil ac ;  
 'Sa chogais b'abhaist a bhi gan sgiursadh,  
 Chaidh tost le bas or 's gu brath cha duisg i.

Cha tig fear fiachan a giaraidh paidhe,  
 Na bagran fiadhach o bheinn Sinai :  
 Tha ceartas riaraicht 's an lagh air ardach,  
 'S tha fois gu sioraidh fo dhion a dathairachd.

Cha bhualt tinn iad na airc na eiginne,  
 Na tart na sgios iad, na teas na greina ;  
 Na bas na bron, 's cha bhi caoidh na eigeach,  
 Ach fois bhios sioruidh 'sa ghrian air eiridh.

Stric chuir e smuaineach air sluagh na h-oighreachd,  
 Gu 'n tigeadh glaodh or ma mheadhean-oidhche,  
 'S nach biodh an lochran air sheol na soillseach,  
 Na deis thoir codhail do dh'Fhear na BainNSE.

Nis tha 'm Fear Poisde ac 's iad beo le lathairachd,  
 'S iad nis co sgiambach 's bo mhian le 'n cairdean ;  
 'Us slainnt as ur tighinn o ghnuis an Ard-Righ,  
 'S iad sonadh suaimhnach gun luaidh air bas ac.

Fhuar iad Sabaid a nis bhios sioruidh,  
 'S coinnidh nach sgaoil 's am beil gaol neo-chriochnaiht,  
 Theich na neol 's laithean bronach cianail,  
 'S tha sonas mor ac 'sa ghloir ga 'n lianadh.

Nach truagh do riri an sluagh ni tair air,  
 'S nach creid na firinn an lath na slainnte ;  
 Gun fhois gun sith ac 's an tiom ta lathair,  
 'S biodh bron us truaigh gu buan 's gu brath ac.

'Se dream gheabh coir anns an fhois neo-chriochnach  
 Fhuair sealladh mor air an cunnairt shioraidh ;  
 Ach fhuar iad eolas air gloir na Trianaid,  
 'S dhag sud iad oirdhearc le maise na Diadhachd.

### ORAN DO'N UAIGH.

BHEIS mi 'n dan so dhuit uaigh  
 On a tha u gun truas;

'S tu dh'fhasg iomad gruaidh fo dlieor;  
 'S gad tha Milteann sluaigh  
 Air an ioman fo d' bhruach,  
 Cha d'thuirt u fhathast gun d' fhuar u gu leor.

'S ann tha t-iartas co mor,  
 'S nach bi u riaraicht ri 'd bheo;  
 Tha u giaraidh do choir gach lo;  
 'S nuar chnamhas tu gu leor  
 Eadair chnamhinn is fheol,  
 Tha u rithis, an-toir air each.

Tha u eolach air a bhas  
 Dol an conaidh ri shail,  
 Deanamh coir air na dh'fhasg e marbh :  
 'S ann an lath na dha  
 Bheir u leit iad gun dail,  
 Gad robh an dealachdain gabhaidh searbh.

Thug u 'n leanaibh o Mhathair,  
 'S cha do ghearran u cas ;  
 'S cha bu truagh leit a rann na gaoir,  
 Gad bha broilleach co bla,  
 'Sa cuid ciocchan co lan,  
 Thug u uath a h-ailegan gaoil.

'S gad robh 'n teaghlaeh a fas  
 Lan caoimhnas us blas,  
 'S iad na 'n oighreachan ard air sith,  
 Thig u fein us am Bas  
 Leis an sgeul nach bi bla,  
 Ga 'n cuir o cheille an dras sa ris.

Chunnaig mis u co fuar  
 'S clann a' ranaich aig do bhruach;

Thug u 'm Parantann uauth le cheil,  
 'S ann a dh'aithne u gun truas  
 Iad dhol dhaehajch gu luath,  
 Gad dh'fhas u'n dachaidh co fuar nan deidh.

Bhrist u ceanghlaicheadh gaoil  
 Eadar mhnathan us daoin,  
 'Nuar bu tairis an gaol 'san speis ;  
 Thug am bas dhiu an snuadh  
 'S rinn us an caramh fo 'd bhruach,  
 Air choir 's gu 'n d'fhas iad gle fhuar da cheil.

Thug u leat na cinn iul  
 'S d'hag u 'n Eagalais bruite,  
 'Sa luchd teagaing sa 'nuir nan tamh ;  
 Bheir thus leit do chuid fein  
 Gad a sgapadh an treud,  
 'San dream bha 'n caidraidh a cheil co bla.

'Sa mhiad 'sa bheir u fo chis  
 Cha neil deir ort a ris ;  
 Ni u 'm pronnadh co min ri luath,  
 'S cha 'n ainich neach a chuid fein,  
 Ni u maisgadh le cheil  
 'S ann mar sud tha u fein gun truas.

'S gad a ghleachdadh an sluagh  
 Chum a chreach a thoirt uat,  
 Thug u 'n dreach dhiu san snuadh sa 'n gloir :  
 'Nuar a dh'fhosglas do bheul  
 Tha u salach us brein,  
 'S cha neil ni an do chreutair beo.

Ach nach cuimhne leit fia  
 Na chea bait bha fo'n ghirein,

Fhuar e bas on chaidh cheus air crann ;  
 'S 'nuar a luidh e san uaigh,  
 Rinn u caithream le buaidh  
 Mar nach be ceannard an t-luaigh bhiodh ann.

Ach an ceann na 'n tri lath,  
 'S ann a dhuisg e an ard,  
 'S chuir e chul-taobh ri bas us uaigh :  
 Be sud madainn nan gras  
 A thug fuasgladh do chach :  
 Caite a nis ma ta 'm beil do bhuaidh ?

Thig e fhathaist ann an gloir,  
 'Sud an lath bhios mor :  
 Bheir e gaoirm 's thig gach feol na lathair ;  
 'S theid thus a rannasch gu cul,  
 'S na mairbh a thionndadh on uir  
 Bi moran ann diu 's iad a bruchdadadh an ard.

Eiridh 'n dream fhuair gras  
 Ann an lath na slainnt,  
 Theid an sgaradh o chach san uar,  
 'S bhios iad sgiamhach gu leir  
 Ann an Iamhaidh Mhic Dhe,  
 Mar a ghrian auns na speuran shuas.

Laig sa truailleachd us bas  
 Theichaidh uath nis gun dail :  
 Cliu do 'n Uan on se 'n Sianuighear trein,  
 'Se their iad ris an uaigh  
 Cait a nis bheil do bhuaigh ;  
 Bhios iad seinn sud dol suas gu neimh.

## A CHULAIDH SGIAMHACH,

THA 'n t-al so fas co diamhan  
 'S iad ruidh air sgiambh na feol ;  
 Gach fasan ur ga iaraidh  
 A lianas iad le prois :  
 Bios iad a deanamh uail as  
 Mo bhios an gruaidh mar ros,  
 Mo sgeadeachar le side iad  
 Le olainn mhin 's le or.

Gad d'fhaidhainn bhi co oirdhearc  
 'S gur mi bu bhoich a snuadh,  
 Tha sud mar bhla 'n fheor, us  
 Cha mhair a ghloir car uair ;  
 Gad sgeadaichar le side mi  
 O'n durag dhioblaidh fhuar ;  
 'S cha neil an cach ach aodach  
 A' thilg na caoraich uath.

Cha 'n fhag sud mi co boidhach  
 Ri neomhnaidean na 'n gleann :  
 Theicheadh e mar sgail uam  
 'S cha bhi e marach ann ;  
 Bheir An-shocar an snuagh dhiom ;  
 'S ni 'n uaigh a chuir gu ceann,  
 'S cha 'n aithnaihdh neach a chi mi  
 An sin gur mi bh'os ann.

Ach se dh'fhasgadh sgiambach sinn  
 Iamhaidh 'u Ti as Aird ;  
 Firinnteachd us naomhachd,  
 'Us gaol 's na h-uile ras :

Umhlachd an Fhir-saoraidh,  
 Bhi dhuinn mar Eodach slainnt,  
 Sud firrinneachd bhios sioraidh  
 'Us sgiamh nach cail a bhla.

'Se sud a chulaidh sgiamhach  
 Co geal ri grinn na 'n speur,  
 'S bia comhairle na Trianaid  
 Ga cuir an rian gu leir :  
 Cha 'n fhuilluing i a caramh  
 'S gu brath cha bhi na fheum,  
 'S cheannuich Criosd le bhas i  
 Gu toir da chairdean fein.

Freagras i sliochd Adhamh,  
 Gach Inbhe us ait " duil ;  
 'Us tha i saor tre ghras dhoibh—  
 Gach neach le 'n ail thighinn dlu,  
 O manam faidhsa pairt dhi !  
 Gu brath si 'n trusgan ur :  
 Freagras i an dras' u,  
 'Sa bhas, 'us aig a chuirt.

Cuir uat gach luidag ghranail  
 'Us paisg an ard u fein ;  
 'Sa chulaidh-sgiamhach ail so  
 Bheir bar air cach gu leir :  
 Gad sgeudaichir le or iad  
 'S tu 's ghlormhor na iad fein,  
 Na lilean 's na rosan  
 'S tu 's boich na iad gu leir.

'Nuar chuireas tu an ard i  
 Bheir i dhuit slainnt sa 'nuair,

'S cumaidh i co bla n  
 'Nuar bhios cach co faar,  
 Bheir i nuas an t-ardan,  
 'Us ni i taris air uailse ;  
 'S. theid gaol air feadh do nadair  
 Bheir iochd us blas ma 'n cuairt.

Le bhi ga eáith fú, conaídh  
 Cha chaití i gloir na li,  
 'S ni i 'n lath Phosaidh  
 Da nighinn og an Righ,  
 Ni i san 'n lath mhor dhuit,  
 'S am fianais sloigh gach tir,  
 'Us sailseachas tu 'n gloir le  
 Fad sioruidhachd mhor gun chrich.

Gad thig an aois mu 'n cuart ort,  
 'S gad dh'fhalbh do shnuadh gu leir,  
 Ni í d'oig anuaghach  
 Mar Iolar luath na 'n speur ;  
 Neartaicheas i sh'luagh san  
 Nan siuthal suas gu neimh,  
 'Sa 's ioghantach ri luiadh leam  
 Gach buaidh 'tha innt' gu leir.

'Sa 'n saighdear chuir an ard  
 An lath bhlair us truas,  
 Dh'fhag e co dana,  
 Gun eagal bais na truaigh ;  
 Cha druighe saighdear Shatan air  
 'Us lotan bais cha d' fhuair :  
 'S ann phill e dhionsaidh Pharas  
 Le gairdeachas us buaidh.

'S ann le bha mnathan Diaghaidh;  
 Gan deanamh sgiamhach fein;  
 'S ann le sud thug Sarah;  
 Am bar air cach gu leir,  
 'S gach nighinn thaic sa 'n fhasaich  
 'S iad 's ailt tha fo na gheirein;  
 Tha spioraid tairais bla ac  
 'Sa gras a thig o 'm beul.

'S an dream a chunnaig aon diu  
 A seinn an oran nuadh,  
 Bha gach aon na 'n oighean,  
 'S iad seinn air gloir an Uain,  
 'S aig radh cliu gu brath dha  
 'S ghras thug dhuinne buaidh;  
 Sonaidh sinn le lathareachd,  
 'S air bas cha chluinn sinn luaidh.

### ORAN AN LEANAMH.

'Sleanamh solasach mi,  
 Gle og 'chaidh e tiom,  
 Chaidh mo thabhairt on chich, donc uaimh,  
 Ach ge'd 'bu ghoirid mo' thiom  
 'Gabhail fradhaire d'on tir,  
 'Smor 'tha agamri innis' don tsuidgh.  
 N'ach be' 'n teachdair gun' truas,  
 A thug leis mi eo luath,  
 O'n à' bhrollach, san d' fhuair mi 'm blaths,  
 'S thug mi d'on bhanaltruim fhuair,  
 Ris an chan iad an uaigh,  
 'Sriabh, cha b'aithne dhi truas no blaths.

Ach, chaidh mo ghuilan, gu luath,  
 D'on Jerusalem shuas ;  
 'Dhionnsidh cuirt am bheil sluagh ro naomh  
 'S ghlanadh mi 'm fuil an Uain,  
 'S bi' mi sonadh gu buan,  
 'Snamh tuille an cuan a ghaoil.

Ach ged' 'bu ghoirid moachuairt,  
 Thuair mi fradhare, car uair ;  
 Gu'n robh 'm 'peacadh dhomh dualach og,  
 'S dh'ainich mise, gu dearbh,  
 Gu'n robh e na ni searbh,  
 Toilltinn mallachd, is fearg romhor.

Ged' nach do pheacaich mi riabh,  
 Ann an cleachda, na 'n gniomb ;  
 Cha deach' mi seachad, gun phian, is bron,  
 Thainig puinns-ein san fhriamh,  
 Trid A'bh, agus Eubh' ;  
 'Sruith e sios anns gach geig, is meoir.

Bha mi 'm chadal, gu blath,  
 Ann am fasgadh mo mathar ;  
 'Si gam' phasgadh, 'sa lamh fam'cheann' ;  
 Thainig teachdair' o'n bhas,  
 'Chum gu'n siubhlinn, gun dail,  
 Cha robh fuireach, natamh, idhomh ann.  
 Thug an an-shocar buaidh,  
 'S thainig goirteas 'bha cruaidh,  
 'S ruith an lot ans gach buaidh d'om' fheoil,  
 'Sann a mionaid na huair,  
 Dhas mo bhilean ca fuar,  
 'S nial a bhais air mo ghruaidh ean og.

Dhuisg mo mhathair, le gaoir ;  
 'S thuirt i m' ailleanan gaoil,  
 Ciod a dhairich ? chan' fhaod thu falbh ;  
 Rinn i mo għramach, eo teann,  
 'S cha bhiodh an dealachadh ann ;  
 Ged' bha mo chridhe eo fann, 's mi b'lbh.

Cha robb leigheas foi 'n għrun,  
 Air an cluinneadħ iad sgeul ;  
 Nach do chleachd iad, 'chum feum do m' fheoil,  
 Ach 'sann a sharich iad mi,  
 'Scha robb sta ann an ni,  
 'Sann adbħfas mi gle sgith da'n seol'.

Chaidh mo mhathair an cuil,  
 'Schaidh m'athair 'dheann sidh na cuirt ;  
 Iad' a' tagħrh, gu dlu, 'siad fo lion ;  
 'S thuirt ri 'nathuir air ncamb,  
 'Nis do thoils, gu'n robb deant ;  
 Oir, gu cinnteach, 's tu fein 's fəarr coir.

'Nuair a chunnaie iad mi,  
 Thoisich mulad, is stri ;  
 'Se mi-dhuireach a ris a b'aill ;  
 Leigibh 'cbead domh, thuirt mi ;  
 'Chum gu'n imigħi mi 'n sith,  
 'Se 'bhi maille ri Criosd is fəarr.

Tha blur comun dhomh faoin ?  
 'Stha mo vllamb san saogħi ;  
 Ged' 'thug tibb dhomh gaol eo mor ;  
 Ciod uim' a bhios sihb co diam ?  
 Da mo chumail am pian ;  
 'S gu'm bi mi soillseach, mar ghrian, an gloir.

Slan libh, air son tim  
 Gus am faic mi' sibhris ;  
 Anns' a-nait' san d'eid crioch air bron ;  
 Dluth-leanibh se ri Criosc,  
 'S greim las dhethgach ni,  
 Tha sibh' faian, an tir nam beo.

'S nuair a dhuin iad mo shuil,  
 Thainig ainglean an chuir,  
 'S thug iad leo mi, co dlu, 's co luath ;  
 'Sann an pribadh na sul.  
 Bha gach ni dhomh ce ur ;  
 'Sann a bha mi san Jerusalem shuas.

Sguir na tuiltian, l'en toirm  
 'S thainig crioch air gach stoirm ;  
 Mar nial na maidne, 'thugorm 'bhiluadth,  
 Chaidh sinn troimh ghleannntachan dorch,  
 Farnach leir dhuibhs ar lorg,  
 Ach thainig sons uis' orm, 'bhis buan.

Chaidh sinn, mar iolair, aig luath's,  
 Gu tir Emmanuel, shuas ;  
 'Dhionnswidh ait an bheil sluagh ro naomh,  
 Le Halleuia, gu buan ;  
 Tha sinn toirt moladh do'n Uan  
 'Snamh, tuille, an cu a chaoil.

Na'm faice m'athair, : mo mhath'r,  
 Miad mo shona is san ait's,  
 Bhiodh iad toilicht, gun d'fhagmi'n saoghl ;  
 'S bhiodh gach latha mar bhliadh'n,  
 Gus an faigheadh iad triall,  
 Gu co-chomunn 'tha siorr uidh naomh.

'Sann sannaits' a ta 'ghloir,  
 Tha na shiraidean do dhor ;  
 'S meas fhas do gach seort, gu buan ;  
 Bidh sinn, gu siorr uidh, ag ol,  
 As na h-aibhnichean beo ;  
 'Tha 'n gaol bibhuan a dortadh 'nuas.

Tha cuid an so as gach ait',  
 Air an tional, le gras ;  
 As gach duil, agus aird, is treabh ;  
 O ! 'sann as' ata 'n gaol,  
 Nach rabh 'leithid' measg dhaoin'  
 'Nuair a bha iad san tsaoghal thruagh.

'Sann san ait's a ta 'n ceol,  
 Nac' leid a mhasgadh le bron  
 Tha o fantuinn na oran nuadh :  
 Cliu, is onair, is gloir  
 Da'n Ti 'bha marbh, ,sa tha bea,  
 'Shaor E sinne o'n d-ornuinn, bhuaire.

'Sann san aits' a tha'n sluagh,  
 'Chaidh troidh dhcuchaine an cruaidh ;  
 Ach thug E fein dhoibha bhuidh, le 'bhas ;  
 Tha iad nis ann an sith,  
 Pailm aca, mar riagh ;  
 'S aodach geal, a theid sios, gun' sail.

Ach 'se meorache an Uain,  
 Ni 's gloirmhoir 'tha shuas ;  
 'Si 's oirdh eire ga'n eualas sgcul,  
 Leis a ghloir 'tha na ghnuis ;  
 Tha ua neamha dha lub'  
 'S tha E 'tarriuing gach suil' na dheigh.

## STRI ANN AN ZION.

Biodh iomadh teangaidh comhladh  
 A seinn air gloir an Uain,  
 'Nuar thionalas gach seort diu  
 Air comhnard Shion shuas ;  
 Gach aon a stri ri chairdean  
 Co 's airde gu dol suas,  
 'Us co bheir barachd gradh dha  
 Airson a ghrais a fhuar.

Biodh leanabh o'n a chich ann  
 'Se stri ri guth bhi Ard,  
 'S aig radh cliu gun chríoch dhuit  
 Thug mise tir sa 'n aits ;  
 Is sgeadaich mi le firinnteachd  
 Le slainnt us sith tre ghras,  
 'S cha deach mo chlaoi dh le ni, dheth  
 Na trioblaidean fhuar cach.

Their organach' measg chaich ann  
 Gu h-ard le moladh mor,  
 'S mise an comhar araidh  
 Air gras 'nuar tha mi beo ;  
 Bu leanabh dha na bhas mi  
 Bha 'g aichadin Righ na gloir :  
 'S ann phill e mi 'nuar bha mi  
 Gun tuigs gun-slainnt gun treoir.

Biodh seann duine liath ann  
 'Se giaraidh ghuth bhi Ard,  
 Molams e gu siorraidi  
 'Sann dhomh a b'fhiach thair chach ;

Chaith mis mo neart 's mo bbbliadhnaidh  
 'S mi riabh do'n pheac mo thrail,  
 'S ann aig an aon uair-deag, oirmsa  
 Dheirich grian na'n gras.

Biodh cinnich dheth gach seort ann  
 A giaraidh gloir thoir dha,  
 Airson gun sgap e an ceo sin  
 A 'chodaich iad gach la ;  
 'S gun sheol e dhoibh na trocain  
 An dochas chuir na bhas,  
 'S gu cinnt their iad bu choir dhuinn  
 An gloir thoir dha thair chach.

Biodh Pharasaich fhuar trocain  
 A seinn an oran nuadh ;  
 Be 'n uibraichean an dochas  
 Ach thug e'n clochd sinn uath,  
 'S bo mhiann leo bhi toir gloir dha  
 O 's cionn gach seort do'n t-sluagh,  
 O'n shaor e le fhuil fein iad  
 'S gach fasgadh breig thoir uath.

Thoir leam gur binn an ceol sud  
 'S gur solasach an stri ;  
 Bios iad a sealltuinn comhladh  
 Air maise us gloir an Righ ;  
 Toir cliu us tnair Ard dha  
 'S gu brath cha bhi iad sgi,  
 Millteadh do mhillteadh 'n aireamh,  
 Ach 's aon a mhain an eridh.

Ach anam rannsaich fein sud  
 'S na meall u fein gu truagh ;

Mar dean u 'm peao a threigsinn  
 'S mar toir u geil do 'n Uan,  
 'S mar bi thu air do naomhach  
 An taobh a bhos do 'n uaigh,  
 Cha bhi u measg an aireamh  
 Bhios seinn gu brath le buaidh.

### AN SOISGEUL.

'SE 'n Soisgeul siorruidh a naigheachd ghlormhòr,  
 Tha 'n obair criochnaicht', na dh'iarr Iehobhah,  
 Tha ceartas, firinn, tha sith a's trocair,  
 Toirt slaint' do dhaoine 'se saor gu leoир dhoibh.

'S ghaol bha siorruidh 's an d' rinn e toiseach',  
 Gu'n dthigeadh Iosa le slainte mhor dhoibh,  
 'S an uair ghabh e naduir gu'n phaidh e 'm fiachan,  
 A's thug e dioladh le fhuil a dhortadh.

Tha gaol ri luaidh ann 's cha chualas aicheadh,  
 Righ nan sluagh dol an deigh nan traillean,  
 'S ag eigheach sith, 's O nach pill sibh chairdean,  
 'S gu'm bi mo ghaol duibh co saor 's is aill leibh.

Mar thog Maois an nathair 'san fhasach,  
 'S 'n uair sheallan sluagh ris bha buaidh a's slaint ann,  
 Mar sin tha'n t-Uan sin Mac Dhe air ardach',  
 Thoir slaint do dhaoine le saor ghrasan.

B'e 'n sgeul ro-bhin e air tighinn don fhasach,  
 Gu sluagh tha tinn leis na lotan basmhor,  
 Tha leigheas cinnt ann, is Leigh grasmhor  
 Nach d'fhailiug riamh, a's cha d' iarr e paidheadh.

'S trompaid Dhe e ni feum do thraigean,  
 'S do luchd nam fiachan nach uarrainn paidheadh,  
 Bha ceangailt' riamh ann an cuibhreach Shatain,  
 'S gum faigh iad fuasgladh 'san uair ma's aill leo.  
 'Se 'n sgeul ro-phriscal bheir sith a's suaimhneas,  
     Do 'n dream tha sgith a's fo throm uallach,  
 Tha 'n lagh 'g an diteadh 's 'g an sior-ruagadh,  
     Gu fois a's sith ann am fuil an Uain sin.  
 Tha 'n t-aran beo ann 's gu leoir ri fhaotuinn,  
     Do n' mhac stroghail bha deoth' nam plaosgan ;  
 Tha Athair trocaireach ruith 'na chodhail,  
     A's bheir e pog bha le moran failte :  
 'Se 'n sgeul ro-ghrasmhor do 'n aireamh sgluigh sin,  
     A threig an cairdean 's rinn cach chur suarach,  
 Gum faigh iad peath'raichean agus braithrean,  
     'S bitidh 'n Ti a's aird deanamh cairdeas buan riu.  
 So sgeul air fireantachd fhior-ghlan aluinn,  
     A's robe righail theid sios gu'n sailear,  
 'S na fhuair am fireantachd fein ro-ghraineil,  
     Sud trusgan dubailt bhios ur gu brath deoibh.  
 Tha 'n Soisgeul priseal do'n Ti chaidh sharach',  
     Air son bhi dileas air taobh an t-Slanuighear :  
 Cha bhi dith air dol trid au fasaich,  
     'S tha 'n saibhreas fior aig an tir IMMANUEIL  
 A chairdean'gaol nis nach gabh sibh coir dheth,  
     'S gum bheil iad saor dhuibh na nth glormhor,  
 O'n 's rabhaidh fhior e, cinnt, 's mor an diteadh  
     Do 'n dream ni di-meas air slait co mor ris.

8  
9  
10  
11  
12  
13  
14  
15  
16  
17  
18  
19  
20  
21

## AN CLAR INNSIDH.

Aireanah.	Taobh duilleag.
Preface .....	3
1.—Gradh m' Fhir-Shaoraidh.....	5
2.—Eifeachd a'm ful an Uain.....	11
3.—Buachailllean Israel .....	14
4.—Calbhari.....	17
5.—Coigrich .....	21
6.—An Dachaidh Bhuan.....	26
7.— An Deagh Shaighdear.....	29
8.—An Turus.....	32
9.—Garadh Edein.....	38
10.—Oran Gaoil.....	42
11.—Truaigh Shiorruidh.....	47
12.—Staid Naduir.....	51
13.—Oran do'n t-saoghal.....	56
14.—Gairdeachas an Fhirean.....	60
15.—Aonachd An Spiorad.....	64
16.—Glaodh na Mairtiraich.....	72
17.—La a Bhreitheanais.....	88
18.—Gloir an Uain.....	95
19.—An Geatadh Cumhann.....	101
20.—Am Biobal.....	103
21.—Gearan Nan Gael.....	109

AN CLAR INNSIDH.

22.—Comhairle Do'n Oige.....	113
23.—Oran Do'n Aois.....	119
24.—Bas an Fhirean.....	124
25.—Righ na Uamhas—Bas an Anghidh.....	129
26.—'S leanamh Solasach mi.....	130
27.—Caraid 'is dluthaidh na Brathair.....	133
28.—Tobair na'n uisgeachean beo.....	140
29.—Oran na Missionaries.....	145
30.—An tait bh'aig Eoin.....	150
31.—An t-aonn ni Feumail.....	152
32.—Beatha an Duine.....	154
33.—An Fhois Shioruidh.....	158
34.—Oran d'on Uaigh.....	168
35.—A Chulaidh Sgiamhach.....	164
36.—Oran an Leanamh.....	167
37.—Stri ann an Zion.....	172
38.—An Soisgeul.....	174

.....113  
.....119  
.....124  
.....129  
.....130  
.....133  
.....140  
.....145  
.....150  
.....152  
.....154  
.....158  
.....168  
.....164  
.....167  
.....172  
.....174

## DAIN SPIORADAIL,

NACH ROBH RIAMH AN PRINT.

BHA mis', 'thaobh naduir fuidh fheirg an Ard-Righ,  
Tri chionta Adhamh, 'thug bas da shliochd ;  
Bha mi a dian-rith 'ndeigh nithe diomhain,  
Le an-miannan, gam' shior sgrios ;  
Mar asal fhiadhich, a dh'eas bhuidh srian innt,  
Nach d'thaineg riamh' ghabhail grainne core ;  
Mo chridhe iargalt', 's e laidir fiadhich ;  
Gun smuain air Dia ann, ach gniomhar' olc.

Bha mi, gu dan, anns na h-uile trailleachd ;  
Am' fhior namhaid do'n Ti 'tba shuas :  
Lem' inntin fheolar, smi' comhnuidh beo dhi' ;  
Is i gam' threorach', gach la chum truaigh ;  
Mo chridhe aingidh, 's e lan do'n ardan ;  
'S mo spiorad traileil, a leanamh uaill :  
A nithe graineil, 'tha'n diug' cuir nair' orm ;  
Nach gabh leam aircearn, no idir luaidh.

Bha m' inn tin 'dian-rith 'n deigh nithe diomhain,  
'S gun ghutha air Diadhachd bhi idir ann ;  
Mo ghniomh, 's mo chomh-radh, a feuchainn comhla',  
An t-ole' bha'n comhnuidh, am' chri', an tamh ;

Bha mionnan mor ann, is cainnt neo-ghlan,  
 'S an t-ainn ro ghloirmhor ga luaidh, le tair ;  
 Sad gniomhar' feolar, le comhar' bronach ;  
 Air sligh' na doruinn, da'n crioch am bas.

Bha laithean m' oige, air an chaith an goruich,  
 'S gun neach a seoladh dhomh sligh' ni's fearr,  
 Mo thlachd gu mor, ann 'bhi seinn nan oran,  
 Ri iomadh do-bheairt, ri spors, 's ri gair ;  
 Bha mi deigheil air tighean ceilidh,  
 'S cha b'ann a dheisdeachd briath'r na slaint',  
 Ach sgeulan dhiomhain, is cainnt mhi-Dhiadhufdh,  
 'S gun ghuth air Ios', a bhi idir ann.

Tha 'n ni so-riaghladh, an diugh 's na criochaibhs',  
 'S tha iad ga fheuchainn, nan gniomb, 's nan cainnt,  
 Deir iad, l'em beoil, nach eil ann ach goraich,  
 Ach tha'n cri' an toir air, le moran sannt;  
 Sha'n inntin diomhain, 's an teang' gun srian ri,  
 'Sna h-uil' mi-Dhiadhachd, a rith, gun tamh ;  
 Tha iad, na fhianuis, mar chlann diolain,  
 Gan choir an Ios', no an rioghachd neimh.

Deir sibh, gar dan' dhomh, 'bhi labhairt taireil,  
 Ri comh-urs'naich, 's cairdean, cho ailt' rium fein,  
 Mar so tha'n fhirinn, 's i uile direach,  
 Oir tha sud sgriobht' ann am focal De :  
 Tha diomb aig Dia, ris gach uil' mhi-Dhiadhachd,  
 'S bidh so air fheuchainn, na latha fein  
 'S E'n diugh, gu baigheil, a nochdadhl cairdis,  
 Dh' fheach' am pill sibh trath gu 'bhi an reit'.

Tha'n reit' so dean tu, na aon mbac siorruidh,  
 A chuir E 'dh'iarraidh nam peacaoh truagh ;  
 'S ro ait an sgeul, gun d'thain' Iosa fein ;  
 Gu 'thoirt na eiric, air son a shluaign,  
 Bha mise fein, ann an an-barr teinn,  
 Gus an d'thain' an sgeul so, le fuaim na slaint,  
 'S i 'thag dhomh solas, is beo-dhochas,  
 Is miann 'bhi beo, a reir na fhain.

Tha riban b'asor, le buaireudh shatain,  
 'S an-miannan graineil gam' rith, a gnath,  
 Dh'aom mi le pairt diubh, a chum mo naire,  
 Is thug sud bas orm, car ioma' la,  
 Bha mi air m' fhogradh, mar uan o'n chro,  
 Le peacaoh', mor, an agbaidh 'fhain,  
 Ach bha fianais bheo, am' thaobh 's tigh an comhnuidh,  
 A bha gam' sheol', 'chum an Ti ab' aird.

Ge bu ard shuas E, sheall E 'nuas orm,  
 Gam' cheangal suas, an comhbhann na reit,  
 Bha 'lamb m'an cuairt domh, le caomh-ghradh suairie,  
 Chum mis' a ghuasad, gach la, na dheigb,  
 Tha fhirinn ghloirm hor, gam' shior sheoladh,  
 'S a toirt dhomh solas, an dochas reit',  
 'S bhiodh m' intin' gluasad, 's ag eiridh suas le,  
 Mar eun air fhuadach, 'dol luath air sliabh.

O ! se 'bhi beo, ann san tseol sann comhnuidh,  
 An t-aobhar solais, ro mhór, fuidh 'n ghréin,  
 Tha sruthain fhuara, aig eiridh suas,  
 O natur truaillidh, am' bhallaibh fein,

Gach la gam' sharaeh, 's aig iarruidh fath or  
 'S iad fein, 's mo natur, deanamh 'n aird reit,  
 Ach, le sealltuinn suas, ris an Ti 'thug buaidh mach,  
 Thig gras a nuás uaith, 'ni'n claoideh gu leir.

Bidh mis' an dochas, am fad' 's is beo mi,  
 San Ti a thoisich san obair nuaidh,  
 Gu' cum E suas mi, gach la, a bhuaireadh,  
 'S o'n 'h-uile truaileach, 'tha measg an tsaoil,  
 Ni E mo threorach', le fhirinn chomh aird,  
 Gun gheilt, gun mhor-chuis, an lathair dhaoin',  
 'S mo chumail iosal, gach la, na fhianuis,  
 'S an comhnuidh striochda' da fhaintibh naomh.

Thoir creideamh 's cruadal, is gras, bheir buaidh, dhomh,  
 Is gradh, nach fuaruich, d'on fhirinn chaoin ;  
 Thoir neart, gu gluasad, reir d'fhocail, buadhar,  
 'S thoir m' uile smuainte guthoil' 'bhi deant ;  
 Is gleidh mi sabhailte, trid na fasaichs',  
 Gun oil bheum, na nair', a thoirt, dad chlann,  
 Is ann san dochas sa, cumsa beo mi,  
 Chum thus, a ghlorae'h, gu ceann mo reis.

THA Dia aig innseadh sa' Bhiobul,  
 Le firinn, 's le dhearbh,  
 Gu'n bheil na h-uil' air an diteadh,  
 Fuidh bhinn, 's fo fhearg ;  
 Is a mheuid diubh 's nach' pill,  
 Le iompach', gu dearbh,  
 Gu'm be'n cuibh-roinn ró bhrónach,  
 Ann an doruinn 'bhios searbh.

Sibhs' uil' a tha neo-ghlan,  
 Nar comhradb, 's nár gniomh,  
 'S a tha toileach na feola,  
 A gabhail solais gun fhiamh,  
 Gheibh sibh fathast bhur comh-dhail,  
 'Nar do-bhairt, an sgios,  
 Bidh bhur cuibh-ruinn ra bhrónach,  
 Ann an dorchadas shios.

Sibhs' uil' 'tha lan aradain,  
 Lan gamh lùis 's mi-run,  
 A bhios a dusgadh na aimhreat,  
 Ann's gach coinnimh 'bhios cruin,  
 Sibh mar fhuadar aig Satan,  
 A bhios a ghnath cuir dheibh smuid,  
 Ach thig an teachdaire dan,  
 Is bheir e mhan sibh do'n uir.

Nar gniomh gheibh sibh luigheachd,  
 Ann san dubh-aigein shios,  
 Bidh ann gul, 's giosgan fhiacal,  
 A bhios 'sior mheudaich bhur pian ;  
 Mar ri aingil n tha lionmhor,  
 A chaidh an di', le mi-rian,  
 'Gol cupan feirg Dhia sin,  
 Is E sior mhiadach bhur pian.

Thus' a mhisgeir fhior ghoraidh,  
 'Tha ruith gu doruinn gach la,  
 A bhios ri mionnan, 's ri boilich,  
 'S ri comh-radh neo għlan, gun għras;

Is aobhar eagail do dhoigo dhuit,  
 A dol an comh-dhail a bhaie ;  
 Theid do chursa gu doruinn,  
 Is bidh tu beo ann, an sas.

A luchd bhreug, is cul-chaine',  
 A tha nar naimhclean do'n Triath ;  
 Is sibh direach clauin shatain,  
 Na natur, 's na ghniomh  
 A cuir mi-chliu an airde,  
 O ardan, gun fiadh,  
 Ach thig fathast an la,  
 San toidh bhuar aicheadh le Dia.

Luchd buitseachd, is druidhachd,  
 'S a tha ri innleachdon truagh ;  
 A sior fhaolam a shatan,  
 Is e ga'mhealladh gach uair ;  
 Luchd fiosachd, is sheolan,  
 'Tha cnir ri sgleo 'measg an tsluaign ;  
 Theid iad uile sios comla,  
 Gu doruinn, 's gu truaigh',

Us' a mhurtair, 's a mheirlich,  
 A tha nar naimhdean do'n Ti ;  
 Abhios a gabhal na h-aidhche,  
 A gleidheadh foill air gach ni ;  
 Tha Dia a cluinntin, 's a leirsin  
 Agus ceart bheir bhur binn ;  
 Theid bhur cursa gu doruinn,  
 A thaobh gach do-bheirt a rinn.



Sibhs' uile 'tha sanntach, neo-chairdeil,  
 Is aig ardach' bhur cleith ;  
 Aig altrum truailleachd nar natur  
 'S a braiseadh faintean mhic De ;  
 Le eridheachan aingidh,  
 Mi-thaingeil, gun speis ;  
 A gabhlaid farmad ri'r cairdibh,  
 Is leibh a b'fhear iad 'bhi'n eis.

A luchd-aidich gun ghras,  
 A tha faidlh sgailean ro thruagh ;  
 Gun eifeachd, gun slainte,  
 Ri fuar-chrabh' 'measg nan sluagh ;  
 A dhith at-bhreith o'n Ard Righ,  
 Agus slaint o'n Uan ;  
 Cha teid fiu aon do'n 'chaidh 'radh,  
 A steach do'n aros 'bhios buann.


Tha dream eil' a fhuair gras,  
 Gum' fhagail eraiteach, 's iad faoin ;  
 A bhi gam facinn, mar tha iad,  
 Fuidh rialadh fhaintean chlann-daoin ;  
 Ach thug Dia da shluagh faine,  
 Teachd a Babilon thruaillt',  
 A bhi nam fianuiscean dhasan,  
 'S gu bhi e gnadh leo toirt buaith'

Nach eibhin ri radh  
 Gu'm bi E'm baigh riu, gach uair ;  
 Is nach dean E am fagail  
 Ann san fhasach, bochd fuar ;







## IMAGE EVALUATION TEST TARGET (MT-3)



6"



Photographic  
Sciences  
Corporation

23 WEST MAIN STREET  
WEBSTER, N.Y. 14580  
(716) 872-4503

EEEEE  
FFFFF  
2.8  
2.5  
2.2  
2.0  
1.8  
1.5

III  
II  
I  
0.1

Ged, robh 'n trioblaidean laidir,  
 Trid a ghras, bheir iad buaidh ;  
 Bheir E 'steach iad do'n Aros,  
 Sam bheil E lathair achd bhi bhuan.

Gheibh iad acibhneas gusiorruidh,  
 Bidh iad sgiamhach gu brath ;  
 Ann sa ghloir 'tha neo-chriochnuicht',  
 Cha bhi pian ang, no cradh ;  
 Bidh iad mar aingil na fhiannuis,  
 Nach dach rianh bho air call ;  
 Biadh a ghloir ga'n sior lionadh,  
 Is bidh dion ac' gu brath.

B'fhearr gu'n tuigeadh clann-daoin',  
 Nach sgeul faoin 'tha mi luaidh ;  
 Iad a chreidsin san Fhirinn,  
 'S ann san Iobairt 'tbug buaidh,'  
 Bhiodh an aoibhneas ro phriseil,  
 Bhiodh sith ac', is dhuis ;  
 Ann san tsolas neo-chriochnuicht',  
 A tha san rioghachd bhith-bhuain.

'S BEOCHD an naicheashd, 's gur truagh,  
 A tha agams' ri buaidh, gun chaird ;  
 Mar 'tha aingeachd an tsluaign,  
 Air faotain mor-bhuaidh an aird ;

Tha an eridheachan cruaidh,  
 Is tha nicteim ro uasal aiad ;  
 'S iad a ruith chum na h-uaigh,  
 O'n a dhiult iad an t-Uan, le 'shlaint'.

Tha iadsan gun chiall,  
 Ga dhearbhadh le'n gniombh, 's le caint ;  
 Is iad ag imeghd gu dian,  
 Ann san tslighe, da'n crioch am bas ;  
 O'n nach creid iad an Ios',  
 Is nach eisd ri bri'ar a ghraidh ;  
 'S e a bheireadh dhoibh sith,  
 Agus sonas, an rioghachd anaigh.

Tha mise gle sgith,  
 Do aing'eachd na tir, mar tha ;  
 Air dhomh seal tuinn m'an cuairt,  
 'S a faicin mor-shluagh, gun ghradh ;  
 O ! nach gabh thu dhiubh truas,  
 Agus cuir iad gu gluasad drast ;  
 'Chum gu'n teich iad gu luath,  
 Dhionnsuidh 'n Ti sin 'thug buaidh air bhas.

O ! 'Thi a tha'n gloir,  
 'Measg nan aingeal is mo a th'ann ;  
 Nach seall thu, le foir,  
 Agus duisgsa na sloigh 'ta marbh ;  
 Dean a nis' an toirt beo,  
 Le eolas gach lo air gradh ;  
 'N sin cha chi iad sa' cheo,  
 'S ann 'bhios sith ac', an sogh, 's an agh.

O'n 'stu fein an ceann-iuil,  
 Thoir dhomh eolas, iul, is ras ;  
 A chum gu'n imich mi'n sith,  
 Le eolas air Criod gach am ;  
 O ! dean glic mi 's gach ni,  
 'S cum mi'n taic' ris an Ti is aird ;  
 'Se 'bheir beatha, gun dith,  
 Do gach neach 'ghabh ri Ios', le ghraidh.

Tha mise bochd fann,  
 'S mi 'thanh ann an gleann nan deoir ;  
 Ach ni mi seal tuinn an aird,  
 Ris an Ti sin is aird an gloir ;  
 'Se bhair eolas nach gann,  
 Do dheoribh bhochd, fhann, gun treoir ;  
 Ni e'n trearach sa' gheann,  
 Tre chreid chum shlaint gu gloir.

O ! nach duisg sibh, a shluagh,  
 A fhuair eolas 'bhi luaidh air Ios ;  
 Agus siubhlibh ga luath,  
 'Chum' gun glorichd s.sibh'n Uan gun sgios ;  
 Ged' 'chaidh thas gadh san uaigh,  
 Thain' an Gangeach, le buaidh, a nis :  
 Tha na nearest da shluagh,  
 'Chan' fhacas leis truaill'eachd shois.

Tha buaidh na fhior ghradhb,  
 A ni bhur tarruing a ghna ris fein ;  
 'Se bheir dhuich glioibh is agh,  
 A ni bhur saoradh, gu brath, ophein ;

'S bheir dhuibh doigh, le 'mhor ghras,  
 'Chum 'bhi beo leis gaoth trath, le speis  
 Biodh bhurn eolas a fas,  
 'S biodh chur solas na ghras gun eis.

O ! gluaisibh na ghradh,  
 'S gheibh sibh tearuint, fo' sgail a sge ;  
 Fneoil thug dhuibh mar bhiadh,  
 Agus fluil mar dheoch ioc-shlaint reidh ;  
 'Chum sibh 'bhi glan o gach ni,  
 'Bha mi-thaitneach da iomhaigh fein ;  
 Gus an ruig sebh an rioghachd,  
 'S bhe sebh so na gu seorruidh na de.

'S i crioch araid chur graidh,  
 'Bhi an cairdeas, 's am baigh an Ti ;  
 A dh'fhiuling am bas,  
 Ach a dheirich an aird, gu ris ;  
 O'n a choisen e 'bhuaidh,  
 Air bhais air uaigh, gu'r dion ;  
 Bodh e'n toiseach bhur luaidh  
 'S bidh fhois leibh o thruaigh gach sion.

Deanaibh cleachdo do ghradh,  
 'S cha toir peaca oirbh cradh no bron ;  
 Geal mar shneachda aon trath,  
 Bidh dreach oirbh, le agh, gun leon ;  
 Mar an t or is ra fhearr,  
 'Seinn oran an aros sith ;  
 Ni e foir oirbh, o'n aird ;  
 Gheibh sibh coir, agus cairdas, an Ti.

Bidh sibh cosmhuil ri'r Triath,  
 Ann an cruth, ann gne an gradh ;  
 Bidh sibh iomlan an naomh,  
 Fuidh rialadh bhur Dia, le agh ;  
 Cuirear cruin air bhur cinn,  
 'S pailm mar righ 'nar laimh ;  
 Chautainn oran na naomh,  
 'S cha sgith sibh chaoidh ga sheinn.

---

B' e m' aoibhneas ro mhór,  
 Gu'm foillsicht' do ghloir ;  
 Gu soillseach' cud mhór do'n tsaluagh :  
 Agus d' iomhaigh, le neart,  
 A bhi toirt fianuis gu ceart ;  
 Gu iompachadh pheacach thruagh.

O'n tha thu uile deth ghaol,  
 A thain' a thearnadh clann-daoin' ;  
 O'n doille 's o'n daors', truagh :  
 Sam bheil iad ceanguit' gu teann,  
 Aig an namhaid am fang ;  
 'Se gum mealladh gach am gu truagh'.

Is tu 'n lo-chran gaoil,  
 'S tu solas an tsa'oil ;  
 'S tu' bheir eolas do dhaoin', le truas :  
 O ! thigsa gun dail,  
 Agus doirt oirn à mbaen  
 Dethd' spiarad, o'n aird, a nuas.

'S tu Ughdair na slaint',  
 Is i uil' ann do laimh ;  
 Is Tu toileach 'bhi ga pairt, ri sluagh :  
 'Se am beath' uait, le fault,  
 Is ni thu 'n glacadh air luimh,  
 Gu'n toirt dathuigh, gu Pharras, suas.

Ach mo thruaighe, 'sann tha  
 Moran sluagh 'deanamh tair,  
 Agus di-meas air slaint' an Uain ;  
 A thainig, na nait,  
 Is a dhfhui ling an bas ;  
 Ach a dheirich, naird 's thug buadh.

Tha an inntinean dall,  
 Is an cridheachan mall ;  
 Tha an slighean ro cham, is claon ;  
 Iad mar mhairbh ann san uaigh,  
 Is cha ghabh iad dhuinn gluas'd ;  
 Gus an tig tha led' fhuaim, do ghaoil.

Is e do ghaols' a bhi beo  
 Na hanma 'tha leont,  
 'S ni iad subhach, le ceol nan cri ;  
 Is bheir dhoibh dochas, tre gras,  
 San ais-ciridh 's fearr,  
 Le coir air fior shlaint' an Ti.

B'fhearr gun tuigeadh clann-daoin',  
 Iad a bhi beo na ghaol ;  
 Agus cul 'chuir ri saoghail, truagh ;  
 Bhiodh an aoibhneas a fas,

Bhiodh iad crislucht' le gras ;  
 Is bhiodh ola nan lamb, 'dol suas.

Boidh litrichean Ioin,  
 Pheadair is Phoil ; an  
 Is an sqisgeul, gloir, mor an Ti ;  
 A toirt doibh beatha gach la,  
 Anu an eolas air slaint' ;  
 Agus dochas, tre'n bhas bheir buadh.

Bhiodh sith ac' a ghnath,  
 Ris an Ti sin is aird ;  
 Le creideamh, is gradh, ris reidh ;  
 Is iad nan creutairean nuadh,  
 Le caithe-beatha, neo truaitl ;  
 'S bhiodh an inntin 'dol suas na dheigh.

Bhiodh brirain na slaint,  
 Air a shailadh le gras ;  
 A toirt an cridhe a mhan, o'n cruas ;  
 Le inntin iriosal thlath,  
 A dol gu cathair nan gras ;  
 'Sireadh gliocas, o'n aird, a nuas.

O na Ministeir aillt',  
 A tha maiseach, thar chach ;  
 'Sgrudas cridh, 'agus airnean dhaon' :  
 'S E cheallas a n namhaid,  
 'S a fhuasghlois an traill ;  
 'S bher coir air slaint shaor.

Is e Ios' 'tha mi luaidh,  
 Na ainm phriseil tha buaidh ;

'S e bheir slaint do gach traughan tian ;  
 'S e lighich 's aird,  
 'S e a leighis a phlaigh ;  
 Righich, oirn trid'adhamh, nios.

O'n 'tha an cuireadh cho fial,  
 Is an gairm tigh'no Dhia ;  
 Sibh a chreidsin an Ios', gun dail ;  
 Mus an tig oirbh am bas,  
 'S aig Lagh a cheartais an sas ;  
 A ni bhur cumail, gu brath, fuidh leon.

Bidh chur cor dheth ro thruagh,  
 Theid bhur cuir ann san uaigh,  
 Gun fhurtachd gun fuasgladh an ;  
 Ach a chombhuaidh am pian,  
 Ann an lasraichean dian ;  
 'Sgull 's gios gunn rir Biachlan bhi aon.

Sibhs' a chluinneas ma dhan,  
 Gathraig rabhadh na thrath ;  
 Agus thigibh, gun dail, gu Ios' ;  
 Oir m'a thig oirbh am bas,  
 Is sibh gun eolas, gun ghras ;  
 Gu'm bi sibh, gu brath, an pian.

---

THA naidheachdan lianmhac,  
 Nach fiach 'bhi gan airis ;  
 Ach tha aon te, ru sfeuneoil,  
 'Sra eibhin air thalamh ;

'Se sin gun dainig mae Dhe,  
 'S gun deach' a cheusadh san fbearrann;  
 'S' gu'm bheil eibhachd na bhas-san,  
 'Chum slaint' de gach anam.'

Dhoillsich Dia dhuinn a ghradh,  
 'Nuair 'chuir E bbandhuinn a leanamh ;  
 As a gnloir 'tha neo-chriochnaicht',  
 Ach leig E sios i car teamuill ;  
 Ghabh E natur clann daoin' air,  
 Ach bha E saor o gach ceannaire ;  
 'S thug E umhlachd do'n riaghait,  
 A thug Dia dhuinn air thalamh.

Bha 'n lagh 'giarraidh umhlachd,  
 Ann's gach pung, 'sa bhi seasmhach ;  
 Bho 'thuit an ciad Adhamh,  
 Thainig bas air a shlichsan ;  
 Ach thainig Aon Ungta,  
 Ann nain ruim ; is nan riochdsan ;  
 Thug E dioladh le 'bhas,  
 Do dha chlar sin a cheartair.

'Nis' tha sith air a h-eigheach,  
 Agus reit ris gaeh anam ;  
 Mas a sean, na ma's og iad,  
 'Tha beo 'n diug air thalamh ;  
 'Ghabh 's 'ri iobairt Mhic Dhe sin,  
 'Rinn an eirig a cheannach ;  
 Dhoirt E 'fhuil 'chum an saoradh,  
 'Chum an naomhach', 's an glanadh.

'Se so lunait mo dhochais,  
 'S tha 'toirt solais do m'anam ;  
 Gun d'ainig Ios' ann san fheoil,  
 'S gun 'ghabh E comhn uidh air thalamh ;  
 Gn'n deach' fhuil-san a dhortadh,  
 'S gu'm bheil gu leoir innt' gu glanadh ;  
 'S bheir i saorsa, is solas,  
 Do neach a dholas gu glan i.

'Nis tha m'iuntin-sa riaruicht',  
 Annan dioladh na fal, ud ;  
 'Dhoirt Dia lem' chuid fiachan,  
 Air Iosa, ma chairid ;  
 'Nis tha 'n reit' air a deanamh,  
 Eadar Dia, is an t-anam ;  
 Ann san iobairt 'tha siorruidh,  
 'Tha fialaidh, gun smal air.

'Si so naidheachd is cunradh,  
 'tha i ur dhomh, gach latha ;  
 'Ni 's millse na ubhlan,  
 'Nuair 'thig druicid as na fhlaithis ;  
 'Ni m'inibh-sa ghluasadadh,  
 Mar iolair luath ann san athar.  
 'Nuair 'thig an gaol feadh mo bhuaidhan,  
 Gam' thurruiing suas, as a dheadhaidh.

Ni eile ro phrisail,  
 A bheir sith dhomh, gach latha ;  
 A chuir Iosa, mar dhileab,  
 Anios, 'sann o'n Athair ;

'Se sin spioradh na firinn,  
 A tha 'ginnseadh dhomh 'n rathaid ;  
 Agus 'fhocal, mar lo-chran,  
 'Chum ma threorach' gach latha.

Tha gheulladhchan luachmhor,  
 Ro buan, agus seasimhach ;  
 Dha gach aon neach d'on t-sluagh sin,  
 A ghluaiseas 'reir fhac ail ;  
 Bidh solasan buan doibh,  
 'S cha chualas, 's cha n' fhac as ;  
 Na tha dh-aobhneasan siorruidh,  
 Aig Iosa dhoibh 'n tasgaidh.

O ! gu gluasad na fhirin,  
 'Sa bhi 'si riu, gach latha ;  
 Cha ghabh sa innseadh le firinn,  
 Ach do na dhimis san rathad ;  
 Ach biodh ma dhochas na iobairt,  
 Agus chi mi E fathasd ;  
 La tional na treuda,  
 'Smo a'obhniis ri fhaidhen.

'Nuair 'thig Ios', ann na ghloir,  
 'Chum nan oighean 'thoirt dathigh ;  
 Their E riu', si ma shluaghsha,  
 Aghluais ann mo reachdan ;  
 'Ghiulain amgharan morr  
 Agus brons agus masladh ;  
 Siubhlibh 'nis' 'stigh d'on oighreadhb,  
 Sa'm bheil aoibhneasan paitl dhuibh'.

'T sin dealraidh na fireint,  
 Ann an riaghachd an Athar ;  
 Cho soilleir sa gbrian,  
 Aig triall ann san athar ;  
 'Cantuinn oran an gu siorruidh,  
 Nach 'eil aig aingleau ri 'ratha ;  
 Shaor t-Uan sinn o thruaighe,  
 'S bha gach truaille'achd bha ruinn ceangailt.'

Bidh iad coltach ri Iosa,  
 Ann an iomhaigh a mhais-san ;  
 Nam oighreachan siorruidh,  
 Air Dia, a reir 'fhacail ;  
 Anns a ghloir 'tha neo-chriochnuicht',  
 Air caithrichean ceartais ;  
 Nan Righrean, gu siorruidh,  
 Agus saora na pheacadh.

O ! uile chlann-daoine,  
 Nach aom sibh gu rathad ;  
 Nach eisd sibh an gaole,  
 'Tha 'g eighich gach la.  
 O ! thigibh am' iomisuidh  
 Agus gheibh sibh uam beatha ;  
 'S ni mi 'ur pogadh le failte,  
 Qir tha ait' ann duibh fathasd.

O ! CHOIN sann 'tha 'nan-eibhinn,  
 Air na huile, nach 'eil 'gcilleadh ;

Dha 'n Ti sin 'tha 'geighich,  
 'Biobh reidh rium, a chairdean.

Tha sibhse 'dhi ceil,  
 Gun tuigse, 's gun leirsin ;  
 A tha 'gradhachadh eucair,  
 'S mac Dhe 'thighin, gar tearnadh.

Than fhirinn aig innseadh,  
 Gu'n bheil na huil air an diteadh,  
 'Tha deanamh tair, agus dimeas,  
 Air Iobairt na slaint.

Och, nan ochain, mar 'tha mi,  
 'Smi bhi coimhid mo chairdean ;  
 Mo chombh-fheoil is mo chlann san,  
 Gach la a tamh ann nan aing'eachd.

Ach 'Thi 'thug Maois as an Ephaid,  
 'S clann Israel, le cheill ;  
 Gabh truas do na feumnaich  
 'S bi fein dhoibh 'd'fhear-tearnidh.

Mar' sgoilt tha 'mhuir ruagh dhoibh,  
 'Si na balladh mu'n cuairt dhoibh ;  
 Thoir, troidh ful an Uain, iad,  
 Gus an gluais iad nad' ghradh san.

Thoir dhoibh creideamh, is dochas,  
 Ann san Iobairt is glormhoir ;  
 Dean an teagastg, 'san seoladh,  
 Ann an eolas airt taintean.

Cha dian a chaochladh bonn feum dhoibh,  
 Ged' bhiodh iad ri spairn treigadh euc air ;

'Dheasbhuidh creideamh air mac Dhe,  
Cha bhi feum nan cuid sgailean,

'Sann na fhuil-san 'tha'n eifeachd,  
Do'n ti 'chreideas, 'sa gheilleas ;  
'Si 'ghlanas a euair,  
Na mi iad reidh ris an Ard-Righ.

Thoir dhoibh blasad, le solas,  
Air brighna fol a 'chaidh 'dhortadh ;  
'S cum suas iad, comhnuidh,  
Gu 'bhi beo, ann an gradh dhuit.

Ged' 'bhiodh uisgeachan Mharah,  
Ri 'nol ach ga'n sarach ;  
Thoir dhoibh mil, a charraig nan Ailtean,  
Air bharr gach slait amhghair.

'N sin seinnidh iad ceol duit,  
Gun gheilt is gun mhor-chuis ;  
Le inntin irisil, stolt  
A tabhairt gloir do Emmanuel.

O ! cumsa 'n sin suas iad,  
'S bi 'd bhalladh ma'n chuairt dhoibh ;  
O'n 's tu fein an t-Ard Bhuach all,  
'Bheir na h-uain gu deagh ailein.

Dean an beathach led' shirinn,  
'S biodh do spiarat ga, mineach ;  
Thoir dochas na sith dhoibh,  
'na diobradh do' ghras' s' iad.

Dian an socharach' gu comhnard,  
Air a bhunait is glormhoir ;

A shuidhich Dia na bhon-dochas,  
Do'n chuiil 'tha beo do shiol Adhamh.

'Si so 'bhunait 'tha 'n sion,  
Air 'm bheil Eaglais Iosa ;  
'Chumas tearuint' gu crich i,  
Dhain-deoin innleachd an nambaid.

Oir, an Ti 'shuidhich le 'ghras i,  
'Cumaidh 'chumhachd's a 'n aird i ;  
Scha toir riobachan shatain,  
Gu brath as a laimh i.

Do 'n Ti dhaidicheas eucair,  
'Chabh 's ri Iobairt mhic De sin ;  
Ni Dia ris-san reite,  
'S cha treig E gu brath e.

O ! anam, nach eisd thu,  
Nach d'thig thu 's thoir geill da ;  
'M fad 's 'tha trocair aig eighaich,  
Bidh mi reidh riut an drasda.

'Scha n 'eil mo thuigs' ach mar leanaban,  
Gu 'bhi leantuin an tseanachais ;  
Ged' bu 'choir dhomb, 'thaobh m'aimsir,  
Abhi 'm fhior-duine laider.

Ach 'se m'fiartas 'sma dhurachd,  
Do na huil 'tha dluth dhomh ;  
Gu'n toir thu gras doibh 'bheir umhlachd,  
Ged' bhithinn san uir air mo charamb.

'SE Iosa an ceilidh is feumail 'tha 's tir,  
 'Stu dh'eudas 'b' eibhin m'a gbeibh E riut sith ;  
 'S E fh'urticheas t-sheumort, 'dhaon eigin gam bi ;  
 'S bheir dhuit slainte, le solas, chuireas bron bhar bhur  
 cri.

Se a spiorad 'fh'uasgleas, na bhuaidhnean graidh,  
 Tha gheallachan ro buachmhòr, a nuas, 'teachd o'n aird,  
 Cha n'urra 'dhomh 'n innse, na 'mineachd 'n tras,  
 Ach 's toilinntin, le sith iad nach diobair gu brath.

'Se as 'a bhunait dochais air a shonrach' le Dia,  
 'Se 'n dain nach tha laidir, nach faillin, a choideh ;  
 'Se 'n lobairt E chum slaint' rinn gach samhl chuir air  
 eul,  
 Se'm ts lighe E chum tearnaigh, cuir ann san do dhuil.

'Se Ios' asgn fear-posda, is boidhich 'tha 's tir,  
 Chur E gliochas, is eolas, a chombaidh nad' chri,  
 Ni ghliocas do sheoladh 's do threorach, ' sa gach tiom,  
 'S bi do chomunn sa on sith ris, na dibir thus' i.

Tha chuireacl an ro luachmhòr, a nuas, tighin o'n aird,  
 Aig eighich riut, an cemhnuich, thig, 's bi beo, le mo  
 bhas ;

Rinn mise m' fhuil a dhortadh, a dheoineach dhuit slaint'  
 'S għlanis uait do thruilleachd o ol ċi, gun tamh.

Tha do jeannainsa, 'tha lianmhòr cur orm mi-thlachd  
 gach la,  
 Anamhiann 'a gus ardan, is uaill agus nair ;  
 Ach thigs' ann amcho' ail, is pog mo shlat-ghraidi ;  
 'Sni mi 'n sgiurs sa, 'sam fogradhb, s' bi' mi 'chonuith  
 nan ait.

B'i nar caidreanhamañ an gaol, 's chan 'aom mi uait, gu  
brath,

Bi 'darna lamh mu's cuairt duit, 's te eile fo do cheann ;  
Bi siinne nar naon, an gaol, 's ann an gradh,  
Le ceangal, nach gabh fuasgladh, le uaigh, no le bas.

O 's 'sona 'n ti 'bheir eisdeachd, is geil dhom na thrath,  
'N' mi 'sgeadach' lem' fhireantachh, 's bi sith aig',  
trem' ghras ;

Bi' mis' am' aran beo dha, i'sbheir e gloir dhòmh, gach  
la, [aithm].  
Le creideamh, bheir e buaidh 'mach, le gluasad am'

'Si m'aithn 'sa 'bheir dha solas, is dochas na slaint',  
Tha beatha innt' an comhnuidh, ga chumail beo o'n bhas;  
Cha bhi uireasamh na dith air 's cha dibir mo ghradh',  
Bi ainn san agum sgríobhta, air dearn' mo laimh.

Ged' robh spioraid blrist, bruiti, is ciurte san am,  
Thig leigheasan as ur uam, ga'n dunadh an aird'  
Bidh mis' mar an driuchd dha, ga urach', gach la :  
'S bheir mi torah air, 'bhios cunradh, toirt umhlachd  
dom aithn ;

'Se umhlachd, agus gradh, an drast, 'tha uam ;  
'S tha mi air ullach ait' da, san aros 'tha shuas ;  
'Snuair 'thig mi, bheir m' naird e, 's bidh e paigthe le  
duais ;

Theid crun mu cheann a charaibh, lem laimhs' thug  
dha buaidh.

'Nuair bheir mi 'stigh san ait sine bi e ailte gu leoir ;  
Cha sgiamhach ris na h-aingle, 'toirt graidh dhomb, le  
ceol ;

B' i es mis, is iadsan, a thamh ann an gloir,  
 'Gimeachd air na sraidean, air an dianamh' naird don or.

Cha bhi bron, no pein, no truaigh an, na buaireadh no  
 bas,

Tha n-uile an gaol ann, gun rainnean na na phairt;  
 Bidh seachranachd na fas aich 's gu brath air an cul;  
 'Sna huile gealladh grasmhor, gan sealbhach' as ur,

Tha sonas, nach gabb luaidh a n, 'se buan martha Dia,  
 'Feitheamh air phairti, a ghradhaich an Tri ath;  
 Tha iad uil' nam braith rean, sna eairdean do dh' Ios,  
 Oir dhullich E dhoibh aite, 's m' bi iad tearaint' o phian.

Tha 'n tait' naionad glormhor 's E 'chombnuidh ann, E  
 feain.

'S bheir E suas an deoir ann, 's am bachd o'n otreach  
 bhein; 'Na huile aon 'bheir gloir, 'sa bhios beo sann da reir;  
 Bi Iosa na fhear posd', da chuid oighean gu leir.

**CREIDHAMH**, dochas, is gradh;  
 Tri nitha bheir fas, chum buaidh;  
 Da gach aon a fhuair gras,  
 A bhi's 'n cochommunn blath an Uain;  
 Bheir a ghradh or gach la,  
 'Bhi ga leantuin, ghna, 's gach uair,  
 'S ged' fhaith iad mi-chliu o chaich,  
 Gheibh iad onair, o'n te-slanuighear shuas.

'Smor an onair dhoibh fein,  
 'Bhi air an gairm, a chum geill da reachd ;  
 'Sumhlachd 'tha bhaint gu leir,  
 Da uil, iartasan, fein 'tha ceart ;  
 'S iad is luachmhor' na 'n tor,  
 'Chum an coimhead, le moran thaachd ;  
 'Saoibreis fiar iad, nach treig,  
 Do gach neach 'bheir dhoibh geill, gu ceart.

Ach tha mise boche, fann ;  
 'S tha mo cheuman ro mhall, a gluas'd ;  
 Dhian mo bheothaich', gu treuin,  
 Gus an ruith mi san reis, ni 's luaith' ;  
 Thoir air mo chreideamh, 'bhi fas,  
 Le neart ur, 'bhi gach la 'tin uait ;  
 Gus an siubhail mi'd-cheum,  
 'Reir d'eisimpleir, fein, 's do shluaign.

'Si so 'n eisimpleir mhin,  
 'S tha i uile co simplidh tlaith ;  
 Gun ardan, gun stri,  
 Gun mhi-chliu, gun mbiorun, gun fairg ;  
 Ach i uile na gaol,  
 'S gun chlaonadh idir bho taithn' ;  
 Ach ciuin, iorpsal, naomh,  
 'Toirt urraim do'n Ti is aird'.

O ! fanams' na pairt,  
 'S dian ma stiuradh a ghua riut reidh,  
 'S dian mo chumail, gach la,  
 Annan umhlachd do d'aithcean tan fein,

Cuir uam ardan, is uaill ;  
 'S thoir dhomh creideamh, bheir buaidh, 's gach ceum ;  
 'S glan mo chridh 'onithibh truaillt',  
 Le fuil na h-iobairt, 'thug suas e fein.

'N sin thig urach' do mhais',  
 Mar an druchd, air an fhaich', toirt fais ;  
 'S nnair 'thig gras uait, gu paitl,  
 Bidh mo chupan 's cuic' thart, 'so lan ;  
 'Stu 'ni 'n spiorad ro ait,  
 'Nuair a shineas tu' mach do lamh ;  
 Le fuasgladh, gun airc,  
 'S bi' mo chridhe dhuit laist', le gradh,

'Nuair 'thig foillseach' do d' ghloir,  
 'S tu 's maisich 's is boich fous gheirein ;  
 Theid mo bhuaidheans', gu ceol,  
 'S bi' gach aon diu 'toirt gloir dhuit fein ;  
 Chi mi saoibhreas do ghraidh,  
 'S da neart foirfe, am laigs', da reir ;  
 'S an cumhachd uil' ann ad lair,  
 Gam' thoirt, mar chreich, o'n a bhas, dnit fein.

Tha na failseachan 's gann,  
 Le miad na truaideachd' tha 'thamh-anum fein ;  
 Ach bi mo dhochas a fas,  
 'S tu mhuin ghinn 's mo thearmunn treun,  
 'S tu mo bhunait gach la,  
 'S daon mo chumail, so' agail do sge' ;  
 'Chum 's nach gabh mi dhiot nair,  
 Ach 'bhi gad' aimheil, 's gach ait an d'eid.

Cuir uan dochasan truaillt,  
 'Bhios gun toradh, 'bhoir bualdhach, ach bla;  
 'Bhios 'dol Chuig', agus uaith,  
 'Bhios mar shoitheach air cuan, gun rannh;  
 'Bhios n eosheasmhach, na'n gluas'd,  
 Gun 'bhi 'n taice ris a bhuachaill 's aird;  
 Ach aideach', gun bhrigh,  
 'S guu toradh na firinn 'bhi fas.

Cum mo dhochas gu teann,  
 Ris an iobairt 'rinn gach samhl' chuir air cul,  
 Bho'n dig fuasgladh 's gach am,  
 'Dhaon deuchain gan dig an aird s gach cuis;  
 'S dean mo threorach' gach la,  
 Gu 'bhi seal bhachadh grais, as ur;  
 'S doirt da ghradh ann mo chri,  
 'Sna ceil orm, a choidh do gnuis.

Tarruing dluthmi, led' ghradh,  
 'S bidh me 'n duil ruit, gu brath, nach treig;  
 'S dean mo chumail, gach am,  
 Ann an umhlachd dod' aitheantan fein;  
 Thoir dhomh am blas a fhuair cach,  
 'Rinn an coimhead, a ghnath, le speis;  
 Gus nach caill mi dhiu m' chail,  
 Ach a buannachd, gu ceann mo reis.

'Nuair 'thig ceann air an nin',  
 'Thoilich thus', anna do run, dhomh falbh;  
 O ! biadh aingle do chuir,  
 'N sin ga mo s diuradh, 'ghnath;

'Do  
 Bho  
 Dea  
 Gu  
 'N s  
 Gun  
 Cha  
 Na n  
 Bidh  
 Air a  
 'S bi  
 Ga d

Tha  
 A me  
 Tha i  
 A gab  
 Tha c  
 Gun t  
 Le in  
 A dhic

Nach  
 Deth  
 Is iad  
 A dear

'Dol tre gheann dorcha bhas,  
 Bho gach cunn ard, is gabh' 'bhios ann ;  
 Dean mo ghleidheadh, san am,  
 Gu 'bhi maille riut fein 's ri d' chlann,

'N sin seinnidh mi ceol,  
 Gun trioblaid, gun leon, gun agios ;  
 Cha bhi laigse na feoil',  
 Na mi-chreideamb', toirt broin dhomb 'ris ;  
 Bidh gach truailliachd, 's mi-cheill,  
 Air an glanadh uam feip, a choidch ;  
 'S bidhmi su aimhneach, gu leoир,  
 Ga do mhol' ann an gloir, gun chrioch.

---

Tha gradh na feola na mi ro shomracht',  
 A mealladh mor an, le 'bhi gun chiall ;  
 Tha iad gu deonach, gu h-eatrom gorach,  
 A gabhuil solas da'n ana-miann ;  
 Tha cuid, le mor-chuis, a deanamh bost as,  
 Gun tuigs', gun eolas air nithibh Dhia :  
 Le innitin sheolar, is e gan treorach',  
 A dhionnsuidh doruinn a bhios gun chrioch.

Nach truagh ri radh, gu'm faighear aireamh,  
 Deth anumaibh neo-bhasor a ghimich agos ?  
 Is iad g' abhailt a' eilear naturr',  
 A deanamh tar-chuis air nithibh Dhia ;

A rith gu dian an deigh nitibh diomhain,  
 Guu tuigs', gun chiall, ach mu'u tslighe fhiar;  
 Ach bheir iad cuntas an lath'r na Trionaid,  
 Air gach focal diomhain, cho maith ri gniomh.

Tha aireamh lionmhor gun chumadh diadhachd,  
 'N deigh nithe diomhain a rith gach la;  
 'S e 'n tlachd, 's am miann, is an dian-iartas,  
 'Bhi maiseach, sgiamhach, am fianuis chaich;  
 Tha iad a feuchainn le'u uile ghniomhar',  
 Bhi dhultadh Dhia, san an 'ta lathr;  
 Cha'n aill leo stsiochda do ainn' na Trianaid,  
 Mu'm faigh iad mi-chliu o chach.

Tha iadsan gorach, n diultadh eolais,  
 'S e saor na leor dhoibh, gach uile la :  
 'S e cleachd' na h-oige 'bhi eatrom, gorach,  
 Aigimeachd sporsail, san taogh'l ta lath'r;  
 Gun bheachd air diadhachd, gun smuain air siorachd,  
 Cha neil an tiartas so nan caill;  
 'S e abhar bhroin, 'bhi facim' n seorts' so,  
 A rith an do-bheairt na h-uil la.

Is mis' 'tha cianail, 'measg sluagh neo-rianail,  
 Ta diulta iartas an Ti is ard;  
 Le cri iargalt, gan ghradh do Dhia ann,  
 Gun suin da iartais, no da fhain;  
 Ach inntin luineach, 's iad siubhal uasal,  
 Gun suim da gluasad, no da ghnath;  
 Bneir bas gu uaigh iad, is bheir Dia 'n duais doibh,  
 A reir an gluasad ann a lath'r.

Tha sluagh an tsaoghail so carach, caochlach,  
 Aig iarruidh maoin, agus inbh ro ard;  
 Is saibhreas faoin sa, mar osag ghaoithe,  
 A thig, 's a sgaoileas, gun thios duit 'cait';  
 Tha clann-daoin' ga rith, mar 'n taon ni,  
 A bhios gun chaochla', is gun cheann;  
 Ach 's ionmhas faoin e, ga thoirt air faoin-trath  
 Ga chumail daonnan a shligh' na slaint'.

Mo thruaighe leir gu'n d'thug mi speis da,  
 Nach d' rinn mi threigsin an laithean m' oig;  
 'S e chuir mi 'n deigh-laimh, 's a dh'fhag ni euslan,  
 Ann am cheum, dhionnsuidh gloir;  
 Bha mis' gun leiorsin, is es' gam leudach,  
 Gu fein-speis, ann an miann na feol:  
 Ach cliu do'n eiric, a rinn an reite,  
 'S E'n diugh ag eigheach, 'Thig, is ol.

Tha 'n tuisge beo so saor ga leor,  
 Do gach neach a dh'olas dethi, chum an slaint;  
 Is amhainn sholais, o'n chathair ghoileire,  
 A rith gu boidheach, le sruthaibh seimh;  
 'S e 'chuireas ceol anns gach anam-bronach,  
 Mu 's e gun ol iad doth 'reir nam faint;  
 Is ni e 'n saoradh o staid na doruinn,  
 'S an cumail beo ann an sligh; na slaint'.

Is amhuinn lan i, o thobar Dhaibhidh,  
 'S i rith a ghnath a na sruthaibh seimh;  
 A sior thoirt slainte do shiöl Abraim,  
 A chum an aingeachd a glan air fèilbh;

Na beath' do Israel, gach ceum a ni iad,  
 Le siubhal direach na shirinn reich ;  
 Tha a ghealla icunteach, 's a choidch cha dibir e,  
 Bidh e na dhidein da 'n am an fheum.

O ! chlann nan daoin, nach treig sibh faoineachd,  
 Is thugaibh gaol do aon mhac De ;  
 A chuir do'n tsaoghal E, chum bhur saoraidh,  
 O gach daorsa, agus pein ;  
 'S a chum bhur tearnuadh o staid bhasoir,  
 A thug ciont Adhamh air a shliochd gu leir ;  
 Bhuir toir gu sabhailt tre gach gabhadh,  
 Da thir chanaan, sam bheil E fein.

'S e 'm peaca 'chuir an drui dhoachd  
 Air na miltean do'n taluagh,  
 Dhall e suilan an inntin,  
 'S dhfhag e'n eridheachan cruaidh ;  
 Tha'd gun tuigse, gun chiall aq',  
 Gun iar tas dol uaith ;  
 Toirt gradh do ni diomhain,  
 'S dh' anamhianna truailt'.

Tha cuid diubbh, le prois,  
 Deanamh host as na fhuaire ;  
 Do shaibhroas, 's do storas,  
 Lan mor-chuis, is uail;

Mar ni a mhaireadh gu siorruidh,  
 'S dheanadh 'n dion a gach truaigh ;  
 'Tha aca mar iomhaigh,  
 'S e is Dia dhoibh gach uair.

Tha 'n eridheachan sanntach,  
 Lan ardain, is uaill ;  
 'S iad mar adhal tranaich ghraineil,  
 Ann an lath'r 'n Ti 'tha shuas ;  
 'Tha 'n innitin an naimhdeas,  
 Da 'naomhachd, gach uair ;  
 'Toirt mi-chreideas da 'shirim,  
 'Tha ag innseadh dhoibh 'n truaigh'.

Tird eas-umhlachd Adhaimh,  
 Thainig bas air a shlicchd ;  
 'S e ghineadh, 's a dhfhas annt,  
 E as-umhlachd, mar mheas ;  
 So an toradh 'tha graineil,  
 'S na abhar fuath, 'chum an sgrios ;  
 Tha briathran na firinn,  
 Ga'n diteadh a nis'.

Tha clann-daoin', a thaobh natur,  
 Lan ardain, is uaill ;  
 E as-umhal, mi-thaingeil,  
 Gun ghradh annt', ach fuath ;  
 Lan mi-run, lan farmid,  
 Lan seanach a san truait';  
 'S iad nan coigrich do'n ard-Righ,  
 O'n "thug iad san dha fuath."

Tha cri' an duine eas-umhal,  
 Neo-lubta gu Dia ;  
 'S e lan da dhroch smuaitean,  
 A cur moran diubh 'n gniomb ;  
 Tha do-rannsach', lan aing'eachd,  
 Cha leir dha a ghiomh ;  
 Tha gach aon an staid natur,  
 Nan naimhdean do Dhia.

Tha dia an tsaoghails' ga'm mealladh,  
 Ga'n dalladh gach uair ;  
 'S o'n comhnuidh ga'n tarruing,  
 Air slighe na truaigh' ;  
 Tha iad iotar, is acrach',  
 'N deigh nitbeanan truailt' ;  
 Tha iartas cri an duine cho'farsuing,  
 'S nach lian beirtas e suas,

Leam is doilich mar tha 'chuis,  
 Tha mi craitrach, ga luaidh :  
 'Bhi faicin sliochd a cheud Adhamh,  
 Toirt graidh do nith'bh truailt' ;  
 Cha dean iad an sasach,  
 Oir 's ni iad neo-bhuan ;  
 Cha saor iad o'n bas iad,  
 No'n tearnadh o thruaigh' ;  
 Tha naidheachd ro phriseil,  
 Air innse' o chian ;  
 'S e sgriobht' ann sa Bhioval,  
 Le firinn ro fhior ;

Ged, chaidh 'n duine an dith,  
Le 'dhi-meas air Dia ;  
Gu'n bheil slaint', agus saorsa,  
Gu saor dha, trid Ios.

'S ann so a tha 'n gaol,  
Cha ni faoin 'bhi ga luadh ;  
Thainig ainglean, le aoibhneas,  
A thoirt sgeil duin ma'n Uan ;  
'N uair chaidh fhoillseach' san tsaoighal,  
'Chum saorsa da shluagh ;  
A dhfhuasg li nam braighdean,  
'S gan tearna' o thruaigh.

'S ann an so a tha 'n gradh,  
Bha gun samhla dha riamh ;  
Da-rannsaich, gun cheann air,  
Gu brath 'bhios gun chrioch ;  
A thug Dia, 's ann da chlann,  
Chuir E 'nuas a mhac, Ios' ;  
A chum an saoradh o'n aingeachd  
'S a dheonamh clanni da gu riogh' chd.

Gradh gun choimhas, neo-chriochnacht,  
A thug Dia, 's ann da chlainn ;  
Thug e Iosa nan eiric,  
'Nuair chaidh a cheusadh air crann ;  
Chuidh fhuil phriseil a thaomadhl,  
A thoirt doibh saorsa, is slaint ;  
'S daor a cheannaich E chaoraich,  
Mac a ghaoil 'thoirt nan ait.

'S e so naidheachd is taituich,  
 B' e mo thlachd, 's bi mo mhiann;  
 Agus m' iartus, 's mo dhuracded,  
 A bhi umhal da 'riar;  
 'S o'n tha Iosa air ardach',  
 'S tiolac arайдh ga thoir 'nios;  
 'Com nach bitheadh tu safha',  
 O'n tha ghras-san cho fiaj.

Ach ma theid thu an dith,  
 'S ann 'bhios an diteadh dhuit fein;  
 Oir tha shlaiente-san saor,  
 Do gach aon neach fo'n ghréin;  
 Dean roghain do'n aon ni,  
 Nach fag thn, 's nach treig;  
 O'n thas E san na fhionan,  
 O ! biosa 'nad, gheig.

Gabh eolas air Iosa,  
 'S es' an ioc-shlaiente shaor;  
 Ni E son thu gu siarruidh,  
 Ma 'bhios tu beo ann a ghaol;  
 Bheir E sith dhuit nach faillinn,  
 Agus grasan maraon;  
 Agus dochas bhios slainteil,  
 'Bheir tre 'n bhas thu nunn saor.

Ni E do sgéadach gu rioghail,  
 Na fhireantachd fein;  
 Bheir E stigh thu ga 'righachd,  
 'D gheibh thu lathraehd, gun eis;

B' e  
 Tha 't  
 'S e t  
 M' fhi

Bidh gach trioblad, is mi-ghean,  
 'S neoil dhorch' air do dhighe;  
 'S bidh tu dealraith gu siorruidh,  
 Mar 'tha a ghrian ann san spear.

Meud do shonas an ait' sin,  
 Cha ghabh aireamh, na luadh;  
 Do 'n tha beo do shliochd A'dhamh,  
 Fo chor bais, agus truaillt;  
 Tha euid ag osnaich san fhasachd,  
 'Giarruidh saorsa uaith;  
 Chum 'bhi sona, is sabbhailt,  
 Ann am fharas an Uain.

Feuch an bi thu deth 'n aireamh,  
 A bheir gradh do'n Uan;  
 'Sa lenas gach la E,  
 'S trid a gras bheir thu buaidh!  
 A bhios gu iriosal umhal,  
 A toirt umhlachd gach uair;  
 Arith ann a reis-san,  
 Gheibh thu aighreachd 'bhios buan.

B' e 'n ceud eolas a ghabh mi 'n tos ort,  
 Tha 'bhi gam' sheoladh le firinn Dia;  
 'S e thain' an aird ann am chri san am am,  
 M' fhiosrach' o'n aird ciòd an ni 'tha fior;

'S fhuair mis' i baigheil, 's i aile gradbicht,  
 'S i miannach' na slaint' a th' anp; an lost;  
 'S e m' carbs' an traths' aist, trid a ghaois-san,  
 Gu'n bi i tearuint aig a chrich.

Na iarr orm d'fshagail, 's mo ghaol thar chachtort,  
 'S tu ionmhaainn bha leam 's gach ait am bi;  
 Cha 'n e idir d' ailteachd, no seabb's do naturir,  
 Rinn an ni so a thala' a stigh am chri;  
 Ach an comuna bla sin tha'n gradh an t-shlanuir,  
 Bh'air 'thoirt 'n iom' ait, dhuinn ann an sith;  
 Tha gheallan' grasor, 's cha deau E'n aicheadh,  
 Ni bhur cumail tearuinte gus' a chricheadh.

O ! gluais gu direach, a reir na firinn, id a bheil  
 'S bidh Dia an sith riut anns gach tiom;  
 Oir 's fearr a chaoimhneas, no beatha shaibhir,  
 Ni E do shoilseach le slaint', gun dith;  
 Guir gelt air d chul-thabh, is gluais gu h-umhal,  
 Is fuirich dluth dha anns gach tiom;  
 Bidh do sholus a soillseach mar cheir laist an coinnleir,  
 'S do thaic ri ghairdein, 's cha d' theid thu cli.

Na gabhsa naire, ach bithibh laidir,  
 'S a choidhch na aicheadh, ged' fhas thu sgith ;  
 Oir 's leor a ghras duit, 's e ur gach la dhuit,  
 A chum do shabbala' o gach ni ;  
 Ged' robh ribean basor, is buaireadh shatain ;  
 Gad' rith, 's gad, sharach ann san tirs'  
 Tha chumhachd-san laidir, chum do thearna,  
 Tha fuasg la 'ghnath aig, dbuit ann a thiom.

O ! gluais gu rianail, 's bi 'n conuidh diadhaidh,  
 'S a choidhch na miannuich aon ni 'bhios eli;  
 Bi armaicht' laidir an' cainnt an t-slanair,  
 'S E 's a bhruthas Satan duit 'mhan fo chis ;  
 'S i so an riaghail, 's i again agriobhta,  
 A bha aig Iosa dha air a bheinn ;  
 'Nuar bhà ga għluasad, 's E ga bhuaireadh  
 Ach thug E san buaidh le, 's għa dhug E geill.

O ! gluais-sa 'n comhnuidh san riaghail shonraichts',  
 Is gheibh tha solasan a bhios buan ;  
 Gum do shuil a ghna' air an Ti is airde,  
 'S a choidhch chan shaillin thu fo'n chuail ;  
 Na eisd ri natur, no eagarr' shiatain,  
 Is miadal thla', cuir iad fada uait ;  
 'S breithnich diomhair air gach comhairl' shiobhalt'  
 A bhi reir na firinn a tha o'n Uan.

Tha ioma caochla' air feadh an tsaoighail,  
 Tha moran faoin diubh; is tha iad cli ;  
 Tha riaghail shonruicht os-cionn gach seola,  
 Sin briathar Iehovah, 's an tighearn' Ioa' ;  
 Thug E mar lo-chrann da chloinn an ordugh,  
 Gu'n eumail beo, gus an tig E ris ;  
 'S cha bhui do chlach dheth, ach bagran basor,  
 Tha d' easbhuidh gras ath-bhreth ris.

Nis, a chairdean, o'n thug eibbi gradh dha,  
 Fanaibh għnath san flionu as-fħiars,  
 Bibb mar għeugan ura, a fuu gu-hurar,  
 Nar faile cubhraidi do'u tighearn' Ios ;

A coimhead fhaintean le cridhe gradhicht,  
 Is le gradh brathreil anns gach tiom ;  
 Bidh ol' ungaidh grasor teachd nuas gach la oirbh,  
 'S ca cheangal gradhicht bibb ann an sith.

On a dh'fhoillich Dia dhuibh a ghradh tha siorruidh,  
 Feuch nach di-chuimhnich sibh E choidhch ;  
 'S ga brath na étriocħdaibh do an-diadhachd,  
 Na ann-miannan a nis bhur ehlaoi ;  
 Oir 'se ghaoil ro mhor a nochd dhuibh trocair,  
 'Na fuil a dhorstadh air calbhari ;  
 Tha 'cheartas' diolta, 's an lagh lan-riaraicht,  
 San iobairt shiorruidh 'thug mac a ghaoil.

Bhon ha sligh nuadh, ar fosgladh suase duibh,  
 Feuch gu gluase, ann gach tim ;  
 Or cuamhdeach ladur cum n'ar tearning,  
 Bha gach angioch, ta sa n tir,  
 Chaodh can thaillig e, mar dean se agail,  
 Ca gabb e grain diobh 's, can fas e sgi  
 Tha e mar ture ladur, 's mar ball dainacht,  
 Da sluagh gach am gus, dig i reist.

O'n 'tha geallan luachar air an cheangal suas duibh,  
 Le fuil an Uain sa, 's nach teid an sgaoil ;  
 Feuch gun gluais sibh glan a thruailtrachd,  
 Is a na buairean 'tha ann san tsaoigh' ;  
 Nar meall nuadh, le aran neo-thruaillit',  
 Air bhur altrum suas le saintean gaoil ;  
 Tha iad ni 's biadhchar na mil is fion duibh,  
 Ga'n ol gu siorruidh, sad' saogh' nan saogh'

M' earail le cairdeas, 's le m, uile ghradh dhuibh,  
 Na deanaibh tair orr mar sgeula faoin ;  
 Ach gabhaibh 'n fhirinn, air tha i prisail,  
 Is tha i sgriobht do na h-uile dhaoin ;  
 Is gradh is sith i, 's i uile direach,  
 Ma bhios i 'd inntins o'n spiorad naomh ;  
 'S dochas slainteil i, 'chum bhuir tearna,  
 'S gu bhi mar cloinn do'n Ti 'tha naomh.

Mu's clann, is oighreachan air uil shaibhreas,  
 An Dia a shoillsich thu ann a ghradh ;  
 'Sa bheir eolas mu bhuaidhean gloirmhor,  
 Ni e do threorach gach la, chum slaint ;  
 O ! deansa crualal mar ghaisgeach buadhach,  
 'S thoir d' uile smaintean chum umhlachd Ios' ;  
 Chan eagal bas duit, ach bheir 'n aird thu,  
 'S bidh tu na lathair mar laogh biadht.

Bidh tu cho sgiamhach ris a ghrein 'tha rialadh,  
 'Toirt solus fialuidh do'n chruinne-che ;  
 A stigh san aros sam bheil Dia le lath'rachd,  
 Air do dheanamh aillidh mar aon mhac fein ;  
 Co is urra' innse' mar bhios na nithibhs ?  
 Ach mar tha 'n fhirinn a'euir an ceil ;  
 Bidh sibh mar righrean, maraon ri Iosa  
 A seinn gu siorruidh a chliu an cein.

THA bron an diugh gam lionadh,

'S mise tha iarguineach neonach ;

Le bhi smuaineach fo's 'n iosal,

Mu mheud na pian a 's na doruina;

A, Tha feitheamh sant' siorruidhachd,

Air dreann gun Dia is gun dochas ;

Tha deanamh di-meas air Iosa ;  
 San tlachd sam' miann ann an doibheart.

A, Thi as airde gabh truas diubh,  
 Seall anuas air na feumnaich ;  
 'S leig ris doibh an truaighe,  
 Mhu' m' bunnach iad ceann an reise,  
 'Saobhar mulaid ri smuainteach ;  
 Mar tha n' sluagh d'hiobhail ceille,  
 'Diulta sonais is suaimhneis,  
 'Tha m' fuit au' Uain chaidh cheusa.

Bha n' duthaich a dh'fhasg mi,  
 Gle ghraineil le peacadh,  
 Ach thug Canada barr orr ;  
 Ann an abhaist san cleachda,  
 Tha iad la durna-dana :  
 'Brieadh t'aitbeanta s' do reachda,  
 Oir is clann don a' bhas iad,  
 Tha ruith a ghna ann an seachuran.

Tha cuid diubh ard anach nasal,  
 Le innitin truaillidh mi-cheillidh ;  
 'Giaruidh saibhreis is morchuis ;  
 'Sa gabhail uram bho cheill,  
 Tha iad treigsinn do statuin ;  
 'S cha dean iad riu eisdeachd  
 Bho'n' se m' peacadh as aill leo  
 Sa bhi na n' trailean dau eucoir.

Cha n' eil suim ac dheth nt' sabaid,  
 So i u' aith'n s' cha n' eil speis di,  
 Gheibh sinn Gunnairreachd s' lamhach :  
 'S obair tuimdh n' so le cheile ;

Cuid ri iasgach s' ri ceol diubh  
 Dannsa orain s' ri eigheach ;  
 Cuid ri misg as ri neo-ghloin  
 'Bualadh dhoru s' aimhreit ac.

Tha an gniomh anns a pheacadh,  
 Gle sgreatach ri leughadh,  
 Bidh na h' eich fuidh na saic ac ;  
 'Dol ma seach air a cheill.  
 Le iomraichean sabaid,  
 'Si ghna mar la feill aca ;  
 'S cuid eile le mor-chuis,  
 A gabhail cuirm bho cheill.

Tha an cainteanan gabhaidh,  
 Gle gliraineil ri eisdeachd ;  
 Le mionnan mor laidir,  
 Cul chaine s' toibh eum ach ;  
 Bidh an donus ga iomradh,  
 Siad ri labhairt nam breugan :  
 Agus diomhanas cainnte,  
 'S mi naomhacha ainm Dhe ac.

Tha iad dall dh' easbhuidh eolais,  
 Air bonn dochais ni feum doibh,  
 Iad air bunaite fallsal,  
 Nach dean tearnadhl n' am deuchain,  
 Tha an cridheachan truaillidh ;  
 Mar fhuardan troimh cheile,  
 Sior shruthadh mach aingidheachd ;  
 Agus aimhleas nan' ceumnaibh.

Tha cuid rud-eigin siobhailt,  
 Gun bhi mi bhethail nam beusan ;

A, cur air chois obair fireant,  
 A, deanamh dichill air reite;  
 Gun an eridh' air ath' nuathach,  
 Gradh an t-saoghals gun an treegsinn,  
 Leantuin gnathach an sinsreach ;  
 San seann duin gun a cheusadh.

Ach se truaigh anns ant' siorruidheachd  
 'S duais air san eucoir ;  
 Tha sud sgriobhta da rireadh,  
 Ann am firinn Mhic Dhe sinn ;  
 Gum bi gul agus giosgan  
 Fuidh phiantan as g' eigheach ;  
 'Giulan corruiich an Dia sin,  
 Dha nach d' thug iad riamh eisdeachd.

Bho na chuir iad an surachas,  
 An t-Uan chaidh cheusadh ;  
 A thainig da n t-saoghals,  
 A, shaoradh nam feumnach,  
 Bidh an cuibhrionn gu brath ;  
 Ann an lasraichean teinteach,  
 G'ol cupan feirg Dhia sin :  
 Bheir dhoibh diola nan euicart.

O anam ! gabh curam,  
 Nis duisg agus sinuaineich,  
 Tha n't am a tighinn dlu riut  
 Gud chunntas thoirt suas da,  
 'S an thig e dhiarridh a thaland,  
 Thoirt dhasan le buancehd ;  
 Mar do thaing ui lamh riut,  
 Mar ni gun sta dhuit si suarach.  
 Ach mar dean thusa feum dhi,  
 'S truagh an eigh bhios nad dheighe ;

Thid do cheangal san am sin,  
 E adar chasan as lamhan ;  
 Bithidh cheartas an sas anad,  
 'G, Iarruidh paidhe s' gach peighinn :  
 'S ged a dh'eigh iad air trocair,  
 Cha bhi dochas ri fhaighinn.

“ Bidh slan le Dia slan le dochas”  
 Bios iad bronach ag eighneach  
 “ Slan le rioghachd na gloire  
 Dhionsuidh solais cha d'theid iad  
 Slan le cairdean 's luchd eolais  
 'Fhuair trocair 's rinn feum dheth  
 Theid iad sioe le sruth Iordan  
 Gu slochd mor an dubh-eigin.”

Ghabh mi 'n eariana n drasda,  
 A, Leabhar phadruig an comhsta ;  
 Gam comhna san am so;  
 Deanamh 'n airde mo bheachda ,  
 Gabhabhs rabhadh na thra uaith ;  
 Agus aicheadh 'm peacadh :  
 Agus irraibh a throcair ;  
 Bho 'n a chord e ri cheartas.

Cha ne nar dit' na nar caineadh,  
 A tha 'n drasd an am bheachdasa,  
 Ach cur na firinn nuir lathair  
 Chum 's gunn aichaidh sibh m' peacadh  
 Oir bha misce mar tha sibh  
 Anns an am a chaidh seachad  
 Gus an d'fhoillsich an slánuigfheas  
 A ghradh ann a reachd dhomh.  
 Se mo chomhairl, le durachd,  
 Le m' uile run ann an ghradh dhuibh ;

Gun eisd sibh am Biobal,  
 On seis briathran an ard Righ,  
 Se ni nar seola gu direach,  
 Gu Iobairt na slainte :  
 Se ni nar tionndadh bho n't seachran,  
 'S bho 'n h-uile cleachda tha graineil.

Bhon si 'n fhirinn da rireadh,  
 A, tha mi g'innse na t' eis deachd :  
 O ! smithich dhuit mosgladh,  
 S dusgadh as eiridh :  
 Teachd gun dail dhionnsuidh Ios :  
 Is ni E riut reite,  
 'S bheir air falbh uait do pheacaidh,  
 'S bho lagh a cheartais bheir saorsa.

Bheir E gradh dhuit nach fhailinn,  
 'S bheir E gras a bheir buailh duit ;  
 Bheir E creideamh is dochas,  
 A, ni do threorach dol suas leis,  
 S cha dean E choidhch t' aicheadh ;  
 Bithidh lambh sa man Cuairt duit,  
 Cha d'hoir an Deamhan le shaighdean ;  
 Gu brath a chaoidh bh'uaith thu.

Gheibh thu beath a gus siocaint,  
 Ann am fireantachd Ios ;  
 Gheibh thu sonas as solas,  
 Anns a ghoilir tha neo-chriochnaicht ;  
 Nuair bheir E stigh u don aros,  
 'S gheibh thu lathaireachd gu siorruidh ;  
 'S bith 's tu coltach ris fein ann ;  
 Ma se 's gun lean thu a dhiadhachd.  
 Bhon tha beath agus bas,  
 Air chur an drast fa'd chomhair,

NAIL  
 'S mi  
 A, m  
 A, m

Buidl  
 'S a t  
 Iad a  
 Iad a

Ach t  
 San to  
 Cha b  
 Cha b

Is e I  
 'S thi  
 'S ghe  
 'S ghe

An dre  
 'S a th  
 Bidh i  
 Bidh i

Thug  
 Bheir

Dean raoghainn gun dail  
 Dheth mi as fearr tha ri shaighinn,  
 Creid thusa ann an Ios ;  
 Tog a chuing 's thig na dheighe,  
 Ged robh trioblaird san fheoil duit,  
 Tha sonas mor art a feitheamh.

---

NAILE, 's mise tha craiteach,  
 'S mi bhi chomhnuidh am sasach ;  
 A, measg sluagh a tha sasach na feol',  
 A, measg sluagh a tha sasach na feol'.

Buidhan thruagh tha lan ardaid,  
 'S a tha riarrach an natur ;  
 Iad a treigsin do statuin gach lo,  
 Iad a treigsin do statuin gach lo.

Ach tha'n t'am a tigh'n dlu dhuinn,  
 San toir sinn uile dha cunnias ;  
 Cha bhi baigh ri neach isoal no mor,  
 Cha bhi baihh ri neach isoal no mor.

Is e Ios' bhios a rialadh,  
 'S thig gach creutair na fhianuis ;  
 'S gheibh gach neach reir an gniomhar san fheoil.  
 'S gheibh gach neach reir an gniomhar san fheoil.

An dream a chreid ann a shluinte,  
 'S a thug umblachd da fhaintean ;  
 Bidh iad sona, is sabhailt fadheoidh,  
 Bidh iad sona, is sabhailt fadheoidh.

Thug E gradh dhoibh nach failinn,  
 Bheir E sith dhoibh le chairdeas ;

'S gheibh iad sonas, trid a ghras-san, gu leor,  
 'S gheibh iad sonas, trid a ghras-san, gu leor.

Bheir E steach iad gu Pharras,  
 Bidh iad lionta le lathrachd ;  
 Na oighreachd, 's bidh 'n tamh ann an gloir,  
 Na oighreachd, 's bidh 'n tamh ann an gloir.

Bidh iad 'n sin a toirt cliu dha,  
 Chionn gun d' rinn E an ionad ;  
 Na fhuil naomh, san rabh n eifeachd 'bha mor,  
 Na fhuil naomh, san rabh n eifeachd 'bha mor.

Bidh miltean do mhiltean,  
 Ga mholadh, gun sgios, ann ;  
 Ach 's aon 'mhain an cri, a seinn cheol,  
 Aeh 's aon 'mhain an cri, a seian cheol.

Bidh onoir, urram, is gloir dha,  
 O'n riunn E 'n saoradh o'n doruinn ;  
 O gach trioblaid, is bron 'bh' ac' san fheoil,  
 O gach trioblaid, is bron 'bh' ac' san fheoil.

Cha tig aire orr, no cigin,  
 Tart, sgios, no teas greine ;  
 Bas, bron, caoi, no eigeach ni 's mo,  
 Bas, bron, caoi, no eigeach ni 's mo.

Cha tig buaireadh o shatan,  
 Cha 'n fhaigh mi-chreidimh aon ait' ann ;  
 Bidh iad lionta an lath'r achd Righ na gloir,  
 Bidh iad lionta an lath'r achd Righ na gloir.

Cha tig mulad, no gruain orr,  
 'cha bhi deoir air an gruaidean ;

Cha b  
Cha b

Bidh i  
Cuidh  
Seinn  
Seinn

'Bidh i  
'Ris a  
Iad ma  
Iad ma

Sud a  
Stigh a  
Iad na  
Iad na

Leam i  
'S b'e i  
Bhios n  
Bhios n

Ann an  
A bhios  
'N duth  
'N duth

Ceol is i  
'Bhias g  
Bidh ora  
Bidh ora

Tha mo  
Is nach

leor,  
leor.  
loir,  
loir.  
mor,  
mor.

Cha bhi im-cheist, no bruaidlean nan coir,  
Cha bhi im-cheist, no bruaidlean nan coir.

Bidh iad 'n sin duibh cha suaimhneach,  
Cuidhte 's peaca, no truailleachd ;  
Seinn halleluia do'n Uan ann an gloir,  
Seinn halleluia do'n Uan ann an gloir.

'Bidh iad 'n sin duibh cho sgiomhach,  
'Ris a ghrein a tha rialadh ;  
Iad mar aingle, 's bidh criosd ac' nan coir,  
Iad mar aingle, 's bidh criosd ac' nan coir.

Sud a chuicdeachd 'bhios rioghail,  
Stigh an luchairt an Righ sin ;  
Iad nan oighrean air Dia 'n sin, ri'm beo,  
Iad nan oighrean air Dia 'n sin ri'm beo.

Leam is sona an aireamh,  
'S b'e mo run 'bhi do'n phairt ;  
Bhios nan righre, gu brath, fo chrun gloir,  
Bhios nan righre, gu brath, fo chrun gloir.

Ann an oighreachd neo-thruaillidh,  
A bhios maireannach buan doibh ;  
'N duthich neamhaidh, lan suaimhneas is ceol,  
'N duthich neamhaidh, lan suaimhneas is ceol.

Ceol is binne na chualas,  
'Bhias ga sheinn anns' gach uair ac' ;  
Bidh orain Mhaois, is an Uain ac' ro'n beo,  
Bidh orain Mhaois, is an Uain ac' ro'n beo.

Tha mo thugse' cho aimh-leath'n,  
Is nach urra mi cainnt air ;

Meud sonas do chloinnis' ann an gloir,  
Meud sonas do chloinnis' ann an gloir.

O'n a tha mi, san uair so,  
Am fasach ulurtach, thruaillidh;  
Lan trioblaid, is bruaidlein, is broin,  
Lan trioblaid, is bruaidlein, is broin.

Ach, tha mo dhochas ri saorsa,  
San la an gloraich thu d' naomhaibh;  
'Sa bheir thu dhathigh gach aon diubh gud'ghloir,  
'Sa bheir thu dhathigh gach aon diubh gud'ghloir.

Gach aon a dheisdeas rim' chronan,  
Treigibh uile bhur goraiach;  
'S leanaibh 'n t-Uan, a reir ordugh, is fhain,  
'S leanaibh 'n t-Uan, a reir ordugh, is fhain.

'S cha dean E nar treig sin,  
Ach, bidh sibh aige mar cheile;  
'S gheibh sibh sonas, is aibhneas, gu brath,  
'S gheibh sibh sonas, is aibhneas, gu brath.

GED, nach eil an t-ughdairs, cho ceutach,  
Na cho maith air a cheil;  
'S e 'ghuidbe gun eisd sibh,  
Reis na th' annata le cheile;  
A tha 'reir firiuin mhic Dhie sin,  
'Chum 'bhi sona, an deign sin;  
Ged, robb trioblaid, is eigin, san fheoil duibh.

**CRIOCH**

**d'ghloir,** *in* **d'ghloir.**

in, in, in,

en erster ist diese  
wirkt sehr gut.  
Nicht nur zuletzt  
wirkt sie noch  
sehr gut, die ersten  
versuche, die sie  
versucht, es gelingt  
es mir nicht, das  
nun zu denken, Z.

et amicis et sociis  
et amicis et sociis  
et amicis et sociis  
et amicis et sociis

